ADVOCATORUM BIBLIOTHECA

NATIONAL LIBRARY
OF SCOTLAND
EDINBURGH

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Aldis 2487

# PSALMA DHAIBHIDH
## A NMEADRACHD.

Do réir an phriomh-chanamain.

Le MA: RAIBEARD KIRK,
Minisdir SHOIGEIL CHRIOSD
aig BALBHUIDIER.

Maille re Ughdarras.

---

*A bfuil neach gu dubhach inar measg? deanadh sé urnaidh. Abfuil neach ar bioth subhach? Sinnadh é Sailm.* Ebisd: Sheum: *Caibid.* 5. *Rann.* 13.

---

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

---

Ar a ngcur a ngcló a *nDún-Edin* le M. *Sémus Kniblo, Iosua van Solingen* agus *Seón Colmar*, 1684.

# The Priviledge.

FORASMUCH *as there being an addresse made to the Lords of his Majesties privy Councill, by Mr* Robert Kirk *minister at* Balqwhidder, *Bearing, that the petitioner hath been at great paines, diligence, and exactness in translating the Psalmes of* David *in* Scottish-Irish *meeter; which hath hitherto been indeavoured by many, but never till now brought to perfection. And in regaird the said translation, is approven by some of the Lords of the Clergy, and some reverend Ministers who best understand the* Irish-*Language, as their approbation more fully beares*: Humbly Supplicating, *That the Councill would give order for printing the said translation, and discharge all others from doing the same, during such space as the Councill should think fit. The saids Lords having considered the foresaid addresse, with a certificat under the hands of severall of the clergy, of the exactnes of the work of the said translation of the Psalmes into* Scotish-Irish *meeter, and of the usefulnes of it for such as do not understand the English translation; Do Approve of the petitioners great care and paines: and of the said work done by him in perfecting the said translation; And allow the same to be printed. And give and Grant to the petitioner, his aires and assigneies, the sole power and priviledge of printing thereof: And Discharge all others so to do, for the space of eleven years after the date hereof, under the pain of confiscation of the same to the Petitioner and his foresaids use, and being furder punished as the councill shall find cause. Extr. by me*

Will. Paterson
*Cls. Sti: Con.*

Edinb. 20. of
March, 1684.

To the Potent and Renoun'd, Lord JOHN MURRAY, Marquess of ATHOLE, Earl of *Tullibardin*, Viscount of *Balquidder*, Lord *Murray* and *Balveny*, Lord Keeper of his Majesty Privy Seal, &c.

THE Matter of this Book, Most noble Marquess, founded on inspir'd Writings, needs no Defence, but a Metrical Translation of so Divine and rapturous a Subject, into a language, not so much cultivate and polisht with Learning, Oratory, and Divine poesy as need were; and done by such as attain'd not the tongue without indefatigable industry, doth require Religious, Equitable and Generous persons to own it.

Your Noble self is patron of the place where the Translator officiats as a Presbyter. You are now of the greatest Command among those that make use of this Scotish-Irish Language on either syde of the Grampian Mountains. Your Lordship hath ever been of undoubted courage, and loyalty for the King; and still alongst inflexible to the persuasions or Threats of frozen Newtralists or Flaming incendiaries in Church or State. Your solid Moderation (a monument and copy for succeeding Ages) in Disputable cases of Church-Government and State policy, with a constant regard to upright justice, and piety, hath by the providence of Heaven, occasion'd your Lordships standing in what Reelings and Revolutions have been: which was much furthered by your so Christian and sagacious observance of our Saviours injunction anent the chief seats, *In being ever the Higher the Humbler*. Were this public acknowledgment then to be accounted of, it could no where be so aptly plac'd, & to none more worthily ascrib'd then to your Noble self, of such merit in general, Besides my particular Benefactor.

The Language being Vehicl of the more substantial part, I endeavour'd here what was native and proper, but clean and plain for all capacities, shun-

ning as much as I could, tedious, tumultuous and disjoynted phrases. And tho I have also stript some words of their superfluous and ambulatory letters, reserving the possessive, as the several Irish Grammers come to my hands, do allow; Yet no humane work can pretend to be so absolute as to be beyond all Correction. Notwithstanding, My Lord, it may be not unworthy the pains in every Age to contribute a mite or two at least to the Churches Corban, For assisting of our Sagacious *Scotish-Irish* people in their publick or private Devotions; specially, seing experience tells us that this their maternal Tongue either in *Ireland* or *Scotland*, is not easily abolisht by the contiguity and commixture of another language: which no doubt is well understood by the present worthy and Laborious Translators of the H. Bible in Irish.

In reference to such pious and laudable interprises your Lordship is lookt upon as ane *Ebed-melech*, to defend and encourage the Authors, that they be not dismounted, and made to stagger from their post and province, because of the tang of *Atheism* so much prevailing, the forlorn art of ridiculing with all things, and many mens utter disdaining of what is not shapt in their own mould. For the spider-web of such polluted vanities, pompous and ultramundane fancy's, in persons either couragiously wicked, politickly profane, or monstruously invidious. is too thin, not to be discover'd by your Lordship, as it is by all who love what is sober, and do not follow the guise of living in a desperate Autonomy, flouting at all that's serious, adoring only the Idol they form to themselv's, and not considering the end. Among others that thus presume on your Lordships patrociny and candid acceptance, is one who implores the Divine Conduct in this World, and Happiness in the next, to your Honourable Self and all the branches of your Noble stem, and is still determin'd.

*Most Noble Lord*

*To serve your Lordship in all the Offices of Honour and Duty*

M. R. Kirk.

*ATaid na Psalma taitneamhach, tarbhach: beag nach mion-folaitheas lán dainglibh, Cill shonnmhar le ceól naomhtha. Mur abholghort Eden, líonta do chrannuibh brioghmhoire na beatha, & do luibhennibh jocshlainteamhail; amhluidh an leabhar Psalmso Dhaibhioth, ata na liaghais ar uile anshocair na nanma. Ata an saoghal & gach beó-chreatuir da bfuil ann, na chlarsigh: An duine, se is Clairseoir & duanaire, chum moladh an mor-Dhia mirbhuileach do sheinm; & ata Daibhidh do ghná mar fhear don chuideachd bhias marso ag caoin-chaint gu ceólmhar ma nard-Rí.*

*Achd cheana, chum nach tuisleochadh tintinn ag leaghadh an 109. Salm, no cedcha da leithceid eile, Tuig nach cáineadh no aoire na ndaoine is ciall spioradalta dhoibh súd, achd guidheacha amháin anaghaidh eascairde na nanma, bhias dar brosnughadh & dar breugnughadh chum ladh De chur a neimh-shuim. Níor ghabh fós achd an ainbfhiosach, Faighidheacht ar Judais no a chosmhul eile, a riocht guidheacha coitchionda. Is ceaduighteach ge ta, a járraidh mur athchoinnidh ar Dhia, Gan mirunn & mi-ghniomh luchd uilc a leigmhail ar bhuil, anadhaidh na Heagluisi & na ngcreidmheacha: & taire sin a fhuraileadh, Smachd seimh aimsiordha theachd ar an trù, da cheartughadh, & los gabhail roimh a sgriosadh siorraidh; amhuil do ni deagh-Jeremias air fein C. 10. R. 24. Is dual fadheoigh, do na Firenibh na hinnil ciuil ata ainmnighthe sna*

*salmeibh, a thuigsinn ar gleus bhruideadh neamhdha; do chumbachdaibh spioradadha an anam, chum Dia do ghlorughadh.*

*Do chuir sinn an tsaothair, e ar uaim, a mbriathraibh sengtha, dithchumair; ar chomhbeag corrachus is a bfeidir linn. Cabhsa do tuaisle phrionnsamhail, mar dheagh-fhlaith ghrianda, leithsgeul ar nuireasbhuidh, gan bheith codarsna, contrardha. Ni caire ar neach Dia dhonorughadh mur is fearr thig leis. Do ghabhas mar chonghnamh don obairsi, dioghlom ughdairidh an uile chail, ar fheannos, phriomhchreileamh & eachdardha na nGaoidheal, sgriobhta & clo-bhuailte: achd gu ba reula iuil & soluis dhamh, brigh na nSalm fein. Anois masfeadh a Chomharbadha ro chaomh, ata mar phlaneidi dhealroidh ag sdiurughadh na ngcorp iochdardha gan mhonmar, is deaghmhaise dhaoibh an tsaothairse a sgrudadh & a ghnathughadh gu neimhfhlat, gan ghuth ar bheiginmhe & neimhnuitheachd an tsaothairigh. Griosam oraibhse a Vaisle, & a Thuatha charthanacha araon, gan bheith mur thacharain ar lua drean a nunn & a nall go fbailpe breigiachd le gcroidhibh daingne, dosgartha, deagh-fhreumhaighte, druididh re Firinn, Ceart, & Ceannsachd; mar fhuraileas na psalma: Ata clu & tarbha a nsdriocadh don choir; cail & masla, a muitim le heugcoir.*

Imthigh a Dhuilleachain gu dán,
Le Dán glan diaghá duiîg iad thall.
Cuir failte ar Fonn fial na bFionn,
Ar Gharbh-chriocha, 's Indleadh gall.

PSALMA

# PSALMA DHAIBHIDH A NMEADRACHD.

## SALM. I.

BEANNUIGHT' an dujne ſin nach gluais
a ngcomhairle na ndaoj,
Nach ſeas a nſligh' luchd uilc, 'ſan áit'
luchd ſochaid fós nach ſuigh.
2. Achd a nlagh Dé da bfuil a thlachd,
ga ſmuaineadh oidhch is ló.
3. Bíth ſé mur chraoibh ar ſuighiughadh
re taobh na naibhne mór,

Na haimſir jomchubhaidh bheir ſeach
a toradh pailt nar bfeadh,
Cha chríon a duille dhíobhail brídh;
gheibh ſoirbh gach ní má ngabh.
4. Ni hamhluidh ſin 'ta luchd an uilc,
achd mar an moll atáid,
Do ſhuaduightear gach taobh le gaoi,
ga ſgaoileadh ann ſgach áit.

5. Bhridh ſin cho ſeaſamh na drochdhaoin'
ſan bhreathamhnas bhias ceart,
Nó peacaigh ann a ngcoimhthional
na mfirénidh, gu hait.
6. Ojr 'ſſjoſrach Dia air ſlighe ghloin
na mfirénidh a mſeaſt:
Achd fiar-ſligh luchd na haingidheachd
dimhiltar í gan cheiſt.

*Adv. Bib.* SALM

## SALM II.

CREUD as far ghabh na cinnigh buil,
ag cruinniughadh gu borb,
'Sa mpobal creud far ſmuaintigh iad
beart dhiomhaineach na lorg?
2. Rioghridh na cruinne a nordugh chuaidh,
'ſna prionnſa chruinnigh ſiad,
Ghabh comhairle anadhaidh Dhia
'ſa ungtha glan gan bhéud.
3. Ag radh, A ngcuibhreach briſmid dhinn,
is tilgmeid uainn a mboinn.
4. Dia 'ta ar neamh na ſhuigh, ni gáir'
is fanoid air na daoin'.
5. Sin labhraidh ſe na chorridh riu,
'ſna laſſan ruaigidh íad.
6. Gidheadh ar Sion mo chnoc naomh
oirn me mo righ na aít.
7. An torduigh nochdfuidh me gu ceart;
Dia mar do labhair riom
Is tu mo mhac, is ann a niugh
do gheineadh thuſa leam.
8. Jarr orm, agus mar oighreachd ghlan
na cinnidh bheir me dhuit,
Criocha a ndomhain gheibh tu fós
na ſhealbha nach dteid uait.
9. Jad briſſidh tu gu mion gan cheiſt
le ſlait don iaruinn chruaidh,
Mion-bhrudhaidh tu mar ſhòigheach cré,
is ſgaoiltear leat na ſloigh.

10. Anois a riogha uime ſin
grad ghlacaidh ciall na am:
A bhritheamhuin na talmhan fós
deágh-theagaſg gabhaibh uam.

11. Le heagal adhraibh fós don Triath,
le ball-chrioth bithibh ait.

12 Is tugaibh póg don mhac le ſáilt
ar eagal fhearg 'ſa ſhlait;
Sgu gcaillfear ſibh gu tur on ród
tra laſas fhearg achd beag:
Is beannuight iad gach ti gu brath
an dochas air do leag.

## SALM III.

MO naimhde geur nach lionmhur iad,
'ſna dheirigh riom a Dhé?
2. Is iomdha deir ma manam bochd
Dia air ni mfurtigh ſé.
3. Achd 'ſtu fear-togbhalach mo chinn,
mo ſgia, 'ſmo ghloir gu caomh.
4. Do ghairmeas le mo ghuth air Dhia,
d'éiſt as a thuligh naomh.

5. Luigh, choidil, agus mhuſguil me,
oir chum mo Dhia me ſuas.
6. Ni heagail leam deich míle ſluaigh
do theachd fa mchuairt a nuas.
7. Dhé eirigh, Saor me O mo Dhia,
is tu do bhuail le neart
Mo naimhdeann uile ar a ngciall,
le dioghaltais ro cheart,

Is bhris tu fiacla géur na ndaoi
8, 'Sle Dia an saoirse ait:
Do bheannachd air do phobul féin
a Dhe, 'ta ann sgach áit.

## SALM IV.

EISD riom, os tu Dia mfhíreantachd
san ló do ghairmseas me:
Stu fhuasguil orm is me a ndteinn,
fóir orm, is éisd mo ghuidh.
2. Cia fhad do jompoigheadar mo ghloír
chum náir, O chlanna daoin?
Js bheir sibh gáol do dhiomhaineas,
ag rith re breugaibh baodha?
3. Bibh fiosrach gur thagh Dia o chách
an duine naomh, dhó fein:
Sár-eisdeachd gheibh me fós o Dhia
tra ghairfeas air gu trén.
4. Biodh eagal oraibh, 'sna deanaibh lochd:
is ar bhur leapth' gu mór
Tiocfaidh ar smuainte glan le'r croidh',
'sbibh tostach mar is coír.
5. Deigh-iobairt cheartais jocaibh uaibh
is earbsaidh ris an Triath.
6. Cia nochdfas duinne ein ni maith
'ta mórain nois ag radha?
Dhia, tog oirn dealradh glan do ghnúis.
7. Smó chuir tu dhaibhhneas orm
No nuair budh lionmhur coirc is fion
a measg na ngcinneach borb.

7. A nſithchaimh luidhidh me ſaraon,
is codlidh me gan cheiſt:
Os tu bheir comhnuidh dhamh a Dhé
ſuidh dhidean ré a mſeaſt.

## SALM V.

O Dhia, mo chainte toir ſanear
is beachduigh air mo ſmuain.
2. Eiſd guth mo ghlaodh, mo righ, ſmo Dhia,
oir guidheam ort gach uain.
3. San mhaidin cluinthear leat mo ghuth
a Thighearn' ann ſgach cás;
Gu much do thogbham murnaidh riot,
is dearcam ortſa ſuas.
4. Cho tu a nDia ler' mian an tolc:
is lochd nj ncaidreann leat.
5. Luchd ráithe a tſhiaghnais ſós cho ſeas
ſuadh leat luchd uilc gach neach.
6. Do ſgrioſ ſár leat luchd labhradh breíg:
is gráin le Dia ſaraon
An duine ſuileachdach, 'san tí
chum cealgoireachd do chlaon.
7. Achd miſe, tiocſam chum do theach
thaoibh méad do ghráſa caoimh:
Is ann a teagal adhram dhuit,
maghaidh red' theampul naoimh.
8. Fachuis mo naimhde treóruigh me
ad cheartais naoimh, a Dhe.
Is deunſa romham ar gach ball
do choiſ-ceim díreach re.

9. Ná mbeul oir ni bfuil cinnt no ceart,
daor-aingidheachd a ſtigh,
An teangca, brionnach; foſgilt fós
a nſcornan 'ta mar uaigh.
10. Grad-tuiteadar le ngcomhairlibh,
ſgrios iad a Dhé gu goirt.
Na niomdha ſeachran fuaduigh iad,
oir rinnſiad ceannairc ort.

11. Achd lion da ndochas thu, biodh ait:
re gairdeachas do ghna
Os dion doibh thu; biodh aoibhneach dhiot
lion ghraidheas tainm gu brath.
12. Oir beanneodhair a nduine ceart:
le deagh-ghean fós a Dhe,
Ni tu a chuartughadh gu buan,
'ſa dhíonadh mar le ſgé.

## SALM VI.

A Thighearna na cronidh me
ad' chorridh mhóir gu garg:
Na deun mo ſmachdughadh gu geur
an tan a laſas tſhearg.
2. Dean trocair orm a Dhia na ngrás,
os lag ataim a nois;
Mo chnamhan taid fa phéine ghoirt
a Thighearn' ſlanaidh mis.

3. Ta manam ar na chradh gu géur:
achd thus' cia fhad a Dhe,
4. Till, fuaſgil manam; ſaor me fein
ar ſgath do throcair ré.

, Oir ni bſuil cuimhne ort ſan bhás:
no bhuidhe riot 'ſa nuaigh.
. Ag cur mo leapth' ar ſnamh 'ſa naoich,
'taim ſgidh le móſnadh cruaidh:

Ma uirigh uiſgeacham lem' dheoir.
'. Mo ſhuil chaith as le brón;
Arſon muil' eaſcairdeadh ataim
ag dol gu haois is león.
8. Nois teichibh uam, luchd uilc arſad,
oir chual mo Dhia mo chaoi.
9. Chual Dia guth m'athchoinnigh gu lua,
is gabhaidh uam mo ghuidh.

10. Gu dtigeadh náir is craghadh goirt
air meaſcairdeadh gu grad:
Beir orra dol le maſladh dian
agcoinne a gcúil arſad.

## SALM VII.

MO Dhia, a Thighearn' earbſam riot
Saor me on druing gu léir
'Ta leanmhuin tóir gan adhbhar orm,
is furtigh orm gu trén.
2. Ar eagal mar ni leoghan allt'
gu réubſar manam leis
Ag deunamh liodairt dhe gu mion,
gan ſhear do ſhuaſgladh meis.

3. Ma dhearnas ſo a Dhia mo Thriath;
eugcoir a mlaimh ma ta:
4. Ma dhiol me olc don' ſhear do bhi.
a nſithchaimh dhamh gach la:

(As

(As gur bé ni budh bhéis leam fein
a theasrigin gu bla
Do bhi gan adhbhar uam ar bith
na namhaid dhamh do ghna.)

5. Ruaigeadh an namhuid manam nois
ga ghlacadh, is gu lár
Saltradh mo bheatha, leagadh fós
m'onoir san úir le tár.

6. A'tsheirg Dhe eirigh, tog fein suas
bhridh buil' mo naimhdeann garg.
Mosguil-sam' chúis don' bhreitheamhnas
do orduigh thu na lórg

7. Mar sin nj coimhthional an tsluaigh
do chuartughadh gan chaird;
Pfill uime sin fa ngcuis, is nochd
mordhachd a tionad ard.

8. Ni Dia, ceart chonbhail ris an tsluagh:
reir mjonnracais dean breith.
Js reir mo neimhchiontas a stigh
gu teann cuir as mo leith.

9. O tiocfadh crioch ar olc na ndaoj
achd daingnigh daojne ceart:
Oir rannsighidh gach croidh is ár
Dia comhthromach na mfeart.

10. Sár-sgia mo dhidin Dia ata,
dion dhaoine ceart a ngcroidh.

11. Bheir breath ar fireinidh, 'sgach ló
'ta feargach ris na daoi.

12. Ma-feadh nach tillionn sé ar ais
a chloidheamh líomhthar leis:

Air lagh a bhogha chuir gu teann
gù caitheamh, ullamh deas.
. Fiór-acſuin agus inneal marbha
do dheaſigh ſé dhó féin:
A ſhoighde do luchd diobhairgidh
do orduigh mar a gceudn:

4. Feuch, amhluidh mar bhíos mnaoi re ſaothair,
re haingidheachd 'ta ſé:
An taimhleas ſé budh toirchios dó,
breug rugadh leis gu ré.
5. Do chlaoich ſé ſlochd, is threachail é,
na lag fein, thuit gu teann.
6. Thig aimhleas ar a chlaigceann fein.
is ſhoirneart air a cheann.

7. Do réir a cheartais molaidh me
an Tighearna gach lá
Do dhainm Jehobha ſinnim clú
o ſé is airde 'ta.

## PSALM VIII.

O Dhia ar Triath cia mordha tainm
ar feadh an tſaoghail gu léir?
Do ghloir do ſhocruigheas oſciond
na mflaitheas is na nſpéur.
2. As béul na naoidh 'ſna ngcíochran máo
bhridh teaſcar dorduigh neart
An namhuid chum gu gcoiſgionn tu,
'ſan dioghaltach mi-cheart.

3. Do ſpéura tra thug me ſanear
oibridh do mheura grinn

An ghealach is na reulla fós
do orduigh thu gach linn;
4. Creud duine truagh gu gcuimhnis air,
no mhac gu fiosraigh tu?
5 Js beag nach dfuair se inmhe uait
mar fuair na haingil dlu.

Do chuir tu coróin áluin air
le mais is glóir gach ló.
6. Ar oibridh fós do laimh fúd féin
deagh-uachdranachd thug dhó;
Na dúile chruthaigh thu a Dhe,
faoi chosaibh chuir gu léir.
7. Na caoirigh, buar, gach ainmhidh fós
ag iomachd ar an fhéur.

8. Na heunlaith 'ta san aidher shuas,
an tiasg ata san chuan,
Na shhiobhlas ar sligh fairrge moir
sin thugbhais dó gu buan.
9. A Dhia ar Tighearna, cia maith,
cia uasal tainm fein?
Ar feadh an talmhuin fa gcuairt
is mór é mar a gcedn'.

## SALM IX.

LE muile chroidh do bheirim dhuit
ardmholadh binn a Dhé;
Is toibridh mirbhuileach ar fad
do innsiom iad gu ré.
2. Do ni me aoibhneas jonnad féin
is gairdeachas gu mór:

Do tainmſe ſinnim moladh binn ;
O righ is airde gloir.

. Tra pſilleadar mo naimhdeann garg ,
ſann romhad ſgrioſſar iad.
. 'Stu ſheaſamh dhamh mo chóir, 'ſmo chúis :
ſhuigh , is thug comhthrom uait.
. D'imdhearguigh thu na cinnidh borb ,
do ſgrioſſadh leat na daoi :
An ainm do chuir tu as gu glan
o linn gu linn a chaoich.

. O namh ! chuaidh críoch ar ſgrioſadh nois :
leat chlaoidheadh baillte treun ,
An jomradh is a ngcuimhne ſúd
ghlan theirig iad leo fein.
. Achd mairſidh Dia gu ſiorraidh ſuas ,
rinn cathair deas chum breath.
. 'Is breathnuighidh an ſaoghal gu ceart ,
is ſluagh le cóir ſa leath.

. Mar dhaingneach bidhidh Dia na mſeart
don ti ata ſa león :
A ntriobloid 'ſtearmunn dileas é
re ſaicſinn neach ſuidh bhrón.
10. Gach neach da bſuil air tainmſe ſios
ni dochas diot gu buan :
Oir lion ata ga tiarraidh, Dhe ,
nior thréig tu iad gu glan.

11. Ceol molaidh ſinnibh ſuas do Dhia ,
a nSiodhoin 'ta na thamh ;
Is aithriſibh a meaſg a ntſluaigh
deigh-ghniomhartha a laimh.

12. Tra ni se rannsachadh ar fuil,
cuimhn' orra ni sé fein;
Cho dearmaid glaodh an ainnis thruaigh
'a shiobhlas crom la péin.

13. Foir orm a Dhe, is toir fanear
mo thrioblóid thog luchd mfhuadh:
Os tu ata gam' thogbhail suas
o dhoirsibh báis gu lua.

14. A mpurtaibh inghean Shioin ghloin
gu foillsighionn do chlu:
Is ni me aoibhneas chiond an tslaint
gu grásoil dheonuidh thu.

15. Thuit sios na cinnidh ann sa ndíg
do thochail siad do chách:
Sa nlion a dfholaigh iad a gcéin
'ta ngcosa fein a nsás

16. So-aithindh Dia thaoibh breath do ni
tra theid an daoi sa bheinn.
Sa nobair sin ojr glacfar é
do rinn a lamhann fein.

17. Theid luchd an uile a thilleadh uainn
gu doimhne ifrinn ghéir:
Theid leó na fineachan gu cruinn
leig Dia a cuimhn' gu léir.

18. An tainnis truagh cho dteid a Dhé,
an dearmaid ort a chaoich,
Air dóchas cheairt an duine bhochd
gu bráth ni fhaicear claoj.

19. A Thighearn' eirigh 'sna leig buaidh
le neach dhan dual a mbás

Breith

Breith thugſar air na cinneachaibh:
a tſhiaghnais ann 'ſgach cás.
o. Grad chuirſear eagal orra, Dhe,
is faitchios adhbhal, leat;
'Sgu naithnigh geintilidh jad ſein
do bhreith na ndaoine meat.

## SALM X.

CREUD as far ſheaſmhas fada uam
Jehobha dhearrſgnuidh threun?
An aimſireadh air ntrioblóid mhoir
creud as fa nfholigh ſéin?
. Ta droch-dhuin ann na ardan borb
ag díobhargadh na mbochd;
Achd glacfar jad 'ſna hinnleachdaibh
do dheaſbhadar chum lochd.
. Ta ndroch-dhuin' deanamh raíth is uaill
an mían a chroidhe ſein;
An duine ſanntach molaidh ſé
Dia ge do ghabh dhe gráin.
. An droch-dhuin' aig fíor-ardan gruaigh
cho njarr ſé Dia na ngrás
Ni bfuil na chroidh gach uair air Dhia
na ſmuainte glan ag ſhás.
. A ſhligh 'ta doilghioſach do ghna
ni mfaic do bhreith, aig áird':
Re fanoid air a naimhdibh fós
ſéididh a phluic gan chaird'.
. Do labhair ſe 'na chroidhe fein
gu fiór cho ghluaiſſear me:

A neigin no a nanſhocair
cho bhi me fein a chaoich.

7. 'Sro lán do mhollachadh, a bhêul,
do chealgoireachd 'ſdo ghó:
'Ta tubaiſd' is gná-dhiomhaineas
fuidh theangaiſean gach ló.

8. A ndiomhaireachd na ngclochann beag
'ta ſe na ſhuigh gan fhios:
Ag feàthamh ar an neimhchiontach
da mhurt' an uaigineas:

Ta ſhuile ar a ncaogadh fós
re beachdugha dh' ar bochd.

9. Mar leoghan luighionn ſé a nceilg
na gharadh, ar tí lochd.
A mplaid na luigh ata do ghna
a mbochd gu glacthar leis:
Na deoridh tairngidh ſe 'na líon,
is glacfaidh iad le threis.

10. Crúbaidh is cromaidh ſe gu lár
chum dhó nach moithiodh neach:
Chum leis a laochraibh fós gu dtuit
a mbochd bhios gabhail ſeach.

11. A dubhairt ſé na chroidhe fein,
Sud dhearmaid Dia gan cheiſt,
Is dt holuigh ſé a ghnuis agcéinn,
ni mfaic é ſo a mfeaſt.

12. Dhia eirigh, tog do lamh an aird':
na dearmaid deoraidh truagh.

13. An duine dona creud fa ndeun
dímeas air Dhia na nſluagh?

A dubhairt ſé na chroidh ris fein,
cúnndas nach jarradh tu.

14. Sud chunnaic thu os leir dot ſhuil
gach aimhleas is gach tnú:

Gu comain thabhairt ſeach led' laimh
dſhág ainnis ort é fein :
Os tu is oide dhilleachdann
grad fhuaſgail air na fheidhm.

15. Gairdein an drochdhuin' is an daoi
león agus bris a Dhe,
is rannſigh mach a aingidheachd
gu nuig nach fuighear é.

16. Ta Dia na righ gu ſuthain ann,
thuit cinnidh as a thír.

17. Mian na ndaoin' umhla chual tu, Dhe;
croidh deas gheibh uait gu fior.
Is bheir tu air do chluas gu neiſd:

18. Bheir ceart do dhiobrachann,
'Sdo dhaoine brúite, fear on úir
cun fhoirneart los nach dean.

## SALM XI.

MO dhóchas cuiream ann a nDía
ereud é fa nabradh ſibh
Re manam, los mo chur ar gheilt
Teich as mar éun d'ar ſliabh?

2. Feuch, chuir na haingidh bogh ar ladh,
ſoighde ar ſreing do ghléus,
Sa ndorch' thoirt urchair ar an ti
'ta ceart na chroidh 'ſna bhéus.

3. Ma theid na bunachair ar dhi,
Creud ni'an duine naomh?
4. Ta Dia 'na theampul naoimh do ghna,
'ta cathair Dhè ar neamh:
Sé rſgrudfas daoin' le ſamhra ſhûl,
o chi a ſhuil gach ni.
5. Dia rannſighidh na ſiréinidh:
ſuadh leis luchd uilc a chaoich:

Is lion bheir ſbeis do ragaireachd
is ſaudh la anam féin.
6. Air dhaoinibh drochmhéin dortidh Dia
rib, paintearan is péin,
Garbh-dhoinionn, pronnaſc, teine garg
Sud cuibhrionn luchd drochbheart.
7. Dia comhthrom, 'ſ inmhuin leis a' chóir,
'ta ghnuis ar dhaoinibh ceart.

## SALM XII.

NOis cuidigh linn a Dhia na ngras
oir deagh-dhuin' ni bfuil ann:
Na daoine fireanach meaſg cháich.
re fhaghail taid ro ghann.
2. Ar dhiomhaineas re 'ngcomharſnach
taid teachd le miodal beil;
Le croidhe dubailt lán do cheilg
ſior-labhraidh ſiad le cheil.
3. Na beilidh chleachdas gabhann tlá
bhios leam is leat gan cheart,
An teangca bhruidhneach, ardanach,
glan-ſgathaidh Dia na mſeart.

. Do radh, Buaidh bheir ſinn orra mach
ler 'dteangaidh ſein gu beachd:
'S leinn fein ar beilidh, cia an Triath
oirn ga bfuil uachdranachd?

. Bhridh foirneart ar na deoraidh truagh
is oſnaidh dhaoine bochd,
Nois eirghim ſein (radh Dia) dá dhion
on droing do bhagras lochd.

. Is fiorghlan briathra Dhe gan cheiſt.
mar airgiod-'taid gu leir.
Do leaghadh, ghlanadh fos fa ſheacht
le tein' a nſuacan cré.

. Ni tu a ngcoimheid uil' a Dhe
on gheineilſi a chaoich:
Imchidh luchd uile gach taobh gu dán
tra thogfar praſcan daoi.

## SALM XIII.

CIA fhada dhearmadar me leat,
a Dhia an ann gu brath?
. Cia fhad do fholaigheas do ghnuis
gu coimheach uam gach tra?
. An gcomharligh re manam, me,
'ſmo chroidh re brón, gach la?
Cia fhad do thogfar tharam ſuas
mo namhaid mar ata?

. Nois toir ſanear, is eiſde riom,
a Thighearna mo Dhia.
Soilſigh mo ſhuil, 'ſnach coidil me
trom-chodla bhais gu dian.

4. Deagal

4. Deagal gu nabair m'eaſcar treun
Chuaidh agum air anois;
'Smo naimhde guinneach gu biodh ait
a nuair a dhaomſar meis.
5. Achd dhearnas bun dot' throcair, Dhe,
ad' ſhlánaigh bidhidh ait.
6. Is ſinnim dhuit, a Thriath, fachuis
an phailteas fuair me uait.

## SALM XIV.

DO radh an tamadan 'na chroidh,
Ni bfuil *Dia* idir ann:
Taid truaillidh, is gniomh ghraineoil rinn
re maith ni bfuil a haon.
2. An Tighearn' damhric ſé o neamh
ar chlann na ndaoin' gu dian
A ſheuchain, tuigſeach an raibh neach,
no fear a dhiarradh Dia.
3. Do chlaonadar gu taobh arſad,
ro ſhalach uil', is breun:
Neach ni bfuil ann, ag deanamh maith,
ni bfuil ge beag, a haon.
4. Ciall nach bfuil aig luchd uilc gu leir?
ta'githadh ſuas do ghna
Mo phobul mar an aran blaſt,
'ſnach gairid air an Triath?
5. Andſin do ghabh ſiad eagal mor
chiond Dia bhi meaſg na nſaoi.
6. Na chomhairl' nairigh ſibh a mbochd,
os tearmunn Dia dho chaoich,

A Sioin tiocfadh slaint' Israil ;
biodh Iacob aoibhneach as;
A phobul tra bheir Dia o bhruid
ni Israil gairdeachas.

## SALM XV.

Ia fhanas ann do phailuinn, Dhe ?
ad thulach naomh ni tamh?
Fear ghluaiseas leat gu trebhdhireach ;
'sni jonnracas le laimh :
Neach labhras firinn fós o chroidh,
Gan ithimradh na bheul ;
Nach dean ein lochd da chomharsnach ;
'snach tog air ein droch sgeul.

Neach nach toir sbéis don tru 'na uilc ;
luchd eagail Dé, gheibh meas
Is onoir uaidh : 'snach caochil mionn
da drigeadh call do as.
Ar ocar airgiod nach do chuir :
anachaidh neimhchiontach ;
Nach do ghabh ceannach : fear marsin
cho ghluaiseár é gu brath.

## SALM XVI.

Hia coimhead me, oír jonnad 'ta
mo dhochas fein gach la.
O manam, dubhairt tu re Dia,
is tu mo Thriath do ghná :
Cho rig mo mhaitheas ort, a Dhé ;
Achd do na naomhuibh bhos,

Daoin' oirdheiric a mbfuil mo thlachd,
muil' aoibhneas is mo chlos.

4. Mor-mheuduighear a ndoilghios doibh
a dheibhrigheas gu luá
Ar lorg ein neach nach bfuil na Dhia,
do chrabhadh cheart toirt fuadh:
Deoch-iobairt fola bhios na measg
gu bráth cho níoc me fein;
Cho ghabh me chaoich a mbhilidh ghloir
an ainmna 'ta bréun.

5. Cuibhrionn mo chup is moighreachd Dia
'stu sheasmhas dhamh mo chrann.
6. An aitibh aoibhneach thuit mo líon
's leam oighreachd bhreagh nach gann.
Nois bheir me buidheachas do Dhia
thug comhairl' orm am' shéim:
'Ta mairne fos an am na haoich
gam theagasg mar a gceudn.

8. Do chuir me romham ann sgach cúis
an Tighearn' mor do ghná;
Bhridh gu bfuil se aig mo lamh dheas
cho ghluaissear me gu brath.
9. Mo chroidh 'ta aoibhneach uime sin,
mo ghloir re gairdeachas:
Ni mfheoil fos comhnuidh fhoistineach
le dochas daingnionn as.

10. Oir manam fhios ni nfhágann tu
san uaigh ud ar ein achd,
'S ni leigidnn tu dod' fheircin naomh
gu bfaic se truaillidheachd.

11. Dhan

11. Dhamh ſligh' na beatha foillſighi tu
lan-aoibhneas 'ta ad' lathair;
Gach gné do ſhubhachais, bithbhuan
aig do lamh dheas, ataid.

## SALM XVII.

EISD fein a Thighearn' ris a choír,
toir fos fanear mo ghlaodh,
Is cluinn an urnaidh thig amach
o bheul gan ghaoid gan gho.
2. Mo bhreath o tſhiaghnais thigeadh mach;
led' ſhuilibh feuch ar ceart.
3. A dſhioſruigh tu me ann 'ſa noich
ſgruduigh mo chroidh gu beachd.

Me rannſuigh Dia, 'ſni fuair dhamh maoin;
oir romham chuir me fein
Nach deanam briſeadh claon ar bith,
no peacadh bao le 'mbheil.
4. Adtaic re oibribh dhaoine fos
do riaghlughadh fa ſeach,
Le guth do bheil chum mé me fein
o júl an dimhilteach.

5. Cum m'iomachd ar do ſhlighibh ſuas,
nach ſleamhnuigh uam mo cheim.
6. O gheibh me éiſdeachd uait, a Dhe,
do ghairmeas ort am' ſheim:
Do chluas dom' ionnſaidh crom anuas,
gabh re mo ghearan fein.
7. Taiſbein do chaomh-ghrás iongantach,
Dhia, theaſraigeas gu treun:

Is le do dheaſlaimh ſhaoras ſos
an drong don dochas thu
Da ngcoimheid, is dan teiſrig inn
on dream a dheirgheas riu.
8. Fuidh ſgáil do ſgéſa foligh me,
gleth me mar chloich na ſul,
9. On droch-dhuin' ta gá mchlaoi, mo namh
gam' chuartughadh am' iul.

10. Na nſaill ataid ar druite ſuas,
caint' ardanach na mbeil;
11. Iom-iathadar 'nar cemna ſinn,
chrom ſúil gu lár le chéil.
12. Mar leoghan gionnach togarach
chum cobhartigh do ghná,
Mar leoghan óg a ndiomhaireachd
ag luigh a mplaid ata.

13. Dhia eirigh, is gabh roimh mo namh:
leag ſios gu talamh é:
An droch-dhuin' ta na chloidheamh dhuit,
a Dhe, ſaor manam uaidh.
14. O dhaoinibh 'ta mar lamh dhuit ſós,
o dhaoinibh ſaoghalta lán,
Ga bfuil a ngcuibhrionn, is a ncuid
'ſan bheathaidh ſo amhain

Da bfuil tu tabhairt lán a mbronn
as tulidh dhiomhair fein:
Lan ſliochd ataid, is fagſuidh iad
fuighleach a ncuid da ngcloinn.
15. Achd meis a chean, chi me do ghnúis
a mſ3reantachd gan cheiſt

Ar mosgladh dhamh lán-lionthar me
led' chosmhalachd a mfeast.

## SALM XVIII.

DIA 's inmhuin leam, sé Dia mo threis
2. Mo charraic é gu ceart,
Mo dhaingneach is mo shlanaigheoir;
mo Thighearn' is mo neart.
An tí a ngcuiream dóchas fós,
mo thargaid is mo sgia,
Is adharc slánaigh dhamh é fein,
mo thurait ard se Dia.

3. Nois gaiream ar an Tighearna Dia,
ionmholta 'ta gu mór:
Marsin o measeairdibh gu leír
mo shaoradh ni gu lór.
4. Chuir tuilteach dhrochdhaoin' eagal orm,
guin-éug chuaidh iomam fein;
5. Péin ifrionn, agus eangach báis
do choinnigh me gu trén.

6. Am' eigin ghoir me air an Triath,
air Dhia do ebhadh me,
Is as a theampul chual mo ghuth,
na fhiaghnais thainig í,
Mo fcread na eisdeachd rainig suas.
7. Chrath talamh, chriothnuigh é;
Ghluais iochtar cnoctha, chrath gach sliabh
bhridh corrigh ort a Dhe.

8. Chuaidh deattach as a shrón a mach,
loisg teine as a bheul:

Do lasadh eibhle loisgeach leis
tra chóinnigh siad a cheil.
9. Lub sé na neamha, thainig nuas,
bheith dorchadas súidh chos.
10. Ar cherub mharcuigh, dhitealuigh
ar sgia na gaoi a bhos.
11. Duibh-dhorchadas mar dhiomhaireachd
do chuir sé uime fein;
Budh phubúil uime uisgeadh dorch'
is neulla tiugh na nspéur.
12. Roimh Dhia a neulta tiugh do chuaidh,
is clocha-meallain cruaidh:
Chuaidh eabhla loisgeach mach gu fior
o ndealradh bhi na ghruaidh.
13. 'S na spéuraibh rinn sè tairneanach:
leig Dia a ghuth amach,
Thig cloch-sneacht fos on ti is aird',
le eibhlibh teth fa seach.
14. A shoighde leig sé féin amach,
is sgaoil sé iad arfad;
Do theilg tein-aidheir orra nuas,
is dshuaduigh iad gu grad.
15. Grinneal na nuisgeadh chonncas ris,
iochtar an domhain nochd:
Le ossag analach od' shroin.
'S led' spreigeadh chiond ar lochd.
16. Chuir nuas, ghlac sé, is tharraing me
o uisgibh iomarcach.
17. O meascar thréin, is o luchd mfhuadh,
ro laidir orm gach neach.

8. Tra ruaig siad orm a nJo mo theinn:
budh throstan damh mo righ.
9. Da ionad fhairsinn thug me suas,
ghabh tlachd dhíom, shaor se me.
10. Reir mionnracas, is gloine lamh
dhiol Dia gu pailt, maith riom.
11. Om' Dhia gu haingidh chean níor chlaon;
sligh Dhé oir choimhdeadh leam.
12. Uil'-bhreathamhnas bheith roimh mo
a sdatuinn ni chuir uam. (shuil,
13. Budh trebhdhireach na fhiaghnais me:
sheachain mo lochd gach am.
14. Do rinn a nTighearn' uime sin
mo chultiughadh, gu caóin,
Reir mionnracas is gloine lamh
an amhrug a' shul fein.
15. Don'duine jochdmhoir, jochdmhur thu,
díreach don' trebhdhireach.
16. Glan thu don' duine ghlän, is doirmh
don' duine dhoirmh fa seach.
17. Oir saoraidh tu an sluagh fa theinn:
achd sealladh ard bheir nuas.
18. Soilsidh mo Dhia mo dhorchadas;
'smo choinneal lasaidh suas.
19. Do bhris me buidhionn each led' neart
tre mDhia léim balla cas.
30. Sligh' Dhia 'ta ceart, 'sa fhocal glan,
sgia é don' dhearbfas as.
31. Oir cia 'sDia achd Jehobha ann'
cia 'scarraig ann achd é?

32. Se Dia a phaisgeas me le neart,
is ni mo shlighe re.

33. Mo chos rinn luá mar chosaibh feigh;
'chuir me air m'áirdibh riamh.

34. Bogh' stalinn bhris mo ghairdeanna,
fé sheól gu cath mo lamh.

35. Do thug tu sgia do shlainte dhamh,
do dheaslamh chum me súas;

Do shuairceas caomh thug orm gu pailt,
gu hinmhe mhoir gu dfhás.

36. Mo chemna rinn tu fairsinn fúm,
mo chos cho fleamhnuigh í.

37. Lean me no namh, rug air gach neach
ful thilleas uadha, do chlaoi.

38. Gan chomas eirigir lot me iad:
do thuit fiad fuidh mo chois.

39. Le neart chum cath do chrios tu me:
na dheirigh riom, do choifg.

40. Ar múineal thug tu dhamh mo namh:
luchd mfhuadh gu fgriosfuinn iad.

41. Ghlaodh fiad, 'fda mfuafgladh cho raibh
re Dia, 'fni fhreagair fé. (neach

42. Andfin mar dhuifleach dol le gaoi
gu mion do phronn me iad:

Do theilg me iad amach arís
mar chlabar ar a ntfráid.

43. O chonfadh phobuil fhaor tu me,
rinn ceann na mfineach dhíom:

Sluagh fos nach baithnidh dhamhfa riamh
níd feirbhis dhamh, do chiom.

44. Comh

14. Comhlua ſa chluintear iomradh orm,
dhamh géillfidear gan ſtad:
Ni coigridh dhamh iad fein ar ghné
do iſliughadh arſad.

15. Glan-tuitidh as, is teirigidh,
iarmad na nallmhurrach,
Ag teachd le huamhun as a ncuas
'ſo ngarádh diomhair, mach.

16. Ta Dia beó, gu ma beannuight' é,
mo charraic ſé gan cheiſt:
Is gu raibh Dia mo ſhlainte fein
ar ardaghadh a mfeaſt.

47. Sé Dia ni dioghla ar mo ſhon,
'ſa mpobal chuireas ſúm.

48. Sé fhuaſglas o mo naimhdibh me,
'ſ o dhruing a dheirgheas riom:
Dhia, togaidh tu me os a ngciond,
thug ſaor 'on ragair me.

49. Bhridh ſúd, meaſg chinnidh bheir me clu,
is molfam tainm ſa chaoich.

50. Se Dia bheir fuaſgladh mór da righ:
is grás da ungaighth' fein,
Do Dhaibhi, iodhoin, is da ſhliochd
gu ſiorraidh mar a gcedn'.

## SALM XIX.

GLóir Dhé, na neamha dſhoillſigh dhuinn
'ſna ſpéura, gníomh a lamh.

2. Ta lá toirt ſgéul do lá; is aoich
toirt tuigſ' do dhoich gan tamh.

3. En chaint' no uirchioll ni bfuil ann
a nguth uadha ſud nach cual;
4. An riaghail, feadh gach tir chuaidh mach,
'ſa mbriathar gu crích a ntſaoghail.

Buan-phailuinn chuir ſe ionnt' don' ghrein
thig mach o ſheomar dhil
5. Mar dheagh-fhear bainnſ' le rogha ſcaid,
'ſmar ghaiſgeach, ait chum rith.
6. Ta dhol amach o iomal ſpéur;
'ta chuairt ga chriochaibh rís:
Is folight ni bfuil neith ar bith
o theas na gréine ſhíos.

7. Slán iomlan lagh an Tighearn' ata,
ag iompoidh anam daoin':
Is cinnteach teaſtas De, 'ſis fior,
'ſ ni glic an tſimlidh bao.
8. Ta ſdátuidh fos a nTighearna ceart,
'ſe fhagbhas croidh gu hait:
Ta aitheanta Dé ro ghlan gu léir,
bheir radharc don tſul nach faic.

9. Is fior-ghlan eagal Dé gan cheiſt,
ag maireachdainn do ghna:
Fior agus comhthromach arſad
a bhreathamhnas ata.
10. Is mo, 'ſ ioniarraidh iad no ntór,
moran dheagh-oir gu fior:
Is milſe iad no mil dom' bhlas,
'ſna ſhilios nuas on chíor.

11. Na cheand ſin fos fuair róglach fein
deagh rabhadh uadh gach tra;

Is ann na ngcoimheid curamach
mór-thuarasdal ata:
2. Cia thuigeas chean a sheachrain féin?
glan o lochd dhiomhair me.
3. Gum tóglach fein o pheacaidh dán,
a nuachdar orm na bíd:

Andsin bim saor on pheacadh mhoir,
'so chionta iomadach:
Atfhiaghnais biaidh me gu fior
ceart agus trebhdhireach.
4. O Dhia, mfhearsaoridh, is mo neart,
na briathra 'ta a mbhéil
'Sna smuainte bheachduigheas mo chroidh
biodh taitneach riot le chéil.

## SALM XX.

GU neisdeadh Dia riot, lo do theinn,
Dia Jacob deanadh lear.
2. O theampul naoimh gud' chuidiughadh,
a Sioin tugadh neart.
3. Biodh cuimhn' ar tuile ofrail aig,
loisg-iobairt gabhadh uait.
4. Do chomhairl' coimhlionadh arsad,
agus do rúnn gach áit.

5. Do ni finn aoibhneas ann do shlaint,
an ainm ar nDia do ni
Ar bratighean do thogbhail suas,
Dia dheonach rúnn do chroidh.
6. Nois 'ssiosrach me gur choimhead Dia
an ti do ungadh leis;

Is le neart-ſaoraidh dheaſlaimh fein,
o ſhlaitheas eiſdidh ris.
7. Ta cuid ni bun do charbuid catha,
cuid eil'-a heachaibh gaſd:
Achd ainm Jehobha, 'ſ Dia dhuinn fein
ſe chuimhnighmar a mfeaſt.
8. Do iſliughadh na daoin' is thuit;
achd deirigh ſinn is ſheas.
9. Dhía fóir, is eiſdeadh linn an righ,
tra ni ſinn gearan ris.

## SALM XXI.

AN righ ni aoibhneas, Dhe, ad neart
ad' ſhlainte bithidh ait.
2. Do thugfas mian a chroidhe dho',
'ſgach neith do iarr ſe uait.
3. Oir beannachadh na maitheas moir
gu much do thugfas dó,
Is chuir tu coroin óir ma cheann,
don ór is gloin, gach lo.
4. Buan-bheatha djarr ſé ort. is fuair,
Fuair aimſir chian gu brath.
5. Chuir onoir air, is mordhalachd;
'ſ mor uaill ad' ſhlainte, ghná.
6. Lán-bheannuight dhearnas é a mfeaſt,
ro aoibhneach fos led' ghnuis.
7. Oir earbſaidh 'nrigh a Dia is áird;
tre throcair air, cho ghluais.
8. Do lámh bheir t'uile naimhde mach,
gheibh do lamh dheas-luchd fuadh.

9. Do ni tu iad mar naiamhann loiſgth'
an âimſir tſheirg gu lua.
Na chorridh ſluigidh Dia iad ſios,
is loiſgidh tein' iad ſuas.
10. An toradh ſgrioſaidh tu on tir,
'ſ an ſiol o dhaóin' anuas.

11. Oir olc a taghaidh chumadh leó;
beart aimhleaſach do dhealbh.
Feall ghrann do bhrath a chur a ngníomh
nach dfheud cur leis gu dearbh.
12 Led' ſhoighdibh gleuſd ar ſreing, re ngruaidh
bheir orra dol ar ais.
13. Ad' neart bi ard a Dhe, 'ſle clu
ſior-chánaidh ſinn do threis.

## SALM XXII.

MO Dhia, mo Dhia, créud me far thréig;
is tſhurtachd uam a gceinn.
Na briathra goirt dom' bhuiridh ard
creud fa nach cluinn thu fein?
2. Sa nló do ghlaodhas, O mo Dhia,
achd eiſdeachd uait ni fuair:
Do thog mo ſcread riot ann ſa naoich,
a mthoſd ni bfuileas uair.

3. Achd naomh 'ta Dia, a dháitigheas
áros chlu Iſraeil',
4. Ar ſinnſir rinn diot bun do ghná,
is ſhaor tu iad le cheil.
5. Do ghlaodh ſiad riot, is ſhaoradh iad;
dhearb riot, 'ſni ſuair a nclaoi.

Achd mis, ni duine me, achd cnuimh,
gráin daóin' is táir a ntſluaigh.

7. Cúis crathadh cinn, is caſadh craois,
lion chi me, ſanoid ni,
8. Ag radh, Do rinn ſé bun á Dia,
gu bfuaſgladh é na dhi:
Nois deanadh ſé a theiſrigin
o ghabh ſe tlachd da dhoigh.
9. Achd 'ſtu an tí bhuain me amach
o bhroinn mo mhathar fa dheoigh:

Sann uait do ghabh me dochas fós
ar chich, is me am' naoidh.
10. Do thilgeadh ortſa me on bhroinn;
on bholg, mo Dhia, 'ſa chaoich.
11. Fad uam na bi, os dlu dhamh teinn:
fearſaoraidh ni bfuil ann.
12. Do chuartuigh moran tarbha me:
tairbh laidir Bháſhan dhán.

13. Is orm a dfhoſgil ſiad a ngcráos,
mar leoghain gionnach géur.
14. Do dhóirteadh mis amach mar uiſg:
mo chnamhann ſgáint' gu léir:
Mo chroidh am' chuim an taobh a ſtigh
ar leaghadh 'ta mar cheír.
15. Ar triomachadh mar phota créadh
mo neart ata da réir:

Mo theanga lean í re mo ghiall;
gu húir bhais thug tu me.
16. Oir chuartuigh madraidh garg me nois,
bhuail iomam móran daoi:

Mór-chuideachd los mo dhruideadh fuaslot. fiad mo chos 'fmo lamh.
7. Mo chnamhan féudfam áireamh fós,
'taid dearcadh orm gan tamh.

18. Mo thrufcan eattora do roinn,
croinn chuir fiad ar mo bhrat.
19. Na bi uam fada, Dhia mo neart,
grad fuigheam cabhar uait.
20. On chloidheamh manam faor, a Dhé,
maon-ghradh o neart a choin.
21. O adharcaibh bhuabhail, bheul an leóghn'
do chual tu me o fhoin.

22. Dom' bhrathairibh cuiream tainm a ngéill:
'fa neireachd molfam thu:
23. Shíol Jacoib, 'fa luchd eagail Dé
glóir tabhraibh dhó, is clu:
A iarmad Ifraéil arfad,
biodh oraibh eagal De
24. Oir graín nior ghabh do fhear fa león
a dhrip nior mhi-mheas é:

Ni mo do fholigh uaidh a ghnuis,
achd chual tra ghlaodh fé ris.
25. San tionoil mhóir dó mholfam thu;
mo mhóide iocfam nois,
A nlathair a luchd eagail fein.
26. Is ithidh daoine ciuin,
Gheibh iad an fáth: líon dhiarras Dia
fior-mholfaid é le rúnn:

Bhur croídhe bidhídh beó a mfcaft.
27. Gach iomal tir ni cuimhn,

Tillidh

Tillidh gach fine ſluagh re Dia
is ſleachdaidh dhuit gach aon.
28. An righeachd, os le Dia arſad,
ſé 'ſ uachdran ar gach ſluagh,
29. Joſaidh ſlogh reamhra uil' a ntſaoghail
is onoir bheirid uadha:

Gach tí theid ſiós don úir 'ſ don uaigh
na ſhiaghnais cromaidh dhó,
Cho dtéid le neach a anam fein
ni 'ſ faid a chonbhail beó.
30. Thig ſliochd, do dheanamh ſeirbhis dó;
mheaſſar do Dhia mar linn.
Innſid a cheart do dhroing re teachd,
'ſgu 'beiſean ſo do rinn.

## SALM XXIII.

DIA fein is é is buachail dhamh,
cho bhi me ann a ndi.
2. Bheir ſe gu luigh me ſios gu ré
a ngcluanaibh glas le ſíth.
Ata ſé ga mo threórughadh
re taobh na nuiſgeadh mall
3. Ag aiſeag manam dhamh ar ais
do chum nach dteid a chall:
Sé ſdiuras me 'ſna ſlighthibh cóir
ar ſgáth a ainm fein.
4. Da ngluaiſſinn tré ghleann dorch' a bháis,
tre dhubhar mar a gceudn,
En olc ni heagal leam theachd orm:
oir 'ta thu, Dhe, far leam,

O chum do lorg 'sdo shlait me suas,
do lean mo mheisneach riom.

Láthair mo naimhdeann dheasuigh thu
bord romham fein nach gann:
Mo chup chuir thairis: 's tu a Dhe;
chuir oladh ar mo cheann.

Achd leanaidh maith is trocair riom
ar fad mo ló gan cheist:
Is comhnaidhim an áros De
feadh dhamh bi beó, 'sa mfeast.

## SALM XXIV.

SLE Dia an talamh, 'sna bfuil ann:
an domhan, is gach ti.

2. A bunchar leag se ar a chuan;
's ar aibhnibh shocruigh í.

3. Cia fear theid suas gu tulach Dé?
sheasmhas 'na ionad naomh?

4. Fear lamhann glan, is croidh gan cháidh',
'snior thóg a anam riamh,

Re diomhaineas no beairt gan stá,
mionn iganach nior lúgh.

5. Sé beannachd gheibh on Triath, is ceart
o Dhia a shlainte dlú.

6. So geineoil Jacoib dhiarras é,
do ghnúis, Dhé, mar is cóir.

7. A gheataidh, togaibh suas bhur gcinn,
'sa dhoirseadh siorraidh mór:

Do chum gu dtigeadh righ na gloír
a steach le buaigh is rath.

8. Cia

8. Cia 'ſRi na gloir? Dia neartmhur trén,
Dia cumhachdach a ngcath.
9. Bhur gcinn, O gheataidh, togaibh ſuas,
'ſa dhoirſe ſu hain fós,
Do chum gu dtigeadh Ri na gloir
ga ionad comhnuidh ſhuas.

10. Cia hé ſo 'ſrigh na glóir atann
Jehobha mor na nſloigh;
Sé fein is righ na gloir gan cheiſt,
ar muinighinn ſa dheoigh.

## SALM XXV.

DHia togbham manam riotſa ſuas.
2. Bun diot, mo Dhia, do ni;
Na buaghuigheadh mo namhaid orm,
'ſna leig chum náire me.
3. Is na leig neach fuidh mhaſladh ghrann
bhios feathamh ort do ghná;
Achd náire gu raibh ar an dream
ni lochd gan chúis gu bráth.

4. Nois foilſigh dhamh do ſhlighea, Dhe;
a techlidh teagaiſg me.
5. Me treóruigh ann a tſhirinn ghloin,
is teagaiſg me a chaoich:
Oir 'ſtu is Tighearn' ann gu ſior,
is Dia mo ſhlaint' do ghná
Sann ort ata me feathamh fós
le foighid mhoir gach lá.

6. Dhia cuimhnigh dhuinn do throcair caomh,
'ſ do chaoimhneas lán do ghrádh;

An

An allud fuair sinn, is agcian
dar ndíon o dhrip 'so chradh.
Na cuimhnigh peacadh m'oige dhamh,
no m'easaontas gach ré,
A reir do throcair cuimhnigh me
ar sgáth do ghrasa, Dhe,

Is maith 'sis direach Dia 'na ndul:
is ar an adhbhar ód,
Do dheanann se na peacaidh thruagh
a theagasg ann sa nród.
Na daoine séimh is tréoruighidh
a mbreathamhnas gu ceart:
'Sna daoine míne teagaisgidh
na shlighe Dia na mseart.

Siad cemana a nTighearna Dia
trócair is firinn buan
Don druing a chonbhas cumhnant ris
'snach caill a theastas glan.
Logh, Dhé, mo lóchd ar sgatha tainm,
oir ta é mòr gach ló
Cia fear dan' eagal Dia? do ni
rogha slígh' a theagusg dhó.

A nseasgaireachd ni anam tamh:
'S le shliochd an talamh fein.
Rúnn-diamhra Dé 'ta leó arsad
dan eagal é gach aon:
Is feuchaidh dhoibh a chumhnant naomh.
15. Mo shúil re Dia gu siór:
Se spíonas dhamh mo chosa leónt'
nios as an rib gu fior.

16. Till

16. Till chugam is dean trocair orm ;
ta 'm aonar, is a ntéinn.
17. Ta cradh mo chroidh ag dol a méad
O fuasguil me om' phéin.
18. Dhia feuch ar manshocair, 'smo shaotha
'smo pheacaidh logh gu leir.
19. Mo naimhde lionmhar toir fanear,
fuadh nimhneach thug dhamh fein.
20. Dhia coimheid manam, furtigh orm
na leig fuidh náire me,
Mo dhochas uile leagsas ort
arson gur tu mo righ.
21. Me dionadh diongmhaltas is cóir :
is me ag feitheamh ort.
22. Dhia, fuasguil ar chlainn Israeil
o nuile amhghar goirt.

## SALM XXVI.

DHia, tabhair breith gu cinnteach orm
do ghluais am' ionnracas :
Chuir me mo dhóchas ann sa nTriath ;
cho fleamhnuigh me gu cas.
2. Dhe, ceasnuigh agus fidir me ;
feuch mairne is mo chroidh.
3. Do dheagh-ghean roimh mo shuil atá
a tshirinn dhimigh me.
4. Le daoinibh diomhaineach nior shuigh
le cealgoiraibh ni chuaidh.
5. Budh fhuadh leam coimhthional luchd ui
cha fuigh me leis na daoi.

6. Ni

Nighſim an neimh-chiontas mo lamh:
is taltoir cúartuigh me.
Gu 'ninſinn le fonn bhuidheachais
do mhirbhuilteadh, mo righ.

Gná-aite tonoir 'ſinmhuin leam,
is comhnuidh áruis Dé.
Na cruinnigh manam le luchd uilc,
no daoinibh fuileach géur.
. Drong ga bfuil dobhlas mór na nglaic:
lán bríba an lamh dheas.
. Achd gluaiſim ſein am' neimhchiontas:
le trocáir ſaorſa meis.

. Na ſeaſamh 'ta mo chos gu beachd
an aite comhnurt ré:
Is ann 'ſgach coimhthional ni me
do bheannughadh' a Dhé.

## SALM XXVII.

Sé Dia mo ſholas is mo ſhlaint,
Cia neach is eagal leam?
Se Diaſa, neart mo bheathaidh fós:
cia chuireas faitchios fúm?
Drochdhaoin' mo naimhde, meaſcairdeadh
tra thainig orm gu bras,
Gu gionnach dithadh mſheola ſuas,
ſuair tuiſleadh, thuit gu cas.

Sluagh naimhdeoil ge do théiſdeadh me,
ni heagal le mo chroidh:
Da neirgheadh cogadh 'madhaidh fós
as ſo is cinnteach me:

4. Aon

4. Aon ni do jarr me fein ar Dhia,
gu minic jarram é.
Do bhi a mchomhnuigh feadh mo lá
gu hait a náros Dé:

Gu bfaicfinn maife, De, 'fa thlachd,
'fna theampul dfhaghail fgéul.
5. Oir folaighidh na phubuil me
an am na hairc, gach éal:
A ndiomhairéachd a phailuinn fós
do ni fe mfholach féin,
Mo fhocrughadh do ni faraon
ar carraig dhaingion thrén.

6. Ofciond mo naimhde 'ta fam chuairt
nois togfar fuas mo cheann.
Bheir me da phubuil, jocfam fos
glán-jobairt aoibhnis ann.
Fonn-molaidh finnidh me do Dhia.
7. Eifd riom tra ghlaodhas me;
A Dhé, dean trocair orm fan am,
is freagair me, mo righ.

8 Tra dubhrais, Jarraidh m'aghaidh ré,
do fhreagair dhuit mo chroidh,
Sé t'aghaidh fhoillier lán do ghrás,
a Dhé do dhiarras me.
9. Na cuir uait toglach fein a mfeirg,
na foligh uam do ghnúis:
Budh tu mo chongnamh, Dhia mo fhlai
na tréig me nois a mchúis.

10. Tra dhiobras m'athar, me, 'fmo mhath
me togfaidh tuf, a Dhé.

1. Do ſhligh dhamh teagaiſg, treóruigh me
om' namh, a ncaſan ré.
2. Gu toil mhi-iochdmhur meaſcairdeadh
na tabhair thairis me:
Oir fiaghnais bhreugach dheirigh riom,
dréann bhrucas nimh a chaoich.
3. Mo mheiſneach reachadh uil' ar gcul
mun' gcreidinn féin gu cinnt,
Gu bfaicfinn maitheas De, 'ſa ghrás
a ntir na mbeó gach linn.
14. Le foighid fan re Dia na ndul,
glac chugad meiſneach mór,
Is neartuighidh do chroidhe dhuit:
fan fós re Dia na glór.

## SALM XXVIII.

A Dhia mo charraig, eabham riot,
fad uam ad thoſd na bí
Deagal mar dhaoin' theid ſios don uaigh
mar ſin gur coſmhuil me.
2. Eiſd re guth mathchoinnidh, a Dhe,
tra ghlaodhas riot am' chás;
Gu diomhaireachd do theampul naoimh
tra thogbham lamhann ſuas.
3. Le luchd an uilc ſna héugcorach
na tarraing me gu brath,
Le ngcomharſan a labhras ſith,
achd olc na ngcroidh' ata,
4. A réir an oibridh tabhair dhoibh,
'ſa ndithchioll ghabhuidh ghoirt;

Is cuitigh riu droch-ghniomh an lamh;
amhluidh mar thoill siad ort.
5. Chiond oibridh Dé nach tug sanear,
no idir gniomh a lamh:
Chá dean sé iad a thogbhail suas,
achd sgriosaidh siós gan tamh.
6. Arson guth inachoinnigh gu deisd,
mór-bheannuight gu raibh Dia.
7. Dhearb ris mo chroidh, is chuidigh é,
sé Dia mo neart, 'smo sgia:

Bhridh sin, mo chroidh ata ro ait,
'sle m'òran molfaim é.
8. Se Dia neart slánaigh ungtha séin,
se Dia an neart gach ré.
9. Coimheid do phóbal nois a Dhé,
is beannuigh toighreachd fein;
Síor-riaghluigh agus beathaigh iad,
tog iad a mfeast gach aon.

## SALM XXIX.

A Laochraidh laidir, tabhraidh seach
do Thighearna na mfeart.
Don' Tighearn' tugaibh seach, radh me,
gloír, urram agus neart.
2. An ghlóir is cubhaidh thoirt da ainm
sin tugaibh seach do Dhia;
A nnaif a naomhthachd, teach a ghloi
grad sléachdaidh siós do nTriath.
3. Ta guth Dhé ar na huisgeacha:
Dia glórmhar tairnein ni

ar na huiſgibh lionmhar mor
ata an Triath na ſhuigh.
.an mordhalachd guth Dé ata,
ro chumhachdach faraon.
Guth Dé 'ta briſeadh cedair mhor
ſiad cedair lebanon.

heir orra fos gu leim mar laodh,
ag brioſgadh ar gach ród,
liabh Lebanoin is Sirion
mar bhuabhal meargant og.
goiltidh guth Dhé na dealanaigh.
8. An faſach crothann ſe,
dirbhtheach Chadeis mar agcédn
ſé Dia a chrathas é.

Do bheir guth Dhia ar aidhibh allt'
grad ſgarthachdain ren' laodhaibh,
s lomaidh ſud na coillte dlu,
ag ruſcadh barr na ngcraobh:
s ann na theampul naomhtha fein
cuiridh gach ni, 'ſgach neach
ird-ghloir is cumhachd Dhe a ngceill
ag iomradh uirr' ſa ſeach.

'Ta cathair Dhe ſhios ar an tuil:
mar righ na ſhuigh a mſeaſt.
Bheir neart da phobal; is le ſith
iad beannuighidh gan cheiſt.

## SALM XXX.

DHia airdghim thu, oir thogbhais me:
gáir' meaſcar cho d'rinn diom.

2. A Dhia mo Thighearn' ghlaodhas riot
is chuidigh thusa leam.
3. Do thogbhadh manam leat a Dhe,
glan as an uaigh aníos:
Is choimhdais me gu sabhailt beo
don tsloc nach reachuinn sios.

4. Sinnibh do dhia gu ceolmhar binn,
O sibhs' a naomh-shluagh fein,
Ag cuimhniughadh a naombachdsan
sgaoilibh a chlu agcein.
5. Re mionoid mairsidh corruidh dho,
buan-bheath' 'ta 'na ghean maith:
Trá feasgair ge do raibh an guil
ceol ait thig leis an laith.

6. Am' shocair dubhairt me mar so,
Ni ghluaissear mis a chaoich.
7. Led' ghrasa thug tu ar mo chnoc
gur daingnean sheasmhas í:
Tra dsholaigh thu do ghnúise uam
chuir sin gu triobloid me,
8. Dhia, ghlaodh me riot: is rinn re
mo ghearan is mo chaoi.

9. Creud é an tairbhe 'ta a mshuil
taréis dhamh dol 'san uamh?
An dean an úir do mholadh, Dhe?
an tóir air tshirinn luadh?
10. Eist, is dean trocair orm, a Dhe;
bi, Dhe, 'tshear-congnamh leam.
11. Mo bhrón gu damhsa chaochlais da
sgaoil 'meudach saice dhiom.

Is chriosruigh thu le haoibhneas me:
2. Lem' ghloir gu molfar thu,
'Snach bi mo theangc' na tost: mo Dhia
gu brath dhuit bheir me clu.

## SALM XXXI.

DHIA cuiream dóchas jonnad fein
fuidh nair' na leig me chaoich:
O dhoghruinn is ó dhaoirse cruaidh
ad cheartais saorsa me.
2. Do chluas dom' jonnsaidh aom anuas,
grad furtigh orm, a righ:
Mo charraig laidir bise dhamh,
tigh tearmunn, dhionas me.

3. Oir stu is carraic dhileas damh,
'smo dhaingneach maiseach treun:
Shridh sin, Dhia sdiuir is treoruigh me
ar sgatha tainme fein.
4. On lion a d'fholigh jad dhamh, Dhe,
buain me gu saor amach,
Arson gur tu amhain an ti
is neart dhamh ar gach achd.

5. Nois tiomnam suas mo spiorad bochd
ad' laimhse, Dhia na ngrás;
O Dhia na firinn, is mo Thriath,
'stu manam shaor on bhás.
6. Is fuadh leam daoine bheir sanear
fior-dhiomhaineas is breug:
Oir m'earbsa 'ta sa nTighearna Día
le cúram-mhor gu heug.

7. Ad' throcair chaoimh do bhiam ait;
'ſtu thug mo dhrip ſanear.
Bhi manam ann a nteinn, a Dhe,
is bhi tu fioſrach air.

8. Ni dhearnadh leat mo dhruideadh ſuas
a nlaimh mo namh gu cas:
An áite fairſinn ſhocruigh thu
mo choſa dhamh gu deas.

9. Dean trocair orm, a Dhia, anois,
oir 'taim a ntriobloid mhoir.
Mo ſhuile, manam, is mo bhrú.
ſhearg iad le brón 'ſle deoir.

10. Le caoi, mo bheath' do chaitheamh as
m'aimſir le oſnadh, chaoich.
Mo neart me threig, do bhridh mo lochd,
'ſmo chnamha 'taid ar gclaoi.

11. Budh adhbhar thalcais me gan cheiſt
do m'eaſcairdibh gu leir:
Achd bhaghus meaſg mo chomharſnaigh
gu hairidh m'adhbhar gháir,
Is do luchd m'eolais fos do bhim
am uamhun mhóir, gan ſcaid:
Lion chunnaic miſe ar an tſraid
do theich ſiad uam gu grad.

12. Mar dhuine marbh' ar dol a cuimhn',
'ſmar ſhoigheach briſte me,
13. Oir chualais toibheim moran daoin',
eagal gach taobh do bhi:
A m'aghaidh tra ghabh comhairl' iad
ag beachdadh ar mo bhás.

14. Sann diot a thighearn' rinn me bun;
Is tu mo Dhia, do radh.

15 'Ta maimſireadh ad' laimhſ a Dhe,
orm fuaſguil agus fóir
O laimh mo naimhde, is on dream
'ta leanmhuin orm an dtoir.

16. Air thoglach dealruigheadh do ghnuis,
ſaor me ar ſgath do ghras.

17. Na leig ſuidh naire me a Dhé;
ort gairſeam ann 'ſgach cás,

Biodh naire ar luchd uilc arſad,
biodh iad na ntoſt 'ſan uaigh.

18. Cuir beul na mbreug 'na ntamh, a Dhe,
do labhras neithe cruaidh;
An dream do ſpreigſeas daoine ceart
le táir is ardan mor:

19. Gia méad maith dhoibh dan' eagal thu
do thaiſg thu ſuas gu lór?

Arſon an dream dan dochas thu
do dhearnas neith gu caoin,
Is nochd thu fein gu ſoillier ſuas
a mfiaghnais chlann na ndaoin?

20. O ailghios daoin' ni tu a ndion
ſuidh-dhimhaireach'd do ghnuis,
A mpaluinn fos o ſtribh na nteangc'
ni didean doibh na ngcuis.

21. Dia gu ma beannuight' é gu brath
oir dſhoilſigh ſé dhamh fein
A chaoimhneas jongadach, 'ga mchuir
a mbaile dhaingionn tren.

22\. Am' dheibhthir dubhras, Scaitht ataim
o bheachd do ſhul anuas;
Achd chualais guth mo ghearain chruaidh
tra ghlaodh me riotſa ſuas.

23 Dia gradhuighibh, a uile ſhaoimh:
oir dionaidh Dia na ſaoi.
Neach ni gu huaibhreach; cuitighidh;
lain-dioghlaidh ſé na daoi.

24\. An meúd chuir dochas ann a nDia
bibh miſneaghoil gach ti,
Is bheir ſe ſólas dhuibh gu mor;
ag neartughadh bhur croidh.

## SALM XXXII.

AN ti ſin beannuight é gu brath
ſuair maitheamhnas na lochd,
Is folach air a pheacadh ſôs
do dhearnadh leis gu holc.

2\. Mor-bheannuight' ta an duine ſin
na chron nach agair Dia,
Beart chlaon na ſpiorad aig nach bfuil;
ſligh chealgoireachd nach djarr.

3\. An tan do an me fein a mthoſd,
ſmór aois luigh ar mo chnamh:
Marſin do bhi me fad an lo
tre m'bhuireadh goirt gan tamh.

4\. Oir orm do bhi do lamh gu trom
ar feadh gach aoich is la:
Mo bhrídh gu tart an tſamhraidh theth
ar 'atharachadh ata.

Mo pheacadh rinn me admhail duit,
is m'eugcoir mhor do nochd:
A dubhras, Adfuim iad do Dhia,
is mhaith tu cron mo lochd.
So fáth ma nguidhionn riot gach naomh
an am a mfuighear thu:
Gu deimhin tuil na nuiſgeach mor
cho rig ſiad air gu dlú.

Is tuſa m'ionad folaghaidh
ni coimhed orm o theinn:
Is nithear leat mo chuartughadh
le hórainn ſaoirſe binn.
Fior-theagaiſgim is múinim dhuit.
an echlidh is an jul
A ndlidheach dhuit bi 'gimtheachd tric
is ſeólam thu lem' ſhúil.

9. Na bibh mar mhulait, no mar each
na haimhididh gan cheill:
Dan eidir, los nach tiocfaid ort
ſrian ſparradh teann 'na mbeil.
10. 'S mor lionmhur doilghios luchd an uile,
achd neach ni bun a Dia
A throcair ni a chuartughadh,
gach eun taobh mar ni ſgia.
11. Bibh aoibhneach, lion bhios trebhdhireach,
bibh ait a nDia gu brath:
Is deanaidh gairdeachas gu leir
'ta ceart a ngcroidh do ghná.

## SALM XXXIII.

A dhaoine ceart, bibh aît a nDia;
thig moladh uaibh le dreach.
2. Le pſaltuir ſinnibh, 'ſclárſigh bhinn,
'ſle inneal teuda deich.
3. Nua-Oran canaibh dho arfad
ard-ſinnibh dho gu deas.
4. 'Sceart focall De: a mfirinn deánt
uil' oibridh 'ta a mfeaſt.

5. Ceart-bhreith is ſinmhuin leis, is cóir:
lion maitheas Dé gach tir.
6. Rinn focal Dé na neamh 'ſa nſluagh
rinn guth a bheil gu leir.
7. Mar thorr' ata ſe carnadh ſuas
uiſge na fairrge moír:
Ag taiſgeadh is ag coimhed cruinn
na ndoimhne a mtigh ſtoir.

8. Nois biodh eagal ar gach tír
roimh Dhia a nTighearna mor,
Is ar na dhaitigheas an ſaoghal
biodh ogluigheachd gu lór.
9. Oir labhair Dia, is rinneadh é,
thug áithn', is ſheaſamh í.
10. Chuir comhairle na nſluagh o bhuaigh
is innleachd dhaoine, chlaoi.

11. Buan-ſheaſmhunn comhairle ar nDia
is ſmuain a chroidh gu dearbh.
12. Beannuight an tír dan Tighearna Dia,
ſa nſluagh do thagh mar ſhealbh.

13. Ta Dia ag amharc nuas o neamh :
chi clann na ndaoin', gach neach.
14. Sléir dhó luchd áitigh uil' a ntſaoghail
o jonad comhnuidh mach.

15. A ngniomha uile thug fanear:
ar eundoigh rinn a ngcroidh.
16. Cho tearuinn laochle meud a neart;
mor-ſluagh cho teaſruig righ.
17. Is diomhain each mar thearmun duinn,
cha ſaor e neach le neart.
18. Suil De ta ma luchd eagail 'ſein
ni bun dá ghrás gu ceart.

19. An anam theiſrigin on bhás,
ſan ghort a ngconbhail beo.
20. Ar nanam feathaidh ſé ar Dhia
ar díon 'ſar ſgia gach ló.
21. O rinn ſinn bun da ainm naoimh,
ar croidhea bidhidh air.
22. Dhia, reir ar dochas ionnad fein
oirn thigeadh trocair uait.

## SALM XXXIV.

IEHOBHA beannuighim gach trá,
a chlú a mfeaſt a mbheul,
2. Súd cluinnidh daoine ſeimh. 'ſbid ait:
a nDia ni manam uaill.
3. Mor-mholaibh leam ſa Dia na mfeart:
ainm airdeaghmaoid gach neach.
4. Do jarras Dia, chual, is me bhuain
o meagail uil' amach.

5. A dambraic air, is dhealruidh ſiad:
is nior ghabh náir' a ngruaidh.
6. An bochdſa ghlaodh, is deiſt ris Dia,
is dfhuaſgail as gach truaidh.
7. Taid aingil Dé ag ſuighiughadh camp
ma luchd a eagail fein,
Da mfuaſgládh is da nteiſrigin-
on trioblaidibh gu leir.

8. O blaiſibh agus faicibh ſo
gur maith 'ſgur milis Dia:
An fear ſin beannaight é gu beachd
a dhearbfas as an Triath.
9. A naoimh, biodh oraibh eagal Dé,
a mfeaſt oir cho bhi dí
Air dhruing dan eagal é gu ceart,
fior-chrabhadh dhó do ni.

10. Bheith eaſbhuidh ar na leoghan og,
is ocras orra 'ta;
Achd ein ni maith cho bhi on dreim
a dhiarras Dia do ghna.
11. O tiocfaidh, chlann, is eiſdidh riom:
dhaoibh muineam eagal De.
12. Cia ghraidheas laith, 'ſler baill bhi beo
an maith gu bfaiceadh ſe?

13. O mheabhail coimhed glan do bheul,
'ſdo theangc on olc gu brath.
14. Olc ſeachain agus dean an maith,
iarr ſithchaimh, 'ſlean do ghna.
15. Ta ſuile Dé ar firenidh,
'ta chluas re nglaodh ró dheas;

16. Ta adhaidh ar luchd uilc a chlaoi,
a tir a ngcuimhne ſgrios.

17. Ghlaodh Firenidh ré Dia, is chual,
ſhaor iad on uile theinn,
18. 'Sdlu Dia do luchd a chroidh briſt',
don' ſpiorad bruit' ná dhion.
19. Is lionmhur anſhodh dhuine ceart,
achd Dia bheir aſt' gu ler.
20. A chnamhan coimhdidh ſé arſad,
aon, ni bſuil briſt, a Dhé.

21. Achd marbhaidh olcmhas fein an daoi;
ſgrioſtar luchd fuadh na nſaoi.
22. Anam a mhuinntir ſaoraidh Dia:
ar aon diobh cho tig claoi.

## SALM XXXV.

DHIA tagair féin re luchd mo ſtribh:
cuir trod air luchd mo chath.
2. Glac fein do thargaid is do ſgia,
eirigh, is fóir gu lua.
3. Dhia, nochd do lann, an echlidh druid
anadhaidh luchd mo thóir:
Re manam abair, Dhe, mar ſo,
'ſmé 'ſſuaſgladh dhuit gu lór.

4. Trom-náir is maſladh gu raibh dhoibh
'ta 'giarraidh manam bochd:
Grad-philleadar le hamhluadh mór
'ta ſmuainteadh chugam lochd.
5. Iad ruaigeadh aingeal Dé, is bid
mar mhuilnein dol le gaoi.

6. Dorch, ſleamhoin ſós gu raibh an júl,
is aingeal Dé na ndiaidh.

7. Oir dfholigh ſiad gan adhbhar dhamh
painteir ſan lag gu deas:
Fior-uamh do chlaoich iad gan chion-ſáth,
los manam ghlacadh leis.

8. Nois thigeadh doghruinn air gan fhios,
na líon fein glacthar é.
Sa nſgrioſadh chuimir é do chách
grad tuiteadh é, a Dhé.

9. Ni manam gairdeachas a nDia:
'ſna ſhurtáchd ſolás mor.

10. Is deir mo chnamhan uil', a Dhe,
Cia 'ſcoimhmeas riot a nglor?
Ni teiſrigin don' duine thruagh
on fhear ró-laidir dhó,
An tainnis is a mbochd on tí
ler' chreachadh é gach ló.

11. Luchd fiaghnais bhreig a deirigh riom,
is chuir ſiad as mo leth
Na neithe ſin gu heugçorach
nach bfhioſrach me a mbeith.

12. Olc dhiol ſiad riom an eraic mhaith
chum manam chuir fuidh dhi.

13. Achd mis, ghabh umam culuidh bhróin
tra 'ſ tinn doibh ſud gach ti:

Le troſgadh dumhluigh mi me féin,
pfill murnaidh ann a mochd.

14. Mar gu budh caraid é, no brathair
rinn m'iomchar féin gu beachd:

Mar

Mar neach bhiodh caoineadh fós a mhathar
chrom me gu dronnach sios.
15. Achd ann mo thuisleadh, is am' theinn
thig siad le haighier nios.

Do chruinnighdear iad féin re cheil:
prascan gan chos gan lamh,
Gan fhios am adhaidh thionoil iad,
is réub siad me gan tamh.
16. Luchd scalloid chealgach fos bheith ann,
drong thathaigheadh na mféust,
Chiond bhi re sugra, gheibheadh biagh s'
chas fiacla riom, da éis.

17. Cia fhad do chi tu so a Dhé?
on-sgriosadh till me níos:
Mo fheircin saor o leoghnaibh garg.
'ta los a shluigeadh sios.
18. Dhuit bheir me buidheachas gu hait
san-tionoil mhoir a Dhé;
Is measg an tsluaigh 'ta lionmhar mor
ard mholfam thu gu ré.

19. Sluagh, naimhdeoil dhamh gan adhbhar
nar raibh ac'aoibhneas diom: (chneasd
Don dréim thug fuadh dhamh fos gan chuis,
cuis caogadh sul na bíom.
20. Ar siothchaimh oir ni bfuil a ngcaint',
achd cumadh aisintleachd
Do dhaoinibh samhach seimh na tír,
ga mpianadh le hainiochd.

21. Am adhaidh dfhosgui! siad a mbeul
gu fairsinn san áit úd,

Ag

Ag radh, Aha, aha, gan cheift
ar fuile chunnaic fúd.
22. Dhia, chunnaic thu, na bi ad' thofd;
Dhe, na bi fada uam.
23. Tog ort, is mofguil chum mo cheart:
a mchúis a Dhia, bi leam:
24. A reir do cheartais, orm dean breath:
nar biodh ac' aoibhneas diom.
25. Nar abradh fiad na ngcroidh ah, ah,
an neith budh mhaith linn, choim:
Ni mó leig dhoibh a radh a mfeaft,
Síos fhluig finn é gan ftad.
26. Biodh orra náir' is tairngear iad
gu hamhluadh mor arfad,
An dreím da ngnáth bhi ait ma mphein,
iad fceaduighthear le náir,
Líon dheighreas ard a maghaidh fein,
mar bhrat biodh iompa táir.
27. Biodh aoibhneas orr' is gairdeachas
do ghabhas fpéis dom' chóir;
Gu foillier abradh iad do ghna,
Gu raibh Jehobha mór:
A nfódh 'fa nfonuis óglaich fein
mor-thlachd aig Dia ata.
28. Ma d'cheartais labhraidh tric mo theangc,
'fma d'chlu ar fud an lá.

## SALM XXXVI.

DEIR eafaontas a ndaoi a mchroidh
Roimh ni bfuil eagal Dé.

2. Oir

2. Oir ni ſé brional breíg dho fein,
a olc, is ſuathmhur é.
3. Priomh-chluaintearachd is eugcojr mhor
ſiad briathra bheil gu tric:
Do ſguir ſé fos o dheanamh maith,
is leig ſé dhe bhith glic.

4. Aimhleas na leabaidh, dealbhaidh ſe,
is ſhocruigh ſe é fein
A nſlighe nach bfuil maith do neach,
don olc nior ghabh ſe gráin.
5. Do throcair 'ta 'ſna neamhaibh, Dhé,
is tſhirinn chum nan neól.
6. Do cheartas mar na beannaird ghlan,
do bhreith na doimhneachd mhor:

'Stu choimhdeas duin' is ainmhidh, Dhé,
7. Cá mórluach do ghradh caoin?
Ta muinighin, ſuidh ſgail do ſgé,
bhridh ſin, aig clann na ndaoin.
8. Bid ſáſight Dhé, le ſaill do theach,
dhoibh nithear pailteas mor,
As tabhuinn lán do ſholaſaibh
digh bheir tu dhoibh gu lór.

9. Oir tobar glan na beath' ta leat,
ad' ſholas, ſolas chi.
10. Do mhuirne buanaigh chaoich don' dreim
chuir eolas ort, a righ;
Do cheartais mairſeadh ſin ſaraon
don' druing bhi ceart a ngcroidh.
11. Na leig do chois an ardan bhuirb
a madhaidh teachd a chaoich,

'Sna

'Sna tulgadh lamh dhuin' aingidh mc.
12. Andſin luchd uilc thuit ſios:
Do leagadh iad: is fos ni 'ſmó:
ni bfed ſiad eirigh nios.

## SALM XXXVII.

NA las a ncampar re luchd uilc,
no 'mformad ris na daoi.
2. Oir buaintear iad gu lua mar fheur,
is ſeargaidh as, mar luibh.
3. Earb ris an Tighearn', is dean maith,
ſin aitigh tu a ntir,
Is gheibh do riachdas-leas gan cheiſt;
gheibh beatha ghlan gu fior.

4. Gabh tlachd dhuit fein a nDia na ngras,
is bheir dhuit runn do chroidh.
5. Earb ris do chuis, is bheir gu crich:
dho tabhair ſuas do ſhligh'.
6. Is bheir ſe mach do chóir 'ſdo cheart
mar ſholas dhēalrach glan,
Do chomhthrom fos mar mheadhon laoi
do ni ſe ſoillier buan.

7. Gabh clos gu ſamhach ann a nDia;
dean foighid ris a chaoich;
Is na gabh formad ris an ti
dan eirigh ſoirbheas ſligh;
Na gluais ſa 'nti do bheir gu buil
a intleachd aingidh garg.
8. Na bi gad' chreinm fein re holc:
leig mioſguis diot, is fearg.

9. Oir

9. Oir drochdhaoin' leanas olc do ghna
fios sgathar jad gu fior:
Achd lion ga bfuil an ful re Dia
buan-mhealaidh fiad a ntir.
10. Oir feith re sealan bhig, 'scho bhi
din hilteach fada beo;
Bheir tu a áit' fanear gu geur
'sni mfuighear é ni 'smo.

11. Achd daoine seimh gheibh sealbh sa ntir,
bid ait an mead na sith'
12. Ta drochdhuin' gearradh fhiacla ris
is cumadh olc don' tsaoi.
13. Chi Dia gu bfuil a lo ag teachd,
ni fanoid air, da bhrí.
14. A ngcloidheamh tharraing luchd an uilc,
a bhogha ghleus gach ti,

Do theilgail ainnis síos, is bochd,
'sdo mharbhadh luchd deagh-bheus.
15. A ngcloidheamh theid na ncroidhe fein,
briffear gach bogh' do ghléus.
16. 'Sfearr beagan aig an duine ceart
no saibhreas moran daoi.
17. Oir briffear gairdein luchd an uilc:
suas cumaidh Día na saoi.

18. Ar laith na nsaoi is fiosrach Dia,
a noighreachd mairfidh chaoich:
19. Is ann sa naimsir ghabhuidh olc
cho tig orr' ruigheadh gruaidh:
Oir gheibheadar an sáth gu lór
a nlaithibh gann is gort.

20. Achd

20. Achd ſgrioſſar luchd an uilc gu ler,
is naimhde De ſa ngcuairt:
Mar ſhaill na nuan thig orra claoi;
mar dheattach theid dhoibh as.
21. A njaſachd gabhuidear na daoi,
'ſ cho díol iad rís ar ais:
An duine ceart 'ta trocaireach,
is toirbheartach gan ſgíos.
22. Lion bheannuigh Dia bid buan 'ſa ntí
na mhollaigh, ſgathar ſios.
23. Gach ceim don' deagh-dhuin' ſdiuiridh Dia
ghabh tlachd 'na ſhlighe riamh.
24. Da dtuiteadh ſé, cho leagſar glan;
Dia cumaidh ſuas a lamh.
25. Do bhaghus óg, 'ſa nois an aois,
is riamh ní ſhaca me
An duine ceart na dhiobrachan,
'ſa ſhliochd ag jarraidh bigh.
26. Sior-thruacant é is coinghiollach:
beannaight a ſhliochd ata.
27. Grad ſeachain olc, is dean an maith;
is comhnuidh gabh gu brath.
28. Is toigh le Dia ceart-bhreitheamhnas,
a naoimh cho treig ſe chaoich;
Sior-choimhdear iad, achd ſgathar ſios
droch-ſliochd bhios aig na daoi.
29. Mealaidh na firenidh an tir,
buan-chomhnuidh ni ſiad innt.
30. Thig beul na nſaoi ar gliocas glan
an teangc ar comhthrom cinnt.

Ta lágh a Dhia gu ceart na chroidh
ein cheim cho ſleamhnuigh uaidh.
Ta drochdhuin' feitheamh ar an tſaoi
da mharbhadh, déis gach truaigh.

Cho nfhág an Tighearn' é na laimh
do dheanamh air drochbheart:
Ni fhágar ris é ann a mbéinn
tra chuirfear é fuidh cheart.
Feith thuſ ar Dhia, is coimhed iúl,
is togfaidh thu gu fior;
Tra chi tu drochdaoin' ar a ngclaoi
ſior-mhealaidh tuſ an tir.

. An droch-dhuin chunnaic me gu tric
an neart 'ſa ninmhe mhoir
Mar chraoibh bhios fás gu doſrach úr
ga ſgaoileadh fein gu lór.
. Achd chuaidh ſe thart, is feuch ni raibh;
djarr is ni fuaireas é.
. Amhraic is feuch, oir ſith is críoch
don duine dhireach reidh.

. Sgrioſſar luchd eaſaontais le cheil,
críoch dhrochdhaoin' ſgathar ſios.
. Slaint' dhaoine ceart o Dhia ata,
an neart re cradh is ſgíos.
. Ni Dia ſár-fhurtachd orr' arſad,
o dhrochdhaoin' ſaoraidh jad,
Is fuaſgluidh, bhridh a ndochas ann
iad dionaidh ſé gach cál.

## SALM XXXVIII.

O Thighearn' ann do chorruidh mhoi
na cronuidh me gu garg,
Na dean mo smachdughadh gu geúr
an uair a lasas tshearg.
2. Ata do shoighde goineach geur
sáitht' jonnam fein gu teann,
Is orm ata do lamh gu trom
ag congmhail sios mo cheann.

3. Ni bfuil eun fhallanachd a mfhéoil
fa chuis do chorruidh geir
Am' chnamhaibh ni bfuil sith no slaint
arson mo pheacadh fein.
4. Oir chuaidh mo pheacaidh os mo chio
'S trom eire iad, ro throm.
5. Do lobh mo chreuchdainn, chinn iad bre
trid m'aimideachd gach am.

6. Gu cráiteach crotach 'taim gu leir
re brón gach lá a m'euil.
7. Mo leasraidh lán do ghalar ghrann,
gan fhallanachd am' fheoil.
8. Taim leon, combruit'; re búireadh g
thrid mishuaimhneas mo chroidh.
9. A tshiaghnais, Dhe, 'ta muile mhian:
ni folight ort mo chaoi.

10. Mo chroidh ata sior-phloscarnigh,
mo neart me dfhág a gcein.
An dtaic re fradharc gheur mo shul.
ghluais sin faraon uam féin.

11. 'T.

'Taid luchd mo ghaoil, 'ſmo chairde caomh
ag ſeaſamh fad om bhéim:
Mo chomharſnaigh bhi dileas damh
chum uam ar ais, a ncéim.

Leag góiſte dhamh luchd iarraidh manam,
is neithe aimhleaſach
Na nlathair ſúd do jarr mo lochd;
ſior-dhealbhadh feall gach neach.
Achd dhſan, mar dhuine bobhar, mis,
cho chual na labhair iad:
Mar bhalbhan dſhan me fein a mthámh
nach foſgüileadh a bheul.

A nſo mar dhuine me nach gcluinn,
gan achmhaſan na bheul.
Dhiot rinn me bun, Dhé, feitheam ort,
bheir eiſdeachd dhamh gu ré.
Oir chum nach biodh ac aoibhneas orm,
a dubhras, Freagair me:
A maghaidh méuduighid iad fein
mo chos tra ſgriosſas í.

Am' fhiaghnais 'ta mo bhrón do ghná,
'ſdlu fós ar tuiſleadh, me.
Oir doiligh chiond mo pheacadh 'taim,
mo lochd is innſeam í.
Achd meudſa 'ta na naimhde dhamh,
ro bheathoil iad is treun:
Is luchd mo mhiorunn eugcorach
'taid lionmhur mar agcedn.

Drong dhiolſas olc arſon an maith,
ſiad ſin is naimhde dhamh.

Fachúis air neithibh bhiodh maith
mo leanmhuin fein gu raibh.
21. A Thighearna, na tréig me nois,
mo Dhia, fad uam na bi.
22. Dhia, deibhrigh do mo chuidiughad
os tu mo ſhlaint' a chaoích.

## SALM XXXIX.

A Dubhras, bheir mo ſhligh ſanear,
'ſmo theangc o lochd gu mór:
Teann-choimhdim fós le ſréin mo bhe
ar bheith don daoi am chóir.
2. Dſhanas gu toſtach balbh am thamh
on ní ſin fein budh mhaith,
Mhoſguil mo thriobloid jonnam fein,
'ſmo bhrón gu mór a ſtigh.
3. Las tine dhamh tra ſmuaintigh me,
mo chroidh ghabh jonnam teas:
'Sle mtheangaidh labhair me mar ſo,
4. Dhamh ar mo chrich tóir fios.
Creud tomhas fos mo laithe, a Dhe,
do chum gu naithnidh me
Ga hanbhand me, 'ſga gearr mo ré
do ſuaireas uait, mo righ.
5. Feuch rinn tu mar leud bois mo láit
mar neimhni dhuitſe m'aois:
'S fior-dhiomhaineas gach ti gu dearbl
'ſa nſtaid is fearr a bhios.
6. A mfioghair bhréig ag ſiobhail fós
gach duin' ata gu fior:

Michiuinas orra 'ta gan ſtá
is ſaothair mhor gu ſior:
Gan fhios cia chruinnigheas fa dheoigh
na ſholtharigheas ſé.
. Creud neith ren 'fheithim fein anois?
mearbſ' ionnad 'ta, a Dhé.
. Na dean ball-maſluidh an-daoin' díom:
ſaor me o muile lochd.
. Dſhan balbh, 'ſni dſhoſguil me mo bheul,
os-tu ſud fein do nochd.
o. Le beim do laimh do chlaoidheadh me;
tog dhiom do bhuill' a Dhé.
1. Tra ſmachduigheas tu neach ma lochd
le achmhaſain gu gér
Mar ghadmuin bheir tu nuas a dhreach
'ſ fior-dhiomhaineas gach tí.
2. Dhia, eiſd re m'urnaidh is rem' ghlaodh,
rem' dheoir ad' thoſd na bi;
Oir coigreach leat, 'ſ fear cuairt ataim
mar mathaireach uile, beó.
13. Dhia caomhain me, 'ſgu ſuigheam neart,
ma ndtéid, 'ſnach bí ni ſmò.

## SALM XL.

DHeith me le foighid mhaith ar Dhia
dhaom chugam, d'eiſt mo ghuth.
2. Do thog ſe as ſlochd uamhun me,
'ſ a clabar creadha tiugh:
Ar charruig chomhnuirt chuir mo chos,
mo chemna ſhocruidh ſé,

3. Is chuir ſe óran nuadh am' bheul,
deadh chlú ar nDia gu ré:
Chi moran é, ſuidh eagal bid,
is earbann ſiad a Dia.
4. Beannuight' an duine ſin gu dearbh
ni dochas as an Triath,
Cho ghabh ſe ſpéis don' ardcheannach
no dhruing le bréig theid ſaobh.
5. Is lionmhur toibridh jongantach
do chuir tu fein a ngniomh,
Do ſmuainte fós a dtaice rinn,
a Thighearna mo Dhia:
Cho náireamh neach dhuit iad ar leath:
dan nochd ſuinn iad, mo Thriath.
Aig lionmhuireachd ni bfeudfar leam
an áireamh le mo chaint.
6. Ni tlachd leat jobairt thabhairt dhuit,
ar ofrail ni ghabh ſainnt,
Mo chluaſa chlaoich is dfhoſguil thu:
ni dhiarr thu jobairt loiſgt:
Don ofrail arſon Peacadh fos
cho cheudſathach thu gach toiſg.
7. Andſin a dubhairt miſe, ſeuch,
anois ataim ag teachd;
A nrola ghlan do leabhair, Dhe,
ſo ni 'ta ſgriobht' gu beachd:
8. Do thoil a dheanamh, O mo Dhia,
ſé ſin is tlachd dhamh fein:
Do lagh am' chroidh a ſtigh ata
gu ſocrach mar a gceda.

s tſhireantachd 'ſa choinne mhoir
do chuir me nois a ngceill :
:uch, 'ſaithnidh dhuit gu maith, a Dhe,
ni choiſg me fein mo bheul.

Ni dfholigh tſhireantachd am' chroidh,
achd tfhirinn nochd; 'ſdo ſhlaint:
o nochd me tſhirinn is do ghean,
don tionoil mhoir lem' chaint'.
Na cumſa uam do throcair chaomh
a Thighearna, gu brath:
c chaibhneas gradhach coimhdeadh me,
is tſhirinn fos do ghna.

Na huile do jath me ar gach leth
chuaidh dhiom an aireamh fos;
o pheacaidh ghlac ſiad me gu teann
nach féd me amhrac ſuas:
lionmhuir iad no folt mo chinn,
bhridh ſin, do lag mo chroidh;
Dhia, gu ma toil leat furtadhach orm:
grad cuidigh leam, a righ.
Biodh náir, is amhluadh dhoibh le cheil
dhiarr manam, los a ſgrios:
e maſladh ruaigfear iad ar ais
ler' baill mo lochd anois.
Na naonar, fás, gan áiteach fós
mar thuaraſdal dan náir',
u raibh na deir le fanoid riom
Aha, aha, ag gair'.
Achd ſubhach, ſior-bhinn ionnad fein
gu raibh na dhiarras tu;

Sior-abradh iad ler' dtaigh do ſhlaint,
Dia, gu ma mór a chlu.
17. Achd mis, gé hainnis, bochd ataim
do ſmuaintigh orm an Triath:
Mfhear-cuidigh thu, 'ſmo ſhlánaighe
maillis na dean, mo Dhia.

## SALM XLI.

BEannuight' an ti le tuigſe ghlan
bheir bochd is leónt fanear:
A nló an chruadhaig is a chás
Dia cuiridh fuaſgladh air,
2. Ni dion dó is a chombhail beo,
is beannuight é ſan tir;
Gu toil a naimhde mirunnach
cho tabhair e gu fior.
3. Ar leapth a thinnis iarganaigh
bheir Dia dho neart gu lór;
A leaptha uile ni tu dho
re ham a eaſlaint' mhór.
4. A dubhras, Dhia, dean trocair orm
O liaghais manam bochd,
Oir pheacaigh me a taghaidh fein
gú trom le hiomdha lochd.
5. Mo naimhde cháinfid me, ag radh,
Ca huair do gheibh ſé bás?
Ca huair do ſgrioſſar as a ainm.
a deirid ann 'ſgach cás
6. Dom' amhrac ma thig ſé a mghóir
caint' dhiomhaineach bheir dhaml

A chroidh' ta torradh uilc dho ſtigh,
is thig ſe air amuigh.

Sior-chogarſuigh a ngcluais a cheil'
luchd' mſhuadh ataid gu leir;
Ag ſmuaineadh is ag cumadh lochd,
a maghaidh 'taid gu geur.
Droch thinneas (deir ſiad) 'ta gu dlú
ag leanmhuin ris gach lo:
Nois ar bheith dho na luigh gu tinn
cho nerigh é ni 'ſmo.

Seadh fós, mo charaid dileas fein
re nearbſuinn gach ni b'aill,
Do chealuigh m'aran ar mo bhord
a maghaidh thog a ſháil.
o Achd thuſ' a Dhé, dean trocair orm,
is tog me ris an aird,
Gu comhdhail chuimſeach thabhairt doibh,
is comain cheart gan chaird.

1. Trid ſo is ſioſrach me gu beachd
gur hionmhuin leatſa me
Bhridh, buaigh nach tug mo namhaid orm,
ſnach dearnadh leis mo chlaoi.
2. Achd miſe chean' 'ſtu ſheaſmhas me
am' jonnracas do ghna:
'Stu ſhocruigheas me roimh do ghnúis
Dhé, ann ſgach cúis gu brath.

13. Jehobha, Dia chloinn Iſraeil
bith-bheannuight gu raibh ſe,
O aois gu haois gu ſuthain fein.
Amein, amein gach ré.

## SALM XLII.

MAr thogra na ndamh-feigh gu huifg
le búireadh ard a mbeinn,
Marſin bhi manam ploſcartaigh
O Dhia, a ngeall ort fein
2. Ghabh manam tart ar diaidh Dhia,
ſann ar an Dia 'ta beo:
Ca huair na fhiaghnais thiocfas me,
is nochdfar miſe dho?
3. Mo dheoir ſiad 'ſbiagh dhamh lo is aoich
an tan do chailgeadh mis
Le druing do chleachd a radha riom
Ca bfuil do Dhia anois?
4. Ar cuimhniughadh dhamh ſo gu leir,
dhoirt manam jonnam, mach;
Oir chuaidh me leis a chuideachd mhor
da nghath dol chum do theach.
Do chuaidh me le ro-ghairdeachas,
fonn molaidh fos am' bheil,
Chuaidh leis a chuideachd ſin do bhi
ag coimhed laithe feil.
5. O manam! creud far leagadh thu
le dioghbhail meiſnigh ſios?
Is creud fa bfuil tu am thaobh ſtigh
fa mhiochlos is fa ſgios?
Cuir dochas daingean ann a nDia
oir fos do mholam é
Arſon an fhurtachd is an tſlaint'
thig dhamh o eudan ré.

Thuit manam jonnam ſios, a Dhé,
bhridh ſin, rinn cuimhne ort,
O thálamh Jordain; Hermon ard,
o Mhiſár fos an cnoc.

Le fuaimneach tſheadan uiſg', a Dhe,
'ta doimhn' ar doimhn' ag gairm,
Do ſhumaineadh 'ſdo thonn' ar fad
dol tharam taid le toirm.

Dia maith; ſé dhorduigheas dhamh fein
a chaoimhneas caomh ſan ló:
San aoichta oran bidhidh leam;
Dia guidheam, chum me beó.

A deirim, Creud far threagſais me,
re Dia mo charraig fein?
Creud as fá bſuilim triall fá bhrón
bhrí foirneart m'eaſcar threin?

o. Mo naimhde 'taid toirt teibheim dhamh
ceart mar le cloidhimh am' chnamh:
Oir deir ſiad riom, Ca bſuil do Dhia?
ag fanoid orm gan tamh.

1. O manam! creud far leagadh tu
le dioghbhail meiſnigh ſios?
Is creud fa bſuil tu ionnam ſtigh,
fuidh aithmheul is fá ſgios?
Cuir dochas ann a nDia do ghna,
óir fos do mholam é;
Os ſé is ſlainte do mo ghnúis,
gu brath mo Dhiaſa ſé.

## SALM XLIII.

O Dhia, cum cothrom riom anois,
mo chuis is agair fein.
A nadhaidh chineil aingidh bhorb,
mhi-thruacant mar a gcédn;
On chealgoir chleasrach saorsa me,
'so nfhear ata micheart.
2. Creud as far theilgeas meise uait,
oir 'stusa Dia mo neart?

Creud as far shiobhlam déurach truagh
bhrí foirneart namhaid thréin?
3. Dhia, tfhirinn is do sholas glan
leig mach sud chugam féin,
Dom 'threorughadh chum do chnoc naoimh
is chum do phubuil ghlan.
4. Sin reacham jonnsaidh altoir Dhe,
chum Dia sa maoibhnis buan:

Ar chlairsigh bhinn do mholsam thu,
O Dhia mo Dhiaſ gach toisg.
5. O manam, creud far leagadh tu?
is creud fa bfuil gan chlos?
Cuir dochas ann a Dia do ghná,
oir fós do mholsam é,
Oir sé is slainte do mo ghnúis,
gu bráth mo Dhiasa sé.

## SALM XLIV.

Ler' gcluasaibh chualamairn, a Dhé,
ar sinnsir dhinn sid dúinn,

ın allúd mar a dhearnadh tu
  gniomh thabhachdach ra ngcuimhn'.
Led' laimh mar thilgis mach na sloigh,
  is shuighigh súd na nait,
Mar rinneas ar a phobal claoi
  ga ntilgeal fada uáit.

Oir sealbh sa ntir ni fuaradar
  le ngcloidheamh no ne nlainn;
Ní mo do rinn a ngairdein fein
  an teisrigin na ndteinn:
Achd do lamh dheas, do ghairdein fos
  na naimhdeann geur do lean;
Is solas glan do ghnúis doibh súd;
  o thugsais doibh do ghean.

Do jacob orduigh saoirse pailt,
  O Dhia, os tu mo righ.
Dar naimhdibh bheir sinn leagadh goirt
  sánn trid do neartsa ni:
Trid thainmse saltridh sinn gu lár
  drong dheirgheas ruinn dar sgrios;
Oir as mo bhogh cho dean me bun,
  cho saor mo chloidhimh mis.

Achd shaor tu fein or naimhdibh sinn,
  is náirigh luchd ar fuach.
Uaill feadh an lo ni sinn a nDia,
  sior-mholadh ainm gu lua.
Achd thilg tu dhiot, is náirigh sinn:
  ni chuaidh tu mach ler sluagh.
o. On namh achd thug tu teicheadh oirn:
  rinn creich dhinn luchd ar fuadh.

11. Mar chaoiribh, thug thu ſinn 'nar biag
'n meaſg fineach ſgaoileadh ſinn.
12. An aiſgidh reic do phobul fein,
'ſle mfiach nior mheudaigh maoin.
13. Gniomh náir', dar comharſnaibh ar f
gu truagh do rinneas dínn;
Is do gach neach ata far cuairt
ball-ſporſ is magidh ſinn.
14. Ameaſg na ngeintileach le cheil
gna-ſhocal rinnais dinn:
'Sa meaſg a phobuil ann ſgach áit
nar nadhbhar crathadh cinn.
15. Ta m'ambluadh is mo mhaſladh geur
a mfhiaghnais ſein do ghna:
Is náire mhor, mo ghruaidh, ata-
na dhubhar orm gach la.
16. Arſon guth fhir na ſpreigeadh cruaidh
a chaineas mé gu trom:
Bhridh fhir na dioghaltuis, is ſos
an namhaid do bhi riom.
17. So uile ge do thainig orm,
ni dhearmaid ſinne thu;
Ni rinn ſinn breug, no briſeadh claon
Dhia, ar do chumhnant dhlu.
18. Ni aom ar gcroidhea uait ar ais:
ni chlaon ar gcém od ród.
19. Is ge do phronn tu ſinn gu mion
an jonad dhragun fúd;
Ge dfholaigh thu ſinn fós gu tric
le ſgáil is dubhar bháis.

. Ma leig sinn ainm ar nDia a cuimhn'
nar carroid is nar cás,
Ma shín sinn mach ar lamh do chum
Dia coimheach breig ar bith,
. Nach rannsuigh Dia so mach, ga bfuil
lan-fhios air runn gach croidh.
. Oir ar do shon do mharbhthar sinn
ar feadh an la gu leir:
Mar chaoiribh fos do mheasfar sinn
do chasgaireadh gu geur.
. O mosguil, creud fan codlann tú?
Dhia, airigh as do shuain:
Na tilgse sinne dhiot gu bráth,
na triall ro fhada uainn.
. Creud as fá nthOluigh tu do ghnúis?
creud fos fa ndearmaid thu
Ar namhghar is ar negin mhór
do jathadh oirn gu dlu?
5. Oir chrom ar nanam sios don úir
re talamh theann ar biú.
6. Dar congnamh eirigh, saorthar sinn
ar sgá do ghrás, le clú.

SALM XLV.

Eagh adhbhar órain naoimh gu fior
ag deachdadh 'ta mo chroidh:
Is labhram ar na neithibh sin
do dhearnas fein ma nrigh:
Mar phean a nlaimh an sgriobhneoir ghléusd
mo theangc ata ma d'sgeul.

2. Is maiſigh thu no clann na ndaoin,
do dhortadh grás ad' bheul.
Ar ſin, thug Dia buan-bheannachd dhu
3. O thuſ' a ghaiſgigh mhoir,
Cuir riot do chloidheamh at do leas
le greaghnachas is gloir.
4. Bhridh firinn, ſuairceas, agus ceart
marcuigh gu buaghach ard
Is neithe uamhur teagaiſgidh
do dheaſlamh dhuit gan chaird.
5. Do ſhoighhe 'taid ro ghéur, is ſaithte
a ngeroidh gach namh don righ:
Trid ſin an pobal tuitid fúd,
is nithear leat a ngclaoi.
6. Gu ſuthain marthanaeh ata
do chathair ard, a Dhé;
Slat ſhuaitheantais do righeachd mhoir
is ſlat lan comhthrom í.
7. Os ionmhuin leatſa ceartas glan,
'ſdon olc o thug thu fuadh;
Oſciond do ſheiſeadh chuir do Dhia
ort oladh ait gu lua.
8. Don' alos, mhir, is caſſiha
o teudach bolamh théid:
Do chuir ſiad aoibhneas ort leo ſud
od luchairt ghil mar dhead.
9. Ameaſg do bhantrachd onorach
bheith ingheana nan riogh:
A bhainriogh ſeaſamh ar do dheis
an or na Hophir, ni...

10.

10. A jnghean, eisd, is toir sanear
do chluasa aom anuas,
Tigh tathar is do mhuinntir fein
na cuimhnigh as so suas.

11. Gabhaidh marsin an righ lán-toil
dot' áille thlachdmhuir ghlan:
Oir sé do Thighearn' is do thriath,
géill dó le hurram buan.

12. Bi inghean Thiruis fós andsin
le tiodhlacadh na sith-
Bíd daoine saibhir measg an tsluaigh
ag asladh fáilt' on righ.

13. Inghean an righ ata ar feadh
a stigh ro lán do ghloir:
Ta culuidh eudigh impe fein
ar oibriughadh le hór.

14. A ngiobuil ghreist le snathaid fos
bheir siad i chum an righ:
Le hoighibh ina coimheideachd,
'sa banchara na diaidh.

15. Do thig siad 'steach a ngcuirt an righ;
le haoibhneas bheirthear iad.

16. Arson do shinnsear bid do chlann,
na mprionnsa ann 'sgach áit.

17. Tainm ghlormhar do gach linn a thig,
ar chuimhne cuiridh me:
Ar sin, do bheir a mpobal duit
mor-mholadh nois, 'sa chaoich.

## SALM XLVI.

SE Dia ar tearmunn, is ar treis:
ar congnamh é ro dhlú;
Re carroid is re cruaidh-chás fos
ar cabhar deas bhi tú.

2. Ar ſin, dan' áthruight' talamh trom,
ni hadhbhar eagail linn:
Dan' tilgte fós na ſleibhte mór
a mbuilſgen fairrg' is tuinn.

3. Da rachadh uiſgeach thar a chéil
le beácadh bhuirb gan cháird
Le'n ataireachd; da mbiodh ar criotk
na beanntaidh mórdha ard.

4. Ta abhann ann, ni baile Dhé
ro ait le ſrothaibh glan:
Fior-áite naomh an ti is aírd,
a mbfuil a phaluinn buan.

5. Ta Dia na meadhon innt' a ſtigh:
marſin ni ngluaiſſear i;
Ni Dia a cuidiughadh gu mor,
is ſin gu much do ni.

6. Do ghabh na cinnigh buile bhorb,
ghluais rioghachda gu cas:
Ar cur do Dhia a ghuth amach
do leagh an talamh as.

7. Ta Dia na nſluagh far linn do ghná,
Dia Jacob tearmunn dninn:
8. Thigibh, is feuchaibh oibridh Dé,
gach ſgrios ar talmhuin rinn.

9. Gl

9. Glan chlos rinn ſe a ngcrich gach tír,
chaſg ſe a ncogadh garg:
Se bhriſſeas bogh', is ghearras ſleagh;
loiſg coitſcadh, tein' a ſhearg,

10. Bibh ſamhach, 'ſ tuigibh gur me Dia;
do arduighear fos me
Feadh chinneacha; is gheibh me gloir
feadh chruinne mhoir, a chaoich.

11. Ta Dia na nſluagh far linn gan cheiſt
'gar cuidiughadh le ghrás:
Dia Jacob, ſé is tearmunn duinn
dar' coimhed ann 'ſgach cás.

## SALM XLVII.

A Phobal uilè ann 'ſgach ait
bhur baſa buailibh nois;
Fonn aoibhneach togaibh ſuas dó Dhia;
ard-jolach maille ris.

2. Oir Dia ró ard, is uamhunn é;
righ mor oſciond gach tir.
3. A mpobul cuiridh ſé fa'r ſmachd,
fa'r gcois na ſloigh gu fior:

4. Ar noighreachd taghaidh ar ar ſon,
gloir Jacob 'ſ inmhuin leis.
5. Chuaidh Dia le gáirthe búadha 'n aird,
'ſle fuaim na ſduice nois.
6. Sinnibh do Dhia, ſinn moladh, ſinn
dar righ ſinn moladh binn.
7. Oir Dia 'ſe 'ſrigh oſciond gach tír,
le tuigſe, moladh ſinn.

8. Ar cathair a naomhthachd suighionn se;
na righ mór thar gach dream.
9. Prionnsaidh a phobuil chruinnigh siad,
pobul Dé Abraham:
Gan cheist, sle Dia amháin gach sgia,
is dídean deas gach tir;
Se fein is aird, 'sis urramuigh,
is moladh gheibh gu fior.

## SALM XLVIII.

IS mor Jehobha, Dia na mfeart,
ionmholta fos gu mor
A lár sleibh ghloin a naomhachd fein,
's na chathair ard, le glor.
2. Beinn Shioin, 'sgiamhach 'ta na suigh,
aoibhneas an domhain mhoir,
Fa-comhair fos, da taobh ma thuadh
'ta baile righ na gloir.
3. Na palasaibh mar thearmunn, Dia
fior-aithnighthar gach cál.
4. Oir feuch, tra chruinnigh iomdha righ
do chuaidh iad seach le chéil,
5. Tan chunnaic sud, ghabh iongnadh iad
le cabhaig dheibhrigh as.
6. Ghlac eagal iad annsin, is pian
mar mhnaoi re saothair cas.
7. Trén-chabhlach Tharsuis brissidh tu
le gaoi an ear fa dheoidh.
8. Mar chual, is amhluidh chunnairc sinn
a ngcathair Dhé ná nsloigh,

A mbail' ar nDia; Dia ni gu bráth,
a dhaingeachadh le neart.
. Ad' theampul ar do chaoimhneas caoimh
Dhia, smuaintigh sinn gu ceart.

o. Mar thainm is amhluidh sin do chlu
gu crích na cruinne, Dhé,
Do dheaslamh neartmhur, lán ata
do fhireantachd gach gné.

1. Beinn Shion gu ma haoibhin í,
is inghinn Iuda ait;
Arson a bhreitheamhnais ro cheart
a Dhé, do thainig uait.

12. Nois siobhlaibh Sioin ar gach taobh,
is cuartuighibh gu cinnt';
Grad-áirimhibh a baideala,
agus gach turait innt.

13. Tugaibh a balla treun sanear,
'sa caislein ard lé beachd;
Chum sin gu gcuirfeadh sibh a ngceill
don' ál ata re teachd.

14. Oir sé an Dia so fein ar Dia
gu siorraidh feadh gach linn:
Sé threoruigheas gu ham ar báis
mar iulach eolach sinn.

## SALM XLIX.

Eisdibh ris so, a shluagh gu leir,
lion dháitígheas an saoghal.

2. Is cluinnibh eidir mhór is bheag,
bochd, beairteach fos, gan bhaoghal.

3. Ar tuigſe ſmuaintighidh mo chroidh,
ar gliocas thig mo bheul.
4. Aomam gu ſamhlughadh mo chluas,
ar cláirſigh foſglam ſgeul.

5. 'Sna laithibh bhias gábhuidh teann
creud as fa neagal leam,
Tra dhiathſas jomam lochd mo ſhál,
'ſna beuſa nach tig riom!
6. Na daoine ſin ni dochas mór
na mbeartais fein gach neach,
A nlionmhuireachd a nſaibhreas fós
bhios uallach ardanach.

7. Ni bféid ein neach ar ghné ar bith
a bhrathair fhuaſgladh aſ,
Thoirt eraic ar a ſhon do Dhia:
gu brath ni fhédir leis.
8. (Oir 'ſpriſeoil ſaoradh 'nanam ſud
is ſguirionn chaoich gan cheiſt)
9. Gu mairfeadh ſé gu ſiorraidh beo,
'ſnach faiceadh truailleachd feaſt.

10. Oir chi ſe chean' na daoine glic,
na hanndaoin' mar a gcedn'
'Sna húmuidh fagmhail toic do chách:
is faghail bháis iad fein.
11. Se ſo is ſmuainteadh dhoibh a ſtigh
gu mair' an tigh le glonn,
'Sa naite comhnuidh feadh gach linn:
[illegible]n ainm toirt ar a mfonn.

[illegible]dh an duin' an onoir mhoir,
[illegible]irſidh ſé gu buan:

Ach

Achd theid sé thart gan chuimhne air
'ſmar ainmhidh ſiobhlaidh uainn.
3. An ſlighe ſud ge gorrach í,
taitnidh a ncgaint' re nſliochd.
4. Mar chaoiribh cuirfear iad 'ſa nuaigh,
iad ſluigidh 'mbas gan jochd:

Na firéin glacfuid os á ngceann
ard-uachdranachd gu moch,
Is ſeargaidh ſós an dreach 'ſa nuaigh
on áite comhnuidh mach.
5. Achd ſaoraidh Dia dhamh manam bochd
o chumhachd baís is uaigh,
Oir gabhaidh ſe me chuige ſein
gam' theiſrigin le buaigh.

6. A nuair do nithear ſaibhir neach
na glacadh faitchios thu,
Sa ntan á chinneas gloir a theach
na cuireadh ortſa tnú.
7. An tanam oir tra fhágſas é
ni bheir ſe maoin de leis;
'Sa nuair do theid ſe ſios don' uaigh
a ghloir ni leanann ris.

8. A anam ge do bheannuigh ſé
ar maithrionn fos tra bhi;
Smór moladh dhaoine ort gach áit
an maith dhuit fein tra ni.
9. Gu hál a ſhinnſear theid ſe ſiós,
chaoich ſolas ni mſaic ſiad:
10. An duin' an onoir, is gan tu[illegible]
'mar ainmhidh é, theid eu[illegible]

## SALM L.

DO labhair Dia Jehobha mor,
ar talmhain ghairm sé féin,
On aird' an ear gu haird an jér
o hérigh gu luigh' gréin.
2. As Sioin ard is foirfe mais
do dhealruigh Dia na mfeart.
3. Thig fós ar nDia, 'scho bhi na thosd
achd labhraidh mach le neart:

Theid teine roimhe milteach garg
ag lasadh suas gu mor;
Gach ni ma thimchiolsan ata,
bid doinionnach gu lór.
4. Ar talamh is ar neamha shuas
grad ghairidh sé gu hard
Do thabhairt ar a phobul féin
ceart-bhreathamhnas gan chaird.

5. Dom' ionnsaidh cruinnighibh mo naoimh
is tionoilidh gach ti
Rinn cumhnant leam le hiobairt ghlan
reir mar do orduigh me.
6 A cheartsan nochdsaidh neamh na néull
oir Dia 'se 'sbritheamh chaoich.
7. Mo phobul dileas Israeil,
eisdibh, is labhraidh me:

A taghaidh togbham fiaghnais fhior
'sme Dia do Dhias' gu brath.
8. Ma tofrail loisgth' ni hagram thu,
ni mó ina tiobairt ghnaight,

rſon nach tug tu iad gu léir
am fhiaghnais fein gach ló.
Tarbh óg cho ghabhuinn as do thigh,
boc-gaibhre no a d'chró.

Oir 'ſleam gach ainmhidh béo a ngcoill;
is ſpréidh ar míle ſliabh.
Gach eunlaith beinne 'ſaithnidh dhamh:
gach fiagh-bheathach ſleamſa riamh.
Geur ocras da mbiodh orm, no gort
ni chuirinn duit a ngceill,
Oir 'ſleam an cruinne domhanda
is na bſuil ann le cheil.

An ólſuinn fuil na ngabhar uait?
feoil tarbh an ithinn í?
Ioc iobairt buidheachais do Dhia
'ſdo mhoideann don ard-righ.
A nló na hanſhocair, 'ſna truaigh,
gair orm annſin gu ceart:
Ort fuaſglam: glóir is bheir tú dhamh
do chuidigh thu le m' neart.

Achd ris an droehdhuin' do radh Dia,
Creud bhuineas duit gu dán
Mo ſtatiṫin nochdadh; no ad' bheul
gabhail ma m'chumhnant buan?
Don' teagaſg ghlan o thug tu fuadh
'ſmo bhriathra chuir far gcul.
Tra chunnaic tu an gaddigh dian
'ſ tu dhaontaigh leis na iul.

Le luchd an adhaltranais arís
bſhear comhpairt thu fa ſeach

29. Led,

19. Led' theangaidh dheilbh na cuir' gu tiu
'ſdo bheul gu holc thug ſeach.
20. Do ſhuigh tu thabhairt guth do d'bhrath:
is beím do mhac do mhathar:
21. Dſhan mis am' thoſd tra rinneadh le
na neitheſe gan náir':
Is ſhaoil tu, mis bhi mar thu fein,
achd cronaighidh me thu,
Do pheacaidh fos, ar leath gach aon
ad' tamhrac cuirfeam dlu.
22. O ſibhſ' a dhaoin' nach cuimhnigh
nois tuigibh ſo na am
M an' deanam liodairt oirbh gu cas
gan neach dar' ſaoradh uam.
23. An tí bheir jobairt molaidh uaidh
is é bheir dhamhſa gloír;
Is nochdſam ſláinte Dé don fhear
ſheólas a ſhligh' ar chóir.

## SALM LI.

DEAN trocair orm, a Dhia na ngı
réir mead do ghean 'ſdo ghraidh
Reir lionmhuireachd do throcair chaoi
cuir as dom' chron gan dáil.
2. Om' chionta jonnail thairis me,
om' pheacadh glan me trá.
3. Oir aidſim m'eaſaontas do Dhia:
ta m'lochd am' ſhealladh ghná.
4. A taghaidh féin amhain, a Dhe,
an lochdſa do rinn me:

Do cum gu bfuighear ſaor-glan thu
tra labhrais, is breith ni.
Feuch, dhealbhadh agus chumadh me
am' thoſach, ann a nlochd:
Do ghabh mo mhathar meiſi fos
a ncron ar ſinſirreachd.

Feuch 'ſmian leat firinn an taobh ſtigh:
dhamh tuigſe bheir thu ſeach
Ar ghliocas glan do manam dall,
na cúilte thall, a ncleith.
Le héſob glan me nois ar feadh,
is biam glan gu beachd:
Nean m'ionnladh, is andſin do bhim
ni 'ſgile dhuit no ſneachd.

Dhia, cluinſim adhbhar ſubhachais
is glór na haoibhnais uait:
Ar ſin nid gairdeachas gu mor
na cnamhann bhriſſeadh leat.
Om' pheacaidh, foluigh, Dhe, do ghnúis,
ſgrios as muil' eugcoir ghoirt.
Croidh' glan, Dhia cruthaigh ionnam fein,
ath-nuaigh dhamh ſpiorad ceart.

Na teilg o tfhiaghnais me: 'ſna tog
do ſpiorad uam, am' chás.
Dhamh aiſig ſubhachas do 'ſhlaint'
'ſled' ſpiorad ſhaor, cum ſuas.
Sin ſeolaidh me luchd uilc ad' ſhligh,
is tillfear peacaigh riot.
Saor me o chiont' na fola, Dhe,
mo Dhia thug ſlainte uait:

Andſin

Andſin is ceólmhar bhios mo theangc
ma d'cheartais teachd gu dlu.
Tra dfhoſglas tu mo bheilidh, Dhe,
nochdfuidh mo bheul do chlú.
16. Loiſg-ofrail, 'i jobairt cho mhian le
nó bheirinn duit gu ſua.
17. Siad jobarta do thig re Dia
an ſpiorad briſte, uam:

Croidh' briſte bruit', a Dhia na ndúl
cho-chuir tú uait le gráin.
18. Dean máith anois od' ghean-maith m
do Shioin teaglais fein:
Tog balla ſuas Jaruſaloim.
19. Sin jobairt cheairt thig riot,
Loiſg-ofrail, lán-loiſg-ofrail iad,
'ſ ar thaltuir, tairbh, bheir dhuit

## SALM LII.

O Ghaiſgigh, creud fá ndeun tu ua
a holc 'ſa hain hleis mhoir?
'S ró mharthanach da dhaoine féin
ſár-mhaitheas Dé na gloir.
2. Mar altuinn gheir bhios meallédach r
cumaidh do theangc droch-bheart
3. Is annſa leat an tolc no maith:
a bhreug no firinn cheart.
4. A Theangaidh ſligheach, 'ſinmhui
gach focal millteach mór.
5. Amhluidh bheir Dia, dian-ſgrios or
is ſcuaibidh uait do ghlor:

Ni tathrughadh 'ſdo ſpíonadh mach
a d'theach, 'ſa tir-na mbeo.
Chi daoine ceart, le heagail, ſud
is ni iad gáire ſó.

So fear, ar iad, dhinlt Dia mar neart:
'ſda ſhaibhreas ſein rinn bun,
Ghabh meiſneach chuig' á mead a uilc
is á dhroch-mhein, gu tur.
Achd mis mar ur-chrann-olaidh buan
a ntigh mo Dhia ata:
Mo mhuinighin a trocair Dhé
do manam ſein gu bráth.

Do bhridh gu dearnas ſo, a Dhé
do mholſam thu a mſeaſt:
Os ro mhaith tainm á lathair na naomh,
ort feithidh me gan cheiſt.

## SALM LIII.

DOcradh an tamadan na chroidh
Dia ni bſuil ann ar bith:
Taid truaillidh, fuathmhur ſos an olc;
ni bſuil ann, neach ni maith.
O fhlaitheamhnas a damhraic Dia
ar chlann na ndaoin' anuas,
A ſheuchain a nraibh tuigſ' aig neach,
no dhjarradh Dia na ngrás.

Chuaidh ſiad gach aon diobh ar an ais,
ro ſhalach chinn taraon;
Ni bſuil ein neach ag deanamh maith,
ni bſuil ge beag a haon.

4. Nach bfuil ein tuigſ' aig luchd an uilc
itheas ar fad 'ſ ar léud
Mo phobal mar an aran ſuas,
ar Dhia ni ghairionn ſiad.

5. Annſud do ghabh crith-eagal iad
en adhbhar mhar nách raibh,
Oir ſgaoil Dia cnamhann cráaidh an ſh
dhiath umad ar gach taobh;
O chuir ar Dia an neimh-ſhuim iad
iad mhaſluigh thu gu beachd.
6. O b'ait, gu biodh a Sioin ghlan
ſlaint' Iſraël ar teachd!

An tan bheir Dia ar aís o bhruid
a phobal, bheíth fuidh ſhlait,
Ni Jacob gairdeachas gu mór,
is bithidh Iſrael ait.

## SALM LIV.

SAor me O Dhia, trid thainm naoimh
is breathnuigh me trid neart.
2. Re murnaidh eiſd, Dhe, toir fanear
focail mo bheil gu ceart.
3. Oir coigridh dheirigh riom gu dán,
dhiarr bithbhionaigh mo lochd,
Dia nach do chuir fa chomhair a nſúl
tra d'ionnſaidh manam bochd.

4. Ta Dia fa ris na chum me ſuas,
ſé Dia mſhear-cuidigh ann.
5. Dom' naimhdibh comain bheir na nol
ſgrios iad a tſhirinn ghlan.

6, Dh

huit jobraidh me gu ſaor, a Dhé,
rainm molfaidh me, o's maith.
mhian o chunnaic ar mo namh:
ſhaor Dia me o gach truaigh.

## SALM LV.

Mathchoinnigh na ceil thu fein.,
re m'urnaidh éiſd, a Dhe;
n' ghearan, brónach, bruidhneach 'táim,
toir air', is eiſd, gu ré.
bridh guth an namhaid, creicheadh fos
o dhaoine guineach garg:
ir eugcoir thilg iad ormſa ſuas,
is fuadh thug dhamh a mſeirg.

Io chroidh' ata ar craghadh a ſtigh,
thuit ormſa guin a bhâis
hârr criothnughadh is faitchios orm,
chuaidh uamhun tharam ſuas.
Dh! da mbiodh agamſa dä ſgé
mar choluim, dubhairt me;
nnſin do theichfuinn léo agcéin
gu äite cloſda ré.

euch, 'ſtad ar niomrail reachuinn uadh
dſhuir'ghinn ſa nfhäſach fein.
Do dheibhrighinn los teurnadh as
on doinionn gharbh, 'ſo ntſîon.
) ſgrios is ſgar an teangaidh, Dhe:
oir chonnacas le fios
An coinntinn cruaidh 'na ngcathair bosb
is éigeantas ſa ris.

10. A balladha feadh oidhch is ló
'taid cuartughadh gach aon:
'Ta dobhlas dian, is donas dán
ar lár a ſráid faraon.
11. Ta aingidheachd na meadhon i ſtigh
an fhalſ o ſráid cho ghluais.
12. Oir cho budh namh do mhaſluigh
nó dfheadfuinn iomchar leis;

Ni mó bé 'nti do fhuadhuigh me
do at a maghaidh fein,
Nó gheibhinn iomdha conoir mhaith
ar mfholach uaidh agcein.
13. Achd 'ſtuſa, dhuine, do bhi ann,
mo chumpanach dom' reir,
Fear-ſeóluidh is fear-eoluis damh
a fuair mo rúnn gu leir.

14. Do chuirmaoid comhairl' blaſt re c
dol chum tigh Dé gach ló.
15. Nois glacadh iad a mbás gu teann,
tuiteadh an ifrionn beo:
Oir aingidheachd na náite tamh,
agus na meaſg ata.
16. Achd miſe, gairfim ar mo Dhia
is ſaoraidh me gu lua.

17. Gu moch, ma fheaſgar, meadhon
ſann ghuidhim ort gu dlu
Mo ſcread, is leigfidh me gu cruaidh,
rem' ghuth is eiſdidh tu.
18. A nſiothchaimh ſhaor é manam bo
on chogadh dherigh riom:

Ta 'ſmor bhi ſeaſamh ar mo chrann,
is moran bheith far leam.

So cluinnidh Dia 'ta marthanach,
gu cabhaig cuiridh iad.
Bhridh nach bfuil caochla orra teachd,
roimh Dhia cha chás leo béud.
A lamhann ſhín é uaidh gu dán
anadhaidh luchd a ſhíth.,
An cumhnant dileas dhearnadh leis
ghrad bhris é ris gach ti.

Budh ſhleamhóin briathra bhéil no iom.
cath cruaidh achd ſtigh na chroidh.
Budh bhuig' a chaint' no ola úr,
achd cloidheamh rúiſgt' do bhi.
Cuir tualach trom ar Dhia na ngrás,
do chonbhail ſuas do ni:
Cho nfhulaing ſé don' fhirein ghloin
gu gluaiſtear é a chaoich.

Bheir Dia iad nuas gu huamh a nſgrios:
achd leath an aimſior nois
Cho bheo ſlógh fuileach, fealdach, fiat;
ad' ghrás achd earbfaidh mis.

## SALM LVI.

BI jochdmhur, riom, a Dhia na mfeart,
mo ſhluigeadh b'aill le daoin':
Ag conbhail comhrac riom gach lá:
gam ſhárughadh faraon.
Mo náimhde b'aill mo ſhluigeadh ſíos
gach la gan ſgíos, gan dáil:

O Dhia is áird, na dheirgheas riom
re náireamh nois cho ſuail.
3. Gach uair do bhias faitchios ſúm
bun ni me dhiot gu brath.
4. A nDia a fhocal molſuidh me,
a nDiaſo m'earbſa 'ta,
Cho bhaoghal leam na dſhedſeas daoin
5. Gach lá atáid gu goirt
Ag lúb 'ſa tarraing ſiar mo chaint',
'ſa nſmuainte orm ar olc.
6. Sior-chruinnighdear gach neach re chei
ga mfolach fein a ngcúil,
Is feathaidh iad ar manam bochd,
ag beachdughadh ar meuil.
7. An teurainn iad thaoibh méad an uilc?
Dhe, leag na ſluaigh led' thóir.
8. 'Stu dháireamhas muil' annro thruagh,
ad' ſhoigheach taiſg mo dheóir:
Nach bfuilid ann do leabhar naomh?
9. Tra ghlaodhas me gach am
Tillidh mo naimhdean ar an gcûl:
gan cheiſt, oir Dia 'ta leam.
10. A nDia a fhocal molaidh me,
ſúd molaidh me gu caóin.
11. A nDia mo dhóchas chuir gu teann,
cha chás leam intleachd dhaoin'.
12. Do mhóideann orm a Dhé, ataid,
is bheir me moladh dhuit.
13 Oir manam dfhuaſgail thu on bhás:
nach ſaorthar araon leat

A

Ao chosa los nach sgrios iad uam ?
agcoinne jomachd leo
A mfiaghnais Dhia mo threis gach am
a nsolas dhaoine béo.

## SALM LVII.

I truacant, jochdmhur riom, a Dhe,
oir earbfaidh manam riot:
Ao thearmunn nim a nsgail do sgé
gach drip mo gu dteid thart.
Mo scread re Dia ni dhamh gach neith,
re Dia is aird' ar bith.
Ma râith' an fhir me fhluigeadh fios
o neamh gheibh fuasgladh me;

A iochd 'sa fhirinn nochdaidh Dia.
Measg leoghainn manma 'ta,
Measg daoin' ar dol re thein; am' luigh',
siad clann na ndaoine, ghna
Da bfuil a mfiacla gusmhar garg
mar fleigh is soighde fein,
An teangaidh sgeigeoil, scaiteach fós
mar chloidheamh guineach geur.

Dhia, bi gu hard osciond na neamh:
osciond gach tir do ghloir.
Líon-glacaidh dheasúigh iad dom chém,
is manam chrom re lár:
Am' fhiaghnais chlaoich iad flochd, is fás
'sna cheart-lár thuit iad fein.
Mo chroidh 'ta focrach, deas, a Dhé,
sinnim do chlu a gcein:

Mosguil, mo ghloir, 'smo tshaltuir bhin
bi 'taireach fos, mo chruit:
Gu moch is dúisgidh mi me fein.
9. Measg finich sinnim dhuit:
Dhia, molsam thu ameasg an tsluaigh.
10. Os mór chum neamh do ghrás;
Gu ruig na neoil is aird 'na nspéur,
Dhe, rigionn tshirinn suas.

11. Bi thus ar hardachadh a Dhé
osciond na neamh 'sna nspéur:
12. Do mhordhalachd gu raibh osciond
an talamh teann gu leir.

## SALM LVIII.

AR firentachd a bfuilti teachd
a choimthionail gan cheart?
Gu direach bfuil sibh tabhairt breath
a shíol na ndaoine fiat?
2. Nar gcroidhe dealbhaidh sibh an tolc;
is eigeantas bhur lamh
Da thomhas ann a nmeidh atá
feadh dhuibh bhi bhos nar tamh.

3. Is allaidh 'ndaoi, on bhronn amach,
théid iad ar seachran euil,
Comh-lua 'sa bhid siad ar a mbreith,
teannaidh ré breug as úr.
4. A nimh' chuaidh re nimh' nathair bhri
mar asp, 'sa hearr' na cluas;
5. Nach eisd re orrtha dhraoidheadh seol
da bhinnaid chuirthea suas.

6. Mic

Mion bhris a mfiacla, Dhé, na mbéul,
garbh-dheud na nleoghann óg
Is leaghadh iad mar uisg' nan sruth
ag gabhail síos ma nród:
Tra ghabhas é ma chur na nsoighd'
biodh iad mar chonna meanmh.
Mar thelchagc leaghas as gu lua
glan-teirigeadh an ainm:

Mar thoradh anabuidh na mban,
'snach faic iad grian gu brath.
Sul faithrighid bhur gcoireachan
teine don droighean fhás.
Sgriosaidh é mar le hiom-ghaoi iad,
beó, is na chorruidh geur.
. Is ait an duine cóir tra chi
an dioghaltais gu leir:

A chosann nighfidh é gu tric
a mfuil dhrochdhaoin' anois.
r. Amhluidh gu nabair fear ris fein
gu deimhin chean' chi mis
2. Deagh-thoradh aig an jonnracas,
sár-luaidheachd aig an tSaoi:
Gu fior, so Dia bheir breitheamhnas
ar tír, is ar gach ti.

## SALM LIX.

ME teisrig o na dheirgheas riom;
Saor me om' naimhdibh, Dhe;
. Is dion me o luchd deanamh 'nuilc,
'so dhaoinibh fuileach geur.

3. Feuch 'taid ag brath ar manam bochd
chruinnigh na laoich dom chlaoi:
Ni bfheadh chiond m'easaontais, a Dh
no peacadh do rinn me.

4. Ag teann-rith 'taid, ga ndeasughadh
gan chron no adhbhar nam:
Coinnigh, is cuidigh me, a Dhe;
feuch, musguil, is bi leam.
5. Dhia Israel, 'sa Dhia na nsluagh,
mosguil, is faic gach dream:
Re daoinibh daoirmh 'ta dán san olc
na déun ein jochd re mfeidhm.

6. Ma fheasgar tillidh iad le friogh,
re tafann 'taid mar choin,
Ag jomachd is ag cuartughadh
an bhaile ghriánach ghlan.
7. Feuch 'taid ag brúcadh mach le mbeil
le cloidhimh géur na mbus,
Oir, Cia (ár jadsin) chluindeas sinn
no hagras rinn na chois?

8. Achd Dia ni gáir' is fanoid fó,
is ar gach fine borb.
9. Bhridh meud a neart, Dhe featham o
os tu 'ssear coimhed orm.
10. Is gabhaidh romham Dia mo ghras,
ar m'eascar chi mo rúnn —
11. Deagal gu dithchuimhnigh mo dhaoi
na marbh iad gach aon:
Sgaoil iad led' neart, a Dhia ar sgia;
leag iad lion cuid is cuid.

12. Bhridh

Bhridh cionta agus caint' a mbéil
glacfar 'na nardan iad:
Arſon a ngcáineadh is a mbréug,
Claoi iad ad' laſan garg.
Jondas nach bi iad ann ni 'ſmo,
ſgrios iad, a Dhe, a tſheirg,

Biodh aca fios gur riaghluidh Dia
tigh Jacob mar budh dual,
Gu nuig leath-imill uil' a ntſaoghail
na dhîdean doibh gach ál.
Trá feaſgair tilleadh ſúd arís
ag amhaſdraigh mar choin,
Re-ſiobhall is re cuartughadh
an bhaile dhaingionn ghlan.

Gu beácach, bruidhneach, ſios is ſuas,
'ſa nſtráic ag jarraidh bigh,
Gu gruamach, gearanach gu raibh
mun' fuigh iad ſath a ngcroidh.
Achd ſinnidh me ma d'ghras gu moch,
is togbham ceól ma d'neart.
Ba tu mo dhíon is mo chultachd
a nló mo theinn gu ceart.

Dhuit cänſam fein, O Dhia mo threis,
mo thearmunn deas 'ſe Dia,
Se Dia-mo-throcair é gan cheiſt,
a mfeaſt is é mo thriath.

## SALM LX.

O theilg tu ſinne dhíot, a Dhé,
is ſgaoil tu ſinn agcéin:

Budh diomdhach dhinn thu; achd arís
nar coinne till thu fein.

2. An talamh chuireadh leat ar chrioth;
is bhris ë as a cheil:
Slánaigh na bearrnadh rinneadh ann,
oir chrathadh é gu leir.

3. Beart deacrach, doiligh, thaisbein thu
do d'phobal caomh le'r fios;
Ath-uamhuireachd, ceart mar a mfion
do ól sinn uait anois.

4. Do thugfais bratach, rionnach, ré
don droing dar' heagal tu.
Do chum ar sgá a nfhirinn ghlain
gu sgaoilthear é le clu.

5. O dhaoirse chum gu fuasglar leat
do phobul jnmhuin fein;
Saor sinn led' dheaslaimh chumhachdaic
is eisd riom mar agcédn.

6. Na naomhthachd labhair Dia na nslua
ni meisi gairdeachas:
Tír Shechem roinnim, tomhas fós
gleann Shuccoth gheibh gu cas.

7. 'Sleam Gilead, is Manasse 'sleam,
se Ephráim gu beachd
Is neart dom' cheann; o Iudah fós
ata mo lagh ag teachd.

8. Möab na shoigheach jonnlaidh dhan
thar balla Edom 'steach
Bróg tilgidh me, Philistia
sa m'chuis, tóir buaigh amach.

Cia bheir me ſuas don' bhaile threin ?
gu Hedom ſheolas me?
Nach tu O Dhia, do thilg ſinn uait ?
'ſter ſluagh nach deachuidh, Dhé.
11. Foir óirn o thriobloid is o thruaigh',
os díomhaoin congnamh dhaoin'.
12. Thrid Dhia ni ſinn gu cruatalach
ſpadſas ar naimhdeann dúinn.

## SALM LXI.

DHia éiſd re m'urnaidh is rem' ghlaodh.
2. On chinn-tír eigheam riot
Ar bheith dom chroidh ar múchadh ſtigh
le caoi 'ſſe gearan ghoirt:
Don' tſliabh is aird no mis gu ré
Dhia treoruigh me gan támh.
3. Bheith tu ad' dhión, 'ſa tſhaſgadh dhamh,
'ſa d'chaiſlein trén on namh.
4. Ad' phaluinn ni me comhnuidh buan:
earbſaidh ſuidh' dhion do ſgé.
5. Oighreachd do dhaoine fein thug dhamh,
'ſmo mhóideann chual thu, Dhé.
6. Is bheir tu ſeineadh ſaoghail don' righ,
a bheath' mar iomdha linn.
7. O deaſuigh firinn agus grás
da choimheud is da dhion:
Buan-mhairfidh ſé a nlathair Dhé.
8. Marſin do tainm naoimh
Dán-molaidh ſinnidh me gu bráth,
'ſmo mhóideann iocſaidh, chaoich.

## SALM LXII.

FEATHAIDH mo chroidh ar Dhia gu fior,
'ſmo ſhláint' teachd uaidh anois.
2. Se 'ſcarraic díonaidh dhamh amháin,
gu mór cho ghluaiſtear mis.
3. Cia fhad do dhealbhas ſibh an tolc
anadhaidh dhuine cóir?
Lom-ſgrioſtar ſibh: mar bhalla crom
'ſmar dhidin thuiſleach mhoir.

4. O ghreaghnachas los theilgail ſios
ſin aon-chomhairl' gach ti,
Is tlachd leo breúg: is beannachd beil
achd mollaichidh 'na ngcroidh.
5. O manam, feith amháin ar Dhia;
oir mearbſa uaidh atá.
6. Mo dhíon, mo dhaingneach, is mo ſhlaint,
cho ghluaiſſear me gu brath.

7. Mo ſhlánaigh is mo mhordhachd Dia,
tearmunn, is ſliabh mo neart.
8. Bhur gcroidhea dortaidh roimh' amach,
lan-d'ion an tſhluaigh gu ceart.
9. Na hiochdarain 'ſ fior-dhiomhaineas,
'ta uachdarain, na mbréug:
Ar dtomhas doibh, no ndiomhaineas,
gu mór is eudruim iad.

10. Na hearbſaidh re bhur glacaireachd,
caſg ráith ma eigeantas:
Bhur gcroidh' na ſuighidhibh ar bhur ſtoir
da ngcinneadh dhuibh gu cas.

11. Do

Do labhair Dia ſo en uair riom,
ſo chualas uaidh ſo dhá
Ad' timichioll an Dia 'ta ceart
gu bſuil aig neart thar chách.

Ata, a Thighearna, ſaraon
trocair do dhaoinibh, leat:
Oir réir a oibreadh gheibh gach ti
tuaraſdal dligheach uait.

## SALM LXIII.

NU moch, mo Dhia, do jarram thu;
tart manam riot ata,
A ntalamh tioram, ſgídh, gan uiſg'
'ta mfheoil ar ti do ghradh.
Do neart gu bfaicfinn, is do ghlóir
mar ann 'ſa nioſdadh naomh.
Arſon gur fearr no beath' do chaoin
ſior-mholſam thu gu caomh.

Mar ſo dhuit beannuighim, a Dhé,
a bfeadh do bhias me beó:
Is togſaidh me mo lamhann ſuas
a tainm naoimh gach lo.
Sin ſáſuighthear leat manam bochd
ceart mar le ſmior 'ſle ſaill;
Mo bheul is molſuidh dhuit gach áit
le beilidh ait mar b'aill.

A mleaptha ort tra ni me cuimhn',
ag ſmuaintiughadh a mchroidh,
Ag beachdughadh ar hoibridh, ſos,
re faire ſhad na haoich.

7. Arſon

7. Arſon gur tu budh congnamh dhamh
fa d'ſgé nim gairdeachas.
8. Ta manam leanmhuin ort gu teann:
do dheaſlamh chum me ſuas.
9. Líon dhiarras manam los a ſgrios,
gu jochdar talmhuin théid.
10. Na ngcuibhrionn ſionnaich bidhidh jad
tuitidh fan chloidheamh gheur.
11. An righ achd bidhidh ait a nDia;
nid mórdháil bhreagh gu heug
Gach ti bheir mionnann glan da thaobh
achd druitſear beul na mbreug.

## SALM LXIV.

REm' ghuth a 'murnaidh, eiſd a Dhe.
on eagail roimh mo namh
Dion manam is mo bheatha fos,
oir feithim ort gan tamh.
2. O chómhairl' dhiomhair luchd an uilc
Dhia, foluigh me gu ceart,
O cheannairc, is o chóintinn chruaidh
luchd leanmhuin drochbheart:
3. Ta geurughadh mar chloidhmh, an teang
'ſa gcúr a mbogh ar lagh
Chur ſhoighdeann air an tſaoi gu dán,
na briathra garg, gan ſeadh:
4. Los air an duine ceart, gan fhios
gu ngcaitheamh iad gach aon:
Thug ſiad an urchair chuig' gu dian
gan eagal Dé no daoin'.

Is brosnuighid iad fein 'sa nolc:
ag gabhail fós 'sa dheoigh
Ma ghaoiste shuighiughadh a ngceilg;
ag radh, Cia chî ar ndoigh?
. Do rannsuighdear gach lochd gu teann;
choimh-líon siad sgrudadh geur:
A ngcroidh' ta domhainn aig gach ti,
'sa nsmuainte stigh gu leir.

. Achd soighid tilgidh orra Dia,
gheibh iad a nlot gu cas.
. Thig aimhleas orr' on teangcaibh fein:
na chí iad, teichfidh as.
9. Annsin thig eagal ar gach neach,
is innsid obair Dhé:
Oir bheir siad fein sanear gu glic
a ghniomhartha gach ré.

10. Na firenidh bid ait a nDia,
ag cur an dochas ann:
Gach ti bhias trebhdhireach a ngcroidh
bid uaillfeartach gach am.

## SALM LXV.

TA moladh feathamh ort, a Dhé,
a nSioin, sliabh do neart:
Sann duit do choimhlionthar faraon
na moideann bhias ceart.
2. O Dhia, 'sfear eisdeachd urnaidh ann,
do tionnsaidh thig gach dúil.
3. Mo lochd is meugcoir sharuigh orm,
iad glánuidh tu o m'iul.

4. Is beannaight' é do thaghthar leat,
gu d'chúirt da ntóir thu teachd:
Do mhaitheas 'tárois gheibh ar díol,
od theampul naoimh gu beachd.
5. Thaoibh neithe uamhur, Dhia ar ſláint
dhuinn freagraidh tu gu ceart:
'Stu muinighinn gach jomal tir,
'ſna bfuil air muir' ma gcuairt.

6. Sé ſhocruigheas gach ſliabh le threis;
ar crioſrughadh le neart.
7. Se choiſgeas fuaim na ſairrg', 'ſa tonn,
is buaidhreadh 'ntſluaigh nach ceart.
8. Lion chomhnuigheas gu leithoireach
roimh d'chomhthardha ghabh ſgá:
Teachd mach na maidin, 'nſheaſgair fós
do nithear ait le Dia.

9. An talamh dſhioſruighis gu caomh,
is d'uiſgigh thu gu re:
Dſhag ſaidhbhir é le abhuinn Dé
'ta lán don' uiſge bhreagh':
Do ſholtharuigh thu coirc dhóibh ſúd
tra dheaſuigh amhluidh dhó.
10. D'uiſgigh na hiomaireadh gu pailt,
ſhocruigh na claiſſe ſó;

Le froſaibh thaiſligh é gu mór,
lan-bheannuighis a fhäs.
11. A bhliadhan jathaidh tu ſa gcuairt
led' mhaitheas is led' ghrás.
Od choiſceim ſeilidh ſaill anuas
ar cluana 'nſháſaich chruaidh

Na

Na tuilm bheg, aluinn, aighearach iad
gach en taobh, deas is tuaigh.
Na faithche lân do chaoruigheachd,
gach maghair' lan do choirc,
Ag togbhail jolach aoibhneach ſuas
le binneas cheolmhar, ort.

## SALM LXVI.

TONN aoibhneach canſamoid do Dhia,
lion dhaitigheas gach tír.
Sinnibh ma mhordhalachd a ainm:
ſgaoilibh a chlû gu ſior.
Abraidh re Dia, Cia uamhun thu,
'ſna hoibridh nithear leat?
Thrid mead do neart, dan' aimh-dheoin fós
geillfidh do naimhde dhuit.

Lúbaidh gach ni ar talmhuin duit:
ſinnidh do tainm, 'ſduit fein.
Tiocfaidh is feuchfaidh oibridh Dhe,
ghniomh uabhaſách do rinn.
Do thiormaigh ſé an fairrge mor-
ghabh ſiad tre thuil da ngcois,
Andſin budh luthghaireach bhi ſinn
a nDia, ar díon 'ſár treis.

Se riaghluigheas le neart a mſeaſt,
a ſhuileann chi na ſlóigh:
Na togbhadh daoine buaidhreaſach
an ceann an aird le buaigh.
Cluinthear fuaim-mholuidh De, a ſhluagh,
beannuigh ar nDia anois.

9. Sé choimheud dhuinn ar manam beo,
is chum ar gcos o ſgrios.

10. Do dhearbh tu ſinn, a Dhé, do dhearbh
mar airgiod leagh tu ſinn.
11. Ar leaſradh cheangluis cruaidh le boinn
is thug tu ſinn 'ſa nlíon.
12. Thug tu ar daoine marcaghadh
níos thar ar ciond gach toiſg.
Nois thug tu ſinn chum áite pailt'
chuaidh roimh' tre thein', is uiſg'.

13. Loiſg-ofrail bheir me chum do theach
mo mhóideann iocſam dhuit,
14. Mar dubhras ar bheith dhamh a ndtein
'ſmar labhair meiſi riot.
15. Loiſg-iobairt do na beathachaibh biath
le túis is ſpioſra glan,
Og-thairbh, is reithea jocſam dhuit,
le gabhraibh mur nach gann.

16. O ſibhſe da bhuil eagal Dé,
tiocfaidh is eiſdidh riom,
Is innſidh meiſi na rinn Dia
do manam bochd ſan am.
17. Lem' theangaidh chuir a ghloir os aird
is ghlaodh me ris lem' bheil,
18. Da ntiobhram ſbéis don' olc a mchroid
cho neiſde Dia riom fein.

19. Achd Dia, guth m'urnaidh thug fanear
is chual mo ghuidh na am.
20. Dia beannuight' mathchoinnigh nior thi
'ſa thrócair cho tug uam.

SAL

## SALM LXVII.

DIA dhenadh trócair oirn gu brath,
dar beannughadh ſaraon,
Sa thogbhail dealradh glan a ghnúis
ſuas orainn fos gu caoin.
Agcoinne fios bheith aig gach tír
Dhia, ar do ſhligh' gu ceart,
Is ar do ſhlaint' ameaſg na nſlúagh
le'r ſhaoradh ſinn gu hait.

A mpobal ſinneadh caithreim dhuit:
molſadh gach cinel thu.
Gach drong gu raibh don aoibhneas, linn,
gu ceolmhar binn led' chlu:
Oir bheir tu ceart bhreath ar an tſluagh,
is ſdiuiridh tu gach tír.
Molſadh na finich thu, a Dhe;
molſadh gach dream gu ſior.

Sin bheir an talamh toradh uaidh:
bheir Dia à bheannachd dhuinn.
Dia bheir dhuinn' beannachd: bidhidh fos
a eagal ar gach aon.

## SALM LXVIII.

NOIS eirgheadh Dia, is ſgaolthear leis
a naimhde mordha trén:
Gach neach thug fuadh dho féin, 'ſda reachd
grad teicheadh uaidh a gcéin.
Mar dheattach, amhluidh fuaduigh iad:
'ſmar chéir do leagh re gríos,

Glan-

Glan-ſgrioſſar ſìol an uilc marſin
a mfiaghnais Dé dol ſíos.

3. Achd aoibhneach gu raibh daoine cear
is ait a nlathair Dhé,
Ro ſhúgach aighearach ſaraon
gu raibh iad fein gach ré.

4. Sinnibh do Dhia, 'ſdá ainm naoimh:
tog ſalm gu ceolmhar dhó
Do mharcuigh ar na ſpeura glan
trid Jah a ainm, gach lo.

5. Sé Dia, na äite comhnuidh naoimh
athair na ndilleachdann,
Sé fós fear-ſeaſamh cóir is ceart
na mbantrachadh gach am.

6. Thúg tigh do dhaoinibh bhi gan áird
na cuibhrightigh thug mach,
Achd äiteach do na daoinibh cairbt'
a ntalamh cruaidh, thug ſeach.

7. Tra chua[illegible] tu roimh do dhaoin' amac
Dhia, trid an ſháſach lom.

8. An talamh chrathadh é, 'ſna ſpéur
roimh' Dhia do ſhil gu trom:
Do ghluaiſeadh Sinai fein roimh Dhia,
Dia Iſraël a chaoích.

9. Chuir fros is fearthuinn fós gu pailt,
dhaingnigh a oighreachd ſgídh.

10. Do choimhthional ghabh támh andſin
maith dheaſuigh Dia don' bhochd.

11. Sé Dia a mfocal ceart thug ſeach,
'ſmór buidhionn ſúd do nochd.

12, Riogh

Rioghridh na narmoilt' theich gu lua:
faoigh roinneadh leis na mnaibh.
Bhridh gur measg choireachan do luigh
ge dubh anois bhur gruaidh,

Mar sgé a choluim bidhidh sibh,
dealrach mar airgiod glan;
A chlúimh ar óradh thairis fos
don' bhuidh mhaiseach bhuan.
Tra sgaoileadh rioghraidh as a chéil
le Dia na nuile neart,
Bhi mar shliabh Shalmun, súd, gu dearbh
'ta glei-gheal mar an-sneachd.

Sliabh Dhé 'ta mar shliabh Bhashan ard:
beand mar bheinn Bhâshan í;
Creud as far léim sibh, chnoctha ard?
sí so sliabh comhnuidh Dhe.
Dia, gabhaidh támh a nsud gu brath.
17. Carbuide De ataid
Na bfichead mil', ilmhilte fós
do dhainglibh glan gan bheud:

Dia, mar a nSinai 'ta na nmeasg,
'se sud a ionad naomh.
Do chuaidh tu suas an áird', a Dhe,
thug leat luchd bruid a nlaimh:
Is fuair tu tiodhluicthe arson
na ndaoine chosainn thu,
Arson na ndaoine ceannairceach,
chum Dia bheith maille riú.

Bith-bheannaight' gu raibh Dia ar slâint'
gach lâ lom-líon-é sinn.

20. As

NATIONAL LIBRARY

20. Ar nDia, ſe ſhoſglas port on bháis,
ſé 'ſDia na ſláinte dhuinn.
21. Achd cinn a naimhdeann lotſuidh ſe
is claigceann molach cruaidh
An fhir ar adhaidh théid na lochd.
'ſnach ſguir le comhairl' uaidh.

22. O Bháſhan bheir mo phobal nios
do labhair Dia na mſeart,
O iochdar fós na fairrg' arís
do bheir me iad gu ceart.
23. Chum ann a mſuil do naimhde geúr
do chos gu deantár dearg,
Gu dromſar fós 'ſa nſhuil ſin fein
teangaidh do mhadradh garg.

24. Iomachd mo Dhia, 'ſino righ 'na the
do chonnairc ſiad, 'ſa iuil.
25. Ghabh toſach, luchd nan órann bin
lean luchd nan' adhbhuidh ciuil:
Ag bualadh tiompainn fos na meaſg
bhi oigheadh dea[illegible]e cheil
26. Beannuighibh Dia 'ſa choimhthional
o thobar Iſrael[illegible]

27. Sud Benjamin bheag, is an triath,
cinn-fheadhna Juda chi,
Le luchd an gcomhairl', Sabulun
is Prionnſaidh Naphtali.
28. Do Dhia, ſé dhordúigh dhuit do ne
neartuigh na dhearnais dúinn:
29. Bhí d' theampul aig Jaruſaleam
bheir rioghraidh airiocta caoin.

30. D

. Dhia, ſmachdaigh buidhionn mhór na
an iomdha tarbh fa ſeach; (nſleagh,
Spreig laoidh a phobuil, no gu ngéill
le hairgiod dhuit, gach neach:
Na daoin' a ngcogadh ghabhas tlachd
ſcainnir, a Dhé, is ſgaoil.
. A Heighipht tiocfaidh prionnſuidh mach,
Eathopuia le gaoil

Grad ſínfidh lamhann mach do Dhia.
. Sinnibh do Dhia gu binn,
A righeachda na cruinne moir
cánfaibh a chlú gach linn:
. Don 'tí ar neamh na neamha ard
maithrionn o chian do bhi;
Feuch, chuir ſé mach a ghuth fa gcuairt,
guth neartmhur cruaidh do ni.

. O aidmhighibh gur neartmhur Dia:
'ta ghlóir thar Iſraél.
A threis atá an áird na nſpeur
meaſg tairneanach na néul.
. O Dhia, 'ta uamhun urramach
as tionad naomhtha ré,
Dia Iſraél bheir neart da ſhluagh:
Dia gu ma beannuight' é.

## SALM LXIX.

DO bhuail an tuil ar manam ſtigh,
O Dhia, grad ſaorſa mis.
'San rummaigh mhar nach féaſmhadh neach
dol faoi ata me nois:

A

A nduibh-linntibh na nuiſgeach mor,
'ſa ndílionn thar mo cheann.
3. Táim ſgídh ag eabhadh riotſa ſuas,
ſmo ſcornan tioram teann:

Mo radharc dſhag me fós gu tur
ag dearcadh ort gu cinnt.
4. An drong thug fuadh gan adhbhar dhar
is liûgh' na folt mo chinn:
A ndream ler' bâill mo chlaoi gan chú
is meaſcairdeadh, 'ta tren:
Andſin do aiſig me gu pailt
neith nach do ghlac me fein.

5. O Dhia, is léir dhuit m'aimideachd,
níor folight ort mo lochd.
6. Nar ghabhaid náir a mfeaſt fa mchûis
a Dhe, bhios feitheamh ort.
A chuideachd ſin, Dhia Iſraëil
a dhiarras tu le croidh,
Nar tiocfadh orra ar mo ſhon
cun amhluadh goirt, no claoi.

7. Oir maſladh dſulaing ar do ſhon:
is dſholigh näir' mo ghnûis.
8. Is coigreach me do chlann mo mhath
'ſdom' bhraïthribh ſós ma d'chúis.
9. An éud bheith agam ar do theach
do ith is chnaoidh me ſuas;
An toibheim ſós do thug ſiad dhuit
orm thuit gu tiugh anuas.

10. Tra ghuil, is ſmachduigh mi me fei
le troſgadh gér, do bhím

A madhbhar ghäire dhoibh gu cruinn,
ball fanoid rinn iad dhiom.
Ghabh culuidh orm don eudach saic:
budh ghná-fhocal doibh me.
A chuideachd fhuigheadh ann 'sa phort
chas riom a mbeul, gach ti:

Budh óran me do mheisgiribh
ag ôl an fhion gu bras.
Achd mis a Dhé, 'ta m'urnaidh riot
a ndeagh ám, togtha suas:
Eisd riom thaoibh mead do ghras, a Dhé
thaoibh firinn fós do fhlaint.
Saor me on ebar bhrothach bhreûn,
is o dhol faoi 'sa náit:

O bíom ar m'anacal gu lua
on dream do fhuadhuigh me,
s as na huisgibh doimhne dian
teachd tharam 'ta, a Dhé.
Le tuilteach uisg' na bäthar me,
ná fluigeadh me le cheil
An dubh-aigeann, no fós an uamh
na druideadh orm a beul.

Os maith do chairdeas, is do ghean,
grad eisd mo fcread, a Dhe,
Aill riom réir méud do throcair chaoimh,
'sgu bfaicfim taghaidh ré.
Na ceil do ghnûis o tóglach féin:
grad éisd, is me a ndreinn:
Dhia druid re manam, fuasguil é:
saor me om' naimhdibh trén.

19. Mo thalcais, m'eaſonoir, 'ſmo nàir
do 'baithnidh dhuit le cheil:
Is meaſcairdeadh 'ta guineach garg
a thiaghnais 'taid gu leir.
20. Miomhodh an tſluaigh choimhbhris r
dfhag ſud me tuirſeach trom: (chroi
Bhi m'ſhuil re cairdibh ghabhadh truaig
'ſnioc ghabh a haon truaigh dhiom
Bhi me ar ti luchd comhfhurtachd,
ſin chugam neach nior ſheol.
21. An domblas thug ſiad dhamh mar bhia
'ſa mhion-egra re ol.
22. An ſoirbheas gu raibh dhoibh na che
a mbord, na ghaiſt amſeaſt.
23. Dith-fradhairc gu raibh ar an ſùl,
gnà-bhallchrioth ar an leas,
24. Glacadh do chorruidh loingeach iad
tuil feirg dort orra mach
25. An àite comhnuidh gu raibh fàs,
'ſa mpaluinn gan neach.
26. Chiond gu do ruaig is ſpreig ſiad é
do lot thu fein gu goirt.
27. Cuir ſmachd an uilc re nolc, a D
'ſnar tiocfadh chum do cheart.
28. Glan-ſgrioſiar iad a leabhar na mbe
'ſna ſgriobthar meaſg na nſaoi.
29. Achd mis ataim gu bronach bochd,
led' ſhlánaidh togla me.
30. Ainm Dhe le horan malfaidh me,
'ſmor m'jomradh ar a ghràs.

Is taitnigh so no tairbh is daimh
bhios adhairceach, jongach fos.

Daoin' umhla chi, is bithid ait:
'sbeó croidh' na dhiarras Dia.
Se dheisdeas gearan dhuine bochd,
'scho chair a chimich uaidh.
Grad sinneadh neamh is lâr a chlú,
an fairrg', 'sna shnamhas ann.
Sár-bhailte Iuda togfaidh Dia,
is coimhdidh Sion buan.

Agcoinne sliochd a mhuintir fein,
is lúchd a ghaoil gu deas
Gu ngcomhnuigh is gu náitigh jad
mar oighreachd súd, gan cheisd.

## SALM LXX.

AOR me gu lua, a Dhe, mo shlaint',
le deithneas cuidigh leam.
Näir' orr' is àmhluadh gu raibh trom
a dhiarras manam uam:
Le cabhaig cuirfeadar ar ais
ler' mian mo lochd gach am.
Grad pfilleadar mar dhuais dan náir
Aha, Aha, their riom.

Biodh jonnad ait na dhiarras tú:
is abradh iad do ghna.
Ta jonmhuin ar do shaoirse pailt,
Dia gu ma mor gu brath.
Achd mis an tainnis aimbeartach;
dom' jnnisaidh tárr gu te,

'Stu mfhurraehd is mfhearſaoraidh bùan
na fuirigh uam, a Dhê.

## SALM LXXI.

MO dhôchas jonnad tă, a Dhê
trom-mhaſladh na leig orm.
2. Saor me, a tſhirinn, téurnam fôs:
dion me, is eiſde riom.
3. Bi dhamh ad' charraig comhnuidh thrê
dan' tathaigh me do ghnâ;
Dom' choimheud thugfais aithne ſeach,
mo dhaingneach 'ſtu gu bráth.

4. On fhear an-jochdmhur eûgcorach
ſaor me a Dhe, 's o ndaoi.
5. Os tu O Dhia, mo dhochas 'ſeaſt,
om' óige theiſrig me.
6. 'S tu rinn mo chonbhail ſuas on bhroin
'ſon bholg thug me amach,
Mo mholadh bithidh ort gu brath
arſon do ghrás fa ſeach.

7. Do mhôran mar chûis iongnadh me,
achd 'ſtu mo thearmunn treûn.
8. Led' chlû 'ſle tonoir feadh an lô
lom-lionthar dhamh mo bheul.
9. Na teilgſe dhîot me nois am' aois,
'ſna treig, tra dſhailneas neart,
10. Oir m'caſcar ſligheach, râiteach bor
'ta dealbhadh dhamh drochbheart.

11. Threig Dia ê, lean gu teann, ag rad
glac ê, 'ſgan neach da dhîon.

12.

1. Mo Dhia, na bíodh fada uam,
grad saor me as an líon.
1. Air naimhdeann manam thigeadh claoi,
le meath is milleadh goirt:
Masladh is mìonair' orra fôs
ata ar tî mo lochd.

. Achd dôchas gabhaidh meis a chaoidhch
is moltam thu ni 'fmó.
5. Ar tshireantachd do thig mo bheul
is ar do shlaint' gach lô:
Do thoirbheartais doth-àireamh 'ta.
16. Théid me thrid neart mo Thriath;
Ni iomradh ar do cheartais glan
do cheart amháin, a Dhia.

7. Nochd me do ghniomhartha gu seth:
Dhia, theaguisg me o' móig'.
8. Na treig me nois ar liá don aois,
gu naithris me do dhóigh,
Don ál so, neart do ghairdein naoimh;
do threis don' äl re teachd.
9. 'S ro ard do chomhthrom, 'smór do
ni bfuil do leithid gu beachd. (gnìomh:

0. Ge goirt an triobloid leagsais orm,
aith-bheoighidh tu me,
O iochtar talmhuin rís gu slán
'stu bheir me níos, a Dhé.
1. Is meuduighidh tu m'inmhe dhamh,
le sólas o gach taobh.
2. Le psaltuir molfuidh me mo Dhia,
is bheir ar tshirinn luadh:

Dhuit ſinnidh me le clarſigh binn
Fhir naomhtha Iſraéil.
23. Is mór mo ghairdeachas gach uair
tra ſhinneas dhuit mo bheul:
Is manam ſhaoradh leat, a Dhe,
ni ſubhachas gu mór.
24. Labhraidh mo theangc ma tſhireántach
ar feadh an ló, gu lór:
Oir chlaoidheadh iad gu tur anois
do ſhuaduigh mis gu bochd;
Is chuireadh iad gu ruigheadh gruaigh
do jarr gu cruaîdh mo lochd.

SALM LXXII.

DO cheart-bhreith tabhair, Dhe, don'rig
is tſhireantachd da mhac.
2. Do dhaoine bochd gheibh comhthron
is gheibh do phobal, ceart. (uaidh
3. Ard-bheannta ſithchaimh bheir don' tſluagh
'ſna tuluigh bheag, trid cheart.
4. Sé chonbhas coir re daoinibh bochd,
ſhaoras an ſliochd le neart.
Mion bhriſtear luchd an fhoirrneart leis.
5. Is câch bheir urram dhuit,
A bfeadh bhias grian no gealach ann,
tre n'uile linn gu hait.
6. Mar uiſg ar feur-bhuaint tuirlionn ſé:
'ſmar bhraonach air a chluan.
7. 'Smaith fháſas daoine coir re linn:
ſolas is ſith comhbuan.
8. A uachdranaehd on mhuir' dha chéil,
'ſ on uiſg' gu jomal tír. 9. Lu

Lúbaidh na bfuil ſan fhäſach dhô:
imlighi a naimhdeann ûir.
Gach rîgh na noilein, Tharſuis fein
ſar-thioluicthe bheir leô.
Righ Shéba, Seba maille ris
deagh-dhearlaicte, bheir dhô.

Is, feacuidh dhô gach rîgh gu lär:
ni-ſeirbhis dô gach ſluagh.
An tainnis ſaoraidh tra ni guth;
a mbochd, 'ſa ndeôruidh truagh.
An dream gan chabhar coiglidh ſê,
'ſgach croidh fa riochdas leas.
Fuaſgluidh o ragaireachd 'ſo cheilg
anam a dhaoin' anois:

is piiſeoil leis a mſuil faraon.
15. Is mairfidh ſé gu fior,
Or Shéba bheirthear dhô gu pailt
mar chîoſa as gach tir;
Do nithear ar na ſhon re Día
deagh-athchoinnigh do ghnä,
Gu fairſinn ſgaoilidh iad a chlú,
is molfar é gach lä.

Ar talamh fäſaidh glacaid ſhiôl
a mullach ſhuas na mbeann;
Bi thoradh pailt, ag crathadh fôs
mar choille Lebanon,
Is ceinnidh luchd a bhaile ſin
gu barroil mar a mſeur;
A ainm is bidhidh marthanach
a ghrian a mſad is lér;

Is deir gach tír gur beannuighte é,
bid daoine beannuighte ann,
18. Beannuight' gu raibh Dia Israel
beairt iongnadh rinn, nach gann.
19. Bith-bheannuight' ainm ro-onorach,
lionthar an cruinne fein
Led' mhaise is led' mhordhalachd,
Amén, agas Amén.

## SALM LXXIII.

SMaith Dia da Israéil gu fior,
do luchd na gcroidheadh glan.
2. Achd mis, beag nach do sgrios mo chos
'smo chémna thib dol uam.
3. Oir ghabh me formad ris na baodhaid
tra chonncus glona na ndaoi.
4. Oir cuibhrigh ni bfuil ac' na mbâs;
daingnionn an neart do bhí.
5. Ni bfuilid ann a ngabhadh goirt
no bhuailt' le plâigh mar châch.
6. Bhridh sin dhiath uabhar iomp' gu mór,
mar shlamhraidh óir do ghna,
Fior-ragaireachd do sceaduigh iad.
mar thruscan iomp' do bhi.
7. Don tsult a dhat an súile mach,
'smô 'ntoic no dhiarradh croidh'.
8. Taid truaillidh, dona, uallach iad,
ag râith' ma chreacha daoin'.
9. Chuir beul anadhaidh flaitheamhnas,
siobhlaidh an teangc' an saoghal.

Bhrîdh ſin, a phobal pſill gu ſûd:
uiſg lâin-chup fâiſgthear dhoibh.
A deiridʼ, Cionnas 'ſſioſrach Dia?
bſuil tuigſe ann, ar dôigh?

Feuch, 'ſûd luchd uile'ſa nſaoghal dol leô
'ſ a mbeartais dol a nmead.
A ndiomhain ghlan mo chroidh gu fior
is nigh mo lamh o bheud.
Oir feadh an lo choimphianadh me,
fuair ſmachd gach maidin ann.
Da nabrum, Labhraidh me mar ſo,
budh diomdhach uaidh do chlann.

Fios fhaghail air, tra ſmuaintigh me,
budh ſaothair ro ghoirt dhamh é.
Achd ſann do thuig me críoch na ndaoinʳ
tra rainghis teampull Dé.
An áite ſleamhoin chuir tu iad:
theilg iad dan ſgrios gan cheiſt.
Nach dtháſuigheadh a nmionóid iad?
chlaoi urchoid iad a mſeaſt.

Mar bhriongloid fir teachd ás a ſhuain,
ar moſgladh dhuit. a Dhe,
Ni tu an aoigeaſg is an dreach
a dhíſbegadh gach ré.
Marſo budh doiligh bhi mo chroidh,
budh bhior a nmairneadh é.
Comh-ghorrach, ainbſhioſach do bhiom;
mar ainmhidh romhad, me.

Gidheagh 'taim maille riot do ghná:
'ſtu chum mo dheaſlamh ſuas.

Led chomhairl' stíuiridh tu me bhos,
bheir rís gu gloír le d'ghrás.
25. Cia agam Dhe, ar neamh achd thu?
cho niarr neach oile bhos.
26. Ta mfheoil 'smo chroidh' ag teireachdainn
achd Dia mo chrann 'smo chlos,
Sé spionnadh do mo chroidh' gu bráth
is moighreachd marthanach.
27. Oir feuch, an drong 'tá fada uait
theid siad a mugh' gach neach:
An dreám do sdriopuigh uait faraon
lom-sgrios tu iad gu leir.
28. Abhd teachd a bfoigse dhuit, a Dhe,
is môr an maith dhamh fein:
O chuir mo mhuinighinn gu deas
a nDia Jehobha trén,
Jondas a ghniomhartha arsad
gu gcuirfinn iad a ngcéill.

## SALM LXXIV.

CReud, Dhé, fa ntilg tu dhiot gu bráth:
is creud fa bfuil dol uait
Deattach od' chorruidh loisgeach suas
anadhaidh thréid do chluain?
2. An-chuideachd chosainn tu o shoin
Dhia, cuimhnigh iad a mfeast:
Slat toighreachd shaoradh leat, an sliab
Sion do chomhnúidh deas.
3. Tog riot do chosann, feuch an sgrios
'sgach lárach lom agcéin,

Gach ni gu dona rinn an namh
a tionad naomhtha fein.
Ta teaſcairdeadh ag buîreadh fós
ad' choimhthional gu cruaidh:
chuir ſiad ſuas na bratuigh ſróil
mar ſhuaithneas ar an tſluaigh.

Budh ainmeoil fear reir gleús a thuaigh
a meaſg na ngcranna dlú.
Achd nois 'tá leadradh thuaigh is úird
air obair ſnaidhth', na chlû.
Do theampull chuir na laſair dheirg,
do phaluinn ſhaluigh ſiad.
Tra leag iad ionad comhnuidh tainm
gu lár, ar feadh 'ſar leûd.

Glan-ſgrioſmaoid jad, ag radh na ncroidh,
do Shionagoig do loiſg.
Ni bſaic ar comhartha, no ſáigh,
bheir fios, Cia fhad dhar clos.
0. Do namh, cia fhad re ráiteachas?
an äoir é tainm gu bráth?
1. Do dheaſlamh creud far chum ar ais?
ſpíon i a tochd gu luá.

2. Oir Dia, is é mo rígh o chian,
thog ſlaint' a ngcroidh' an tſaoghail.
3. Cinn dhraguinn bhris tu ann 'ſa nuiſg':
led' neart, an fhairrg' do ſgaoil.
4. Cinn Lebhiathan phronn gu mion,
rinn biagh luchd ſáſaigh dhe.
5. An tobar ſgoilt ſé, is än tuil,
dian-aibhne thriomaigh ſé.

16. Is leat an lò, leat fòs an oidhch:
'ſtu dheaſigh ſoilſ is grian.
17. 'Stu ſhocruigh criochanna gach tir,
geamhradh is ſamhradh 'gcian.
18. Dhe, cuimhnigh ſo gu dearn do nam
trom-thalcais air do reachd,
Gur cháin a mpobal amaideach,
'ſna húmuidh, 'tainm gu beachd,

19. Anam do thurtuir féin na tóir
do chuideachd mhoir na ndaoi;
Is coimhthional do bhoichde, Dhe,
na dearmaid iad a chaoich.
20. Tabhair do choimhcheangal ſanear:
oir äite dorch' an tſaoghail
Lán caidreadh ragaireachd atáid,
an-jochdmhur, borb na daoin',
21. Fear ſáruight', nar raibh náruight fós
achd molſaid deóraidh thu.
22. Dhia eirigh, agair do chûis fein;
dean cuimhne ar an trú
Mar rinn ſé talcais ort gach lá,
23. Na dearmaid guth do namh:
Ta conſadh dhaoine dheirgheas riot
ag dol an meud do ghná.

## SALM LXXV.

A bhuidhe riot, a Dhia na ndûl,
a bhuidhe riot gu bráth:
Nochd toibridh iongantach gan cheiſd
tainm bheith nar ſoigſe ghná.
2. Tra gheibheas me an gcoimhthional
breath threbhdireach do ni.

Do ſgaoil gach tir, 'ſna ſloigh o cheil,
an ſorchna ſuas chum me:]

A dubhras ris na baoidhibh borb,
gu hamaideach na dean;
Is ris na daoithibh dona fos,
ar nadharc na togaibh é.
Ar nadharc na togaidh ſuas an áird:
na labhraidh le bráigh chruaidh.
Oir ni on ear, aird' nier, no deas
'ta 'nonoir teachd le buaidh.

Achd Dia is britheamh, leagſas neach,
togſaidh neach oil' gan cheiſt.
Oir a nlaimh Dé 'ta cup fin deirg,
neith ſearbh ata na mheaſg;
Cáil dortaidh ſe ar Iſräel:
achd drochdaoin' uil' an tſaoghail,
Na déaſgadh baileach faiſgidh as
is ólfaidh iad, le baodhal.

Achd mis, bheir jomradh ait gu bráth;
Dia Jacob molfaidh me:
Adhairce na ndaoi grad ſgatham ſiös,
achd togſaidh adharc na nſaoi.

## SALM LXXVI.

IN Juda Dia ſo-aithnidh 'ta
'ſmör ainm a nIſräel naomh.
A nSalem 'ta a phaluinn fös,
a nSioin, aíte tämh.
Soighdeann a bhogh annſin do bhris,
an ſgia, an gcloidhimh, 'ſa ncath.

4. 'Smö

4. 'Smó mórdhalachd ar nDia, 'sa ghlôir
no beann na ngcobhartach.

5. Do rufcadh luchd a chruadal mhór,
thur-choidil iad gu léir:
Aig gaifgigh trén cho dfhuaradh lamh
an am a chumafc gheir.
6. Aig t'oirbhirfe, Dhia Jacoib dheis,
throm choidil coitf' is each.
7. Fior-eagal ghabhail romhad fein
ni fulair do gach neach:

Cia fheafmhas ann ad lathair, Dhé,
fearg tra bhias ort, car toifg?
8. Breath chualadh uait o fhlaitheamhnas,
ghabh fiamh gach tír, dfhan tofd.
9. Tra dheirigh Dia gu breathamhnas
fhaoradh fhluagh fheimh na tîr.
10. Fearg dhaoine molfaidh thu gan cheift
ar fuigheall feirg; ni claoi.

11. Móid tabhraibh, ioćfaidh fin dar nDia
gach neach ata fa chuairt.
Tugaibh län-tabhartus don tí
da ndlighear urraim cheart.
12. Spiorad na mprionnfa uallach ard
gan chäird fé fgathas fios:
Is uamhur é do rioghruibh dian
ar talamhuin do bhios.

## SALM LXXVII.

GHlaodh me, is thog mo ghúth re D
a déift fe riom gu fior,

A nló mo thriobloid dhiarr me Dia;
mo chreúchdainn ſhil ſan aoich,
ar ſguir mo lot: is manam bochd
dhiult ſólas o gach tì.
Dia chúimhnigh me, 'ſbhi ar mo chradh:
mhúchadh mo chroidh le caoi.

Na mfaireach chum tu mo dhá ſhúl:
mo mholad chaſg mo chaint'.
Thug me an tſean-aimſir ſanear,
'ſna laithe bhi nâ ndàil.
Rinn cuimhn' ar m'óran ann'ſan aoich,
rinn ceileabhradh rem' chroidh':
Do bhí mo ſpiorad fos gu teann
ag rannſughadh gach ni.

An tilg an Tighearna dheth gu brath?
gean-maith ni 'ſmo nach dean?
A throcair an do theirig chaoich?
an lag a ghealladh 'gcian?
Bi graſmhur an do dhearmaid ſé?
nó, an do dhruid ſe ſuas
A throcair mhaodh a nlaſan garg,
nó ghlais a mfeirg, a ghrás;

Andſin a dubhras fein, gan cheiſt
d'fhás ſo á laigſe ceill:
Achd cuimhnighim don' ti is aird
bliadhnna a dheaſlaimh fein.
Dhia, cùimhnighim do ghniomhartha:
t'ain-jongnadh o chiond fhad.
Do ſmuaintighim ma t'uile ſhaothair,
labhraim ma d'dhoigh gan ſtad.

13. Ta t'ecchlidh' Dhé, 'sa nionad naomh
cia Dia comh-mór re rDia'n ?
14. Stu Dia na mfeart; is nochd do neart
a measg a ntsluaigh a gcian.
15. Shaor tú do shluagh led' ghairdein deas
siôl Jacob, Joseph fós.
16. Chonnaic an tuil thu, Dhe: ghabh geilt
na doimhne, is do ghluais.

17. Garbh-shrois do dhôirt na neoil anuas
leig fàire fuaim amach:
Do sgaoil do shoighdeann ar a bfeadh
le toirm to thartarrach.
18. Bhi guth do thairnein chruaidh san aidh'r
braith turchair chluintheadh shuas;
An dealán shoillierigh an saoghal,
an talumh chrioth is ghluais.

19. 'San fhairg' a Dhé, do shligh' a'ta
do choisceim ghnà san tuil,
Achd aithne ar do lorg gu re
aig neach san ghréin ni bfuil.
20. Do phobal threôruigh thu gu deas
mar thréud a mfaithche mín
Thrîd lamha Mhaois an tuachdran séimh
'sa ntsagaird Aaroin fein.

## SALM LXXVIII.

MO phobul cisdibh re mo lagh:
aómaibh re guth mo bheil.
2. A gcosmhalachd do fhosglam é:
caint' dhorch' ro shean, mo sgeúl.

Na chual o'r sinnsir .sfiosrach sinn
O ncloinn cho cheil sinn ë,
Achd nochfuidh clú, treis, feartadh Dê
don' ál re reachd, gú rê.

An Jacob teasdas shocruigh sê,
chuir lagh a nJsraêil,
s dorduigh sê dar naithreacha
da ngcloinn a ngeur a ngceill.

Chum fios a thabhairt don' ath-linn,
jodhoin, don' chlainn re mbreith,
Drong dheirgheadh agus dhinnseadh iad
dan shlochdsa rís ar leth:

Jondas a ndòchas chur a nDia,
'snach dithchuimhneagh a ghniomh;
Achd aitheanta glan gu gcoimhdeadh iad
ni bfearr no rinnsiad riamh.
Is nach biodh mar an aithreacha
drong ro-chruaidh-bhraighdeach brais;
Sluagh nach do leag a ngcroidh gu ceart,
neimh-dhaingnean fôs na mbeus.

Siol Ephraim le mbogh' sle narm
lô chomhraic pfill gu beachd.
Coimhcheangal De nior choimhead iad,
dhuilt jomachd ann na reachd.
A ghniomh, 'sa íheartadh leig a cuimhn'
12. 'Sa mhirbhuilteadh o thús
a nEghipht sheuch da nsinnseardha,
'sa nmachair Söan fós.

Dan aisig, rinn dá leath don' mbuir,
tor ard don uisge rinn.

14. Le neul ſé threoruigh iad ſan lo,
'ſa naoich le laſair ghrinn.
15. Sa nſháſach ſgoilt an carraig cruaidh
mar as an deimhn' thug deoch.
16. Leig ſios an uiſg' mar abhänn mhör
'ſna ſrotha as a chloich.

17. Ba mhóid na adhaidh pheacaigh ſiad
'ſa ndirbhthreach las iad, Dia.
18. Na ngcroidhibh buaidhridh ſiad an Tri
ag iarradh ſâth da nmian.
19. Is labhair jad gu taircaiſneach
ag radh ma Dhia na mfeart,
A bféd ſe bord do dheaſughadh
'ſan fháſach lom, le neart?
20. Feuch, bhuail e nſgeir, bhulg uiſge
is chind gach ſruth na thuil;
Bfuil comas aig ar aran fos?
no freaſdal feoil a mbfuil?
21. Chual Dia annſin is ghabh ſe fearg,
re Jacob teine las,
Is tiocfuidh corruidh guinneach géur
anadhaidh Iſrael ſuas.
22. Chiond nach do chreidfeadar a' nDia,
ni mó rinn bun da ghräs:
23. Ge dfhoſguil doirrſe neámha ſhuas,
is dorduigh néulla nuas:
24. An manda mín ſhil orra fós,
budh bhiagh dhoibh coirc na nſpéur
25. Fuair daoine gléus na naingil thréin,
ſáth bígh thug dhoibh gu leir.

26. Ga

Gaoidh' nairde deas thog sé le threis:
sheíd fôs gaoidh' nairde 'near.
mar ghainemh, eunlaith glan na nsgé,
frois feola mar an ûir.
eig Dia súd nuas a meadhon a ncamp,
ma 'mpailuinn gu dian.
Do chealaigh, is do lîonadh iad:
oir thug sé dhoibh an mian.

Níor ghrálnigheadh on ilmhian iád
achd feadh bheith 'mbiagh na mbeîl,
Thuit fearg an Tighearn' orra nuas
do chasgair iad le cheíl:
ag sé na daoin' budh reamhra dhiobh,
fir thaghtha Israëil.
Gidheadh nior chreid a obair mhór,
achd pheacaigh siad gach eäl:

Ar sin; do chnaoidh an aimsir dhoibh
gu docrach, diomhaineach.
Tra mharbh sé iad, a diarrsiad é:
thill, is dhiarr Dia gu moch.
Is chuimhnigh gu bé Dia an sliabh:
Dia mór an slanaigheoir fein.
Gidheadh le nteangaidh rinn siád breug,
is miodal ris, le mbéil.

Oir ceart re Dia cho raibh a ngcroidh,
'sna chumhnant, buan cho dfhan.
Achd eisean truacant, lân do ghrâs,
logh dhoibh an lochd gu glan;
ior sgrios sé iad, achd pfill gu tric
a chorruidh fada uadha;

A

A lasan is a fhearg gu leir
niôr thog se riu gu luá.

39. Oir chuimhnigh sé gu bfheoil na dá
gaoidh theid, 'snach tig ar ais.

40. Sa nfhásach bhrosnuigh siad gu tric
is thuirsigh é gu brais.

41. Thill fós, is bhuaidhrid, dhearnsaid crioch
do Dhia naomh Israel

42. Nior chuimhnigh siad a lamh; no
fhaor fé on namh iad fein.

43. San Eighipht mar do nochd a ghniôr
a nSöan fôs a neart.

44. Na huisgeadh chaochail sé gu fuil,
'sgach tuil, nach ôlfadh neach.

45. Sê iolradh cuileoig chuir na nmeasg
do chlaoi iad thall 'sá bhos,
Le losgnaibh ghrâineoil iomadach
dan sgriosadh siôs gach toisg.

46. Thug se an toradh fôs don' chnuim
don locuisd thug an saothair.

47. Chuir as da mfionamhn' le cloch-sneac
'sdan siocomoir le hoighr'.

48. Do chlochaibh-meallainn thug an sprei
cloch-thairneinn loisg an crô

49. Teas feirg is dhoirt sé orra nuas
le corruidh geur gach lò;
Le ainglibh gâbhuidh chur na nmeasg
do fhuaduigh iad gu garg.

50. Niór chaomhain an anma on bhâs
tra rinn é jûl da fhearg:

A

hd thug sé thairis dhoibh don' phlâigh.
. Ceud-gin na Heighipht, mharbh;
brod an neart a mpubiuibh Ham
do liodradh leis gu garbh.

Achd thug a phobal fein a mach
mar chaoirigh gu mîn mall:
ar thréud roimh bhuachaill stiuir é iad
san fhâsach, mar budh dual.
Is threôruigh iad gu fallan slän,
nior ghabh eun eagal iad:
chd thar an eascairdeadh gu lçir
do sgaoil a mfairrg a nléud.

Absochair fôs a âite naoimh
do thug sê iad gan cheisd:
on tsliabhsa fein do thaisbein ê,
is chosainn a lamh dheas.
Theilg rompa mach na geinntiligh,
roinn oighreachd dhoibh le têud:
huir finigh Isräel a ntâmh
na mpailuinnibh gu lêir.

Dia 'saird, gidheadh, do bhrosnuigh iad,
is bhuaidhrid Dia na mfeart,
theastas is a aitheanta glan
nîor choimhead iad gu ceart:
Cúl chuir siad ris, gu fealltach rinn
ceart mar an aithreacha:
)o chlaonadar le cheil a taobh
mar bhogh' mealldach tâ.

Oir las iad fhearg le nâitibh ard
chuir êud air leis gach dealbh.

59 Chual

59. Chual Dia so, ghabh sé searg, is g[illegible]
do Israel, a shealbh.
60. Ambluidh gur thréig a phailuinn
a nShilo bhi na thamh:
A mpubal shuidhigh se, measg daoin'
is dheónuigh sé gu caomh.
61. Thug suas a neart a mbrâighdeachas
'sa ghloir don namhad thrén.
62. Don' chloidheamh thairis thug a shlua
las é rc oighreachd fein:
63. Chuir teine as dan ôigridh gasd,
cho raibh a nmeighdne posd'.
64. Le cloidheamh thuit na sagairt naoi[illegible]
'snîor chaoin a mbanntraigh fós.
65. Andsin ceart mar neach as a shuain
do mhosguil Dia na gloir,
'Smar laoch do leigseas scread amach
déis fiona ól gu lôr.
66. Bhuail sé a naimhdeann far a ngcûl
buan-mhasládh dhearnadh dhibh.
67. Is pailuinn Joseph dhiult gu tur:
nior thaghadh Ephraim libh.
68. Achd fine Juda roghnaidh Dia:
sliabh Shion b'ionmhuin leis.
69. Thog ionad naomh mar phalas ard:
'smar chruinne, shocruigh feast.
70. A öglach Daibhidh thaghadh leis,
is ghlac se é on chrö:
71. O dhol a ndiaidh choaragh-uan,
da thabhairt leis san lö

Chu

Chum Jacob inghioltradh, a shluagh,
is oighreachd Israël.
Amhluidh ar dhö bhi treibhdhireach,
fior-ionnrac é le cheil;
Leir gloine bhi na chroidhe stigh
do bheathaigh iad gu leir:
Le grinne 's eolais bhi na laimh,
iad threöruigh mar a gcédn.

SALM LXXIX.

O toighreachd thanighdear, a Dhé,
na cinnidh borb gach taobh:
Na charnaibh chuir Jarusalem,
shaluigh do theampul naomh.
Colainn do mhuinntir thug siad seach
do eunlaith glas na nspeur:
Do phiasdaibh allaidh tug siad fös
feöil ghlan do naoimh, a Dhé.
Adtimicheall Jarusaleam
dhoirt iad mar uisg', a mfuil:
Do ghabhadh rìs ma nadhlacadh
a haon na measg, ni bfuil.
Ball-maguidh sinn don' bfuil far cuairt,
dar gcomhairsnigh nar beum.
An las tu rinn a Dhe gu brath?
mar thein' an loisg do eud?
Dort tsheaig mach ar na fineacha
nach do ghabh eolas ort,
s ar gach righeachd nach do ghoir
ar thainm naoimh gu ceart.

7. Oir

7. Oir chlaoi ſiad Jacob nois gu tur,
dfhäg ionad comhnuidh ſâs.
8. Ar bpeacadh dhearnadh roimhſa linn
na cuimhnigh dhuinn a ndrâſd':

Achd gabhadh romhaind ar gach ball
do throcair caomh gu rê:
O'ta ſinn air ar niſliughadh
gu mor led' ſmachd, a Dhe.
9. Foir oirn a huchd gloir hainme ſein
O Dhia, ar ſlainte buan:
Saor ſinn ar ſgăth do chlû gu deas
is glán ar bpeacadh uainn.

10. Creud as ſa nabradh geinntiligh
Ca bfuil a nDia, faraon?
Nar namhrug nochdfar ê nar meaſg
thaoibh dioghaltais a dhaoin'.
11. Dhia, oſnadh cruaidh an phrioſunaiſ
a tſhiaghnais reachadh ſuas,
Reir meûd do neart, dídin led' cheart
lîon dhorduigheadh gu bás.

12. Dar gcomhairſnigh ar ais nan ochd
díol an olc féin ſa ſheachd:
An toibheim thug ſiad dhuit, a Dhe,
'ſa ntaileis fuair do reachd.
13. Caoirigh do chluain, 'ſdo ſhluagh mar
bith-bhuidheachàs bheir ſeach:
Do chlu ar feadh gach linn a chaoich
is nochdſaidh ſinn amach.

SAL

## SALM LXXX.

D rinn, O Bhuachail Israheil,
deagh Joseph sdiuir mar thréd,
r shuigheas eidir Cherubim
dealruigh ar fad 'sar leud.
oimh Ephräim is Benjamin
Manasse mar a gcedn'
g riot do neart, is tárr nar measg
líon sinn or' naimhdibh tren.

nia, till sinn, soillier fág do ghnûis,
narsin sior-choimhdear sinn.
ad fhad bhias fearg ort, Dhé na nsluagh
e guidh' do phobuill fein?
an nan dêur mar bhiagh thug dhoibh:
eóir phailt mar dhigh do fuair.
connspóid sinn dar gcomharsnaigh:
ar neascar, adhbhar ghâir.

ia till sinn, dealruigh oirn do ghnûis,
saorsar sinne leis.
Heighipht fionaimhn thug tu nïos,
uighidh î, chuir cinnigh as.
dhearnas di, chuir fréimh a nsâs,
lîon î, an tír gu leir.
fholuigh a sgáil na cnoctha beag,
'smar chedair bhreagh, a gêag.

oileadh shîn î chum na fairrg';
don abhann shïn a gêg.
gargha creud sar bhrisseadh leat,
'sgach neach da spíon gu gér;

13. Torc coille, is na fiagh bheathachadh
chlaoi í, is chaith gu léir.
14. Dhia pfill, is amhairc nuas o neamh
feuch, fiosraigh tfhíonmhain fein,
15. Fíon-ghargba fhuighigh do lamh dheas
gég dhearnais trén duit fein.
16. Do loifgeadh, is do fgathadh fíos:
aig tachmhafan do chrion.
17. Air fear do dheaflaimh biodh do lamh
air mac an duine, fhén:
Neach dhearnais neartmhur tabhachdach
arfon do fheirbhis fein.
18. Marfin cho chuir finn cúl red' lagh:
brod agus beóaigh finn,
Ar thainn fe gairfidh finn gu dlú,
is cán'uidh dhuit gu binn.
19. Tog fuas, is jompoigh finn arís
O Thighearna Dhia na nfloigh!
Gu foillier-dealruigh oirn led' ghnúis
is faorfar finn ta dheoigh.

## SALM LXXXI.

SINNIBH gu ceolmhar ard do Dhia,
Dia Jacob fé ar treis.
2. Glac Salm', fuaigh tiompain, pfaltuir ghr
cruit bhinn is buail gu deas.
3. Séid fan nuá-fholas trompaid fuas,
ám fholamhnach ar bfleagh.
4. Budh ftatuidh fo an Ifraeil,
Dia Jacob thug na Lagh.

5.

ig Joseph dhorduigh so na reachd
Eighipht tra shiobhladh leis:
: mhar a ngcualas canamhain cruaidh
aig sluaigh, nach tuigeadh meis:
n eire a ghualainn fhuasguil me:
o shlochd na cré, a lamh.
' thriobloid ghoir tu orm gu teann,
is shaor me thu gan tamh:

cuas na tairnein fhreagair me
don euccaoin do bhi ort:
tintinn sgrudaidh me gu geur
aig uisg na tagra goirt.
sd, O mo phobal riom gu ceart,
is bheir me fiaghnais duit:
Israel, da neisdfeadh tu
re comhradh their me riot;

i heídir dhuit dia coimheach bréig
pheith agad ar eun achd:
adhradh do dhia coigridh fós
nach aithnidh dhuit gu beachd.
Smí Dia an Tighearna thug mach
a tír na Heighipht, thu:
guil gu fairsinn suas do bheul
is lionfam é, le clu.

lo phobal achd cho nêisdeadh riom:
cha b'áill le Hisrael mis.
Dan ainmian thug me thairis doibh,
na ngcomhairl' fein is ghluais.
lo phobul O da neisdfeadh riom
da ngabhadh Jsrael mjul.

14. Ghrad-cheannsuighinn an naimhdé fao
ag imbeart orr' gu dlû.
15. Lûbadh do Dhia, na fhuathuidh é:
achd mhaireadh jadsa chaoich.
16. Bhiodh brígh an chruithneachd dhoibh a
'S mil as a chairrg', a ndíol. (bhias

## SALM LXXXII.

ANgcuideachd laochraidh seasmhoidh Di
is breathnuighidh 'measg dëe.
2. Ciafhad breith leithcheart bheir sibh uaib
cur leithsgeul roimh na ndaoi?
3. Dìdin a mbochd 'sa ndíobrachan:
cum comhthrom ris gach tí.
4 An tainnis is an deóraidh truagh,
buain iad a laimh na ndaoi.
5. Nî mfiosrach siad, 'scho tuigsiad fós:
'san dorch' ag siobhladh ghnä:
Gach bunachar don chruinne nois
ar dol a cleachdadh, 'ta.
6. A dubhras gu budh dëibh sibh,
don' tí is Aird' nar clann.
7. Achd mar dhaoin' eile gheibh sibh bá
'smar phrionnsa, tuitidh uainn.
8. Dhia eirigh; tabhair breathamhnas
ar talamh is ar tír
Oir dhuit na oighreachd mhairionnach
na righeachda bìd gu leír.

SA

## SALM LXXXIII.

NA fan gu ſamhach nois ad' thoſd,
na bi a Dhê ad' thamh.
An drong thùg fuadh dhuit, thog ſiad ceann:
rinn ceannairc ort, do namh.
Saobh-chomhairl' intleachdach do ghabh
anadhaidh luchd do ghaoil,
's bheachduigh ſiad na nàdhaidh ſúd
do fholuigh thù fad ſgäil.

A dubhraid, Thiocfainn, ſgathamaoid ſiös
o bhi na mpobal iad:
Chum nach biodh ainme Iſräel
ar chuimhn' ' a mſad no 'nlêud.
Le heun-toil chuir an rûnn re chêil:
a taghaidh cheanguil bann.
Tigh Edhom, Moab, Iſmäel,
'ſna Hâgarigh nach gann.

Luchd Gebal, Amon, Amalec,
Taoîr', 'ſna Feiliſtineach.
Tháth Aſſur riu, is chuidigh iad
ſìol Lot, gach drong faſeach.
Deän doibh mar fuair luchd Midian:
Jabin is Siſera
Aig Cïſon, an ſruth cas, mar fuair
od' dhioghaltais 'ſan lâ:

Do thuit aig En-dor: is do chind
mar aoileach do gach fonn.
Mar Oreb is mar Seëb ſgrios
an rö-dhaoin' ſios gu trom.

Mar Seba dean, 'ſmar Salmunna
a mprionnſadha gu leir.
12. A dubhairt, Glacmaoid äras Dé
na ſhealbh buan duinn fein.

13. Deân iad mar rothan, O mo Dhia
'ſmar chonnlach dol le gaoi.
14. Mar loiſgeas tein' a mfiogh, 'ſmar ſlia
le laſair theine faoi.
15. Ruaig amhluidh iad, led' dhoinionn garl
le t'annro biodh ai chrióth.
16. Lom-lionthar Dhe, a ngruaidh le nä
'ſgu niarr ſiad tainm gu tric.

17. Cabhag is amhluadh orra chaoîch;
naîr' tiocfadh uirr' is ſgrios:
18. Do chum, gur tearmunn tu don'leć
gu gabh gach duine fios;
Gur tu an tî is áirde fôs
oſciond gach tîr gan cheiſt,
Dan ainm a t'aonar, bhrîgh do ghlôi
Jehobha mór a mfeaſt.

## SALM LXXXIV.

CA cionmhail, maiſeach, Dhé na nſlog
do phailuinn dîonach deas?
2. Mheath me ar tî do chûirtibh, Dhe,
'ta manam chum dol as:
Ta mfheòil 'ſmo chroidh' ag éigheadh m
arſon an Dia 'ta beó.
3. An gabhlan-gaoi fuair nead dhi fein,
'ſa ngealbhan äros fô.

ſn áit' a gcur a hâlach ôg
re leith-taoibh taltuir fein,
s tu mo righ, O Dhia na nſluagh,
is Triath dhamh, mar a gcédn.
Beannuight' luchd áiteachadh do theach:
ſiad do ghná-mholadh ní.
Beannuight' an tí dan ſpionnadh thu:
da bfuil an ſligh' na chroidh.

Dream ſhiobhlas trid ghleann Bhàca mhîn
rinn tobar dheth gu cas:
Lîontar na ſluic 'ſna lochann beg.
le fearthuinn is le fros.
Na mbuidhnibh imthighidear gu leîr
ag dol o neart gu neart:
An Sioin comhdhail níd re cheîl
a nlathair Dhé na mfeart.

Gabh m'urnaidh uam, a Dhia na nſluagh
Dhia Jacob, eíſd gu hait.
Feûch Dhé ar ſgia, is amhraic air
adhaidh 'nfhir ungadh leat.
. Os fearr aon lô ad' chúirt no míl:
am' dhoirſeoir 'ſfearr leam bî
Ag ſuigh aig ſtarſnach tigh' mo Dhia
no 'mthâmh a nteach na ndaoi.

. Oir Dia, na ghreín 'ſna ſgia atá
grâs bheir é ſeach is gloir;
Cho chum ſé ein ni maith ar ais
o dhaoine cinnteach coîr.
2. O Dhia na nſluagh, 'ta toirbheartach
is beannuight e gu beachd

An trebhdhireach le dochas glan
ni bun díot, reir do reachd.

## SALM LXXXV.

BUDH ghrâsmhur thu dod' thir, a Dhe
bruid Jacob thug ar ais
2. Eugcoir do phobuil logh tu dhoibh;
dsholuigh an lochd gu cas.
3. Do chorruigh thugsais uadh' gu lêir,
is thill od' lasan garg.
4. Till sinn O Dhia ar slaint', is casg
na nochdsais ruinn do tshearg.
5. An lean tu corruidh feadh gach linn?
gu bráth an las thu ruinn?
6. Los subhach dhiot gu bi do dhaoin'
aris nach beothaigh sinn?
7. Do throcair taisbein duinn a Dhé,
is deónuigh dhuinn do shlaint'.
8. Ra phobal siothchaimh labhraidh Dia,
is eisdidh me re chaint',
Their sith ra naomhuibh: achd nach ti
iad rîs gu hamaideachd.
9. Gu deimhinn 'sdlu a shlaint' don' mhê
dan eagal ê gu beachd,
Chum gloir do ghabhail ámh nar tîr.
10. Trocair is firinn ré
Do chum siad comhdhail: siothchaimh s
is ceart thug póg dhä chëil.
11. Thig firinn as an talamh nios
ag fäs gu maiseach mór:

Fior-chomhthrom nuas o fhlaitheamhnas
bheir aire oirn gu lór,
2. Ar nDia bheir dhuinn an ni 'ta maith,
bheir toradh pailt, ar tír.
3. Theid ceartás riomh': is cuirfear ſinn
an júl a lorg gu fior.

## S'ALM LXXXVI.

1 OM riom do chluas, is éiſd a Dhé,
oir ainnis, bochd ataim.
Dion manam, bhridh gur naomh do bhim
led' gharaſa fuair gach am:
Os tu mo Dhia, ſaor tôglach féin
dan dochas thu do ghná.
A Thighearna, dean trocair òrm,
oir eigheam riot gach lâ.

Fág ſubhach croidh tſhir-muinntir fein
oir togfaidh manam riot.
'Smaith thu ro ſhoirmh gu maitheamhnas,
lán iochd don' ghairmeas ort.
Dom' urnaidh tabhair aire, Dhe,
eiſd re guth m'athchoinnidh.
A nlö mo thriobloid gairfeam ort
oir freagraidh tuſa me.

Ni bſuil do leitheid meaſg na ndée,
no obair mar do ghnoimh.
Tiocfaidh gach fine, ſleachdaidh dhuit
le glôir do tainm naoimh.
0. O 'ſmor thu fein, beairt jongnadh rinn,
'ſtu aonar Dia atann.

11. Do fhligh' dhamh teagaisg „gluaisid
a Dhe, a tfhirinn bhuan:

Dhia, cruinnigh dhamh mo chroidh,
'fle heagal adhram dhuit. (fmi

12. Le m'uile chroidh is molfam thu
gu brath bi m'jomradh ort.

13. Oir 'fmôr do thrócair, Dhe, dom tha
fhaor me o ifrionn fhïos.

14. Siad luchd an ardan dheirigh riom
luchd foirrneart thainig nios,

Ag lorgaireachd ar manam bochd:
Dia ni chuir rompa riamh.

15. Achd thuf'a Dhe, lán jochd is grás
fad-fhulangach, ro chaomh,
Is faidhbhir thu a mfirinn fôs.

16. Till riom, bi trocaireach,
Do tóglach tabhair feach do neart,
faor mac do bhan-oglach.

17. Taifbein dhamh comhartha ar mha
do chï luchd mfhuadh le náir':
Bhrîdh Dhé, gur chuidigh thufa lea
adhbhar mo ghean 'fmo ghâir'.

## SALM LXXXVII.

TA bhunachar 'fna fliabhtaibh naom
2. 'S andfa le Dia gu beachd
Deagh-gheatuidh Shioin no gach tig
aig Jacob, 'f aig a fhliochd.

3. 'Smôr gloir is clû nan neithe fin
do innfear umad fein,

Is greaghnach onorach do bhéus,
O chaithear Dhé, gu léir.

. Ma Rahab is ma Bhaibiloin
fios gheibh luchd m'eolais uam
Pfilistaoi, Taoir', Ethiopaoi:
so fear do gheineadh ann.
. Adtaic re Sioin theirthear fós
sûd daoine gheineadh innt.
An tí is áird, sé fein do ni
a socrughadh gu cinnt.

. Measaidh, tra sgriobhas Dia na sloigh
gu d'rugadh é annsin.
'. Aós dân is ealadhna bîd ann.
muil' thobra jonnad fein.

## SALM LXXXVIII.

MO scread a tshiaghnais, Dhia mo shlaint,
suas chuir me aoîch is ló.
2. Ad' lathair tiocfadh mathchoinnidh,
is aom do chluas rem' ghlaodh.
3. Oir manam doiligh goirt atá:
mo bheath' dhruid ris an uaigh.
4. Mar fhear gan treôin do mheasadh me,
'smar dhaoin' theid sîos don uaimh.

5. Saor measg na nmarbh' atá 'san uaigh
do chasgaireadh gan däimh,
Nach cuimhnighthear leat fein ni 'smó:
is sgathadh siós od' laimh.
6. San uaimh is ilse leag tu me,
san dubh-aigeann fhior-dhoirch.

7. Led' thonnaibh uile thulgſais me,
luigh tſhearg orm le toirm.

8. Chuir tu luchd m'eölais fada uam:
is gráineamhlachd rinn díom:
Ata me ar mo dhruideadh ſuas,
jûl ar teachd as, ni chîom.

9. Mo dhuagh, thug ſeileadh ar mo ſhú
Dhia, ghoir me ort gach lâ:
Mo lamhann ſhín me fós amach,
do tionnſaidh féin do ghná.

10. An nochd tu tiongantus don' mharb
ga d' mholadh 'neirigh ſé?

11. An dean ma d'chaimhneas ſgêul ſan uaig
na 'nſgrios, ma tſhirinn ré?

12. Air thoibridh eâgſamhla ſan dorch'
a mbî aig duine fios?
Air cheartais, no air thionnracais
a ntîr na dearmaid ſhîos?

13. Ghabh murnuidh romhad, Dhe, gu mo
ghlaodh me riot fein o thûs.

14. Creud Dhe, far léigſis manam dhîot?
fa ngceil tu uam do ghnûis.

15. O m'ôige chraigheadh me gú bás:
chuir tuabhas me o cheill.

16. Do chorruidh loiſgeach tharam ſuas,
gräin romhad chlaoi me fein.

17. Dhiath umam ſûd gach lá mar uiſg',
is chuartuigh me gu dlû.

18. Fear-gaoil is caraid chuir tu uam:
luchd m'eolais dſhoiuigh thu.

SALM

## SALM LXXXIX.

Sinnim ma throcair Dhé gu brath:
lem' bhéil is bheir me fiós
Ar tſhireantachd don' uile linn
ata re teachd anois.
2. Oir dubhras, Trócair agus grás
do thógfar ſuas a mſeaſt:
Is tſhireantachd 'ſna neamhaibh ſhuas
do ſhocruigheais gan cheiſt.

3. Le m'dhuine taghtha cumhnant rinn,
mhionnaigh do móglach fein.
4. Síol Daibhidh ſocruighim gu buan
'ſ a chathaoir do gach linn.
5. Molfaidh na neamhdha tiongantuidh
a Thighearna gu mór:
A ngcoimhthionol do naoimh faraon
ni tſhíreantachd 'ſdo ghlóir.

6. Oir cia ar flaitheamhnas gu hard
'ta coimhmeas ris an Triath?
No cia meaſg chlann na ngcuraidh cruaidh
comh-choſmhal 'ta re Dia?
7. Ta Dia jon-eagal ghabhail roimh'
an eireachd ghlan na naomh'
Jon-urraim thabhairt dó faraon
le phobal ar gach taobh,

8. Cia Triath 'ta neartmhur mar thu fein
a Thighearna Dhia na nſluagh?
Cia diſleachd 'ta mar tſhireantachd
do chuartuigh thu le buagh?

9. Do choisgeas tonnan ard a chuain ;
air builc fairrg' bheir smachd.
10. Rahab mar neach fuair buille bäis
mion-bhriseadh leat gu beachd ;

Do naimhde sgaoil led ghairdein trén.
11. 'Sleat neamh is làr araon:
An domhan mór is na bfuil ann
'stu chruthaigh iad gach aon.
12. Aird' tuaigh is deas, do dhearnadh leat
Tabor, is Hermon sliabh,
Sâr-ghairdeachas nî siad lecheil
a tainm fein, 's ad ghniomh.

13. Bun-ridheadh neartmhur agad 'ta
lamh laidir, ard-lamh dheas.
14. Siad comhthrom is ceart-bhreathamhna
caidreadh do chathaoir deas:
Theid grâs is firinn roimh do ghnúis
15. Ampobal 'sbeannuight' iad
Fuair eolas air an fhuaim ro ait
thug tshocal seach a nleud:

Gu haighearach siobhlaidh iad a Dhé,
a nsolas glan do ghnúis.
16. A tainm bid aoibhneach feadh an lô:
togfar led' cheart, a ngcûis.
17. Os tu is dreach, 's is fcaid dan neart:
togfar ar nadharc led' ghean.
18. Ti naomhtha Israheil ar righ:
'sar dion se Dia marsin.

19. Andsin a nraiseadh labhair thu
red' sheirćin naomh, ag radh,

Do chuir me cabhar maith adtaic
re duine gaſt thar châch:
Fear thógfadh is do thaghadh leam
on phobul ud gu caomh.
20. Mo mhacáomh Daibhidh fuair, an tî
dhung me lem' oladh naomh.

21. Gheibh ſé mo lamh gu ſocrach leis:
bheir neart om' ghairdein dó.
22. An namh cho bhi a nſás na chuid:
no mac an uilc re bheö.
23. Na fhiaghnais buailfidh me gu lár
a eaſcairdeadh gu leîr:
An dream thug fuadh gu naimhdeoil dó,
iad ſgiurſuidh me gu geur.

24. Achd mfhirinn is mo ghräs bid leis:
togſar a adharc am' ainm.
25. San fhairge cuirfidh me a lámh,
lamh dheas aig ann 'ſgach abhann.
26. Riom éighidh ſé, Is tu mo Dhia,
'ſtu m'athair, is ſliabh mo ſhláint.
27. Ní 'ſáird' é no gach righ ta bhos,
'ſ mo chéd-ghin, ni, rö dheant.

28. Mo thrôcair coimhdidh dhö gu ſiôr,
ſeaſmhaidh mo chumhnant leis.
29. A chathair mar aimſir fhlaitheambnas,
mairfidh a ſhíol a mfeaſt.
30. Mas eadh gu ntréig a chlann mo lagh,
am' chomhairlibh 'ſnach gluais:
31. Da mbriſſeadh iad mo ſdatuinn cheart,
'ſnach coimheud m'aitheanta ſuas.

32. Do fhiosruighim a ncron le. slait;
a nlochd le buillibh cruaidh.
33. Mo ghradh achd ni mbuin uadh gu tì
cho teirig mfhirinn uaidh.
34. Cha chaochail neith do radh le mbhe
cho bhris mo chumhnant fein.
35. Eun uair fam' naomhachd mhionnaigh n
do Dhaibhi breûg nach dean.

36. A chathair am' fhiaghnais mar ghrêin:
mairfidh a shliochd gu ſíor.
37. Bith-shocrach mar an ghealach iad,
'ſmar fhiaghnais fhior na nſpeur.
38. Achd thilgfis dhiot, is ghabh tu graín
re tungtha fein ghabh fearg.
39. A neimh-bridh chuirfis coimhcheangal
do fhearbhont fein gu dearbh:

Gu neimh-prîs chuir a chorôîn ard,
da thilgeail ſîos gu lâr.
40 Gach fâl is faſgadh bhriſeadh leat,
'ſa chaiſlein leag le târ.
41. Sé 'ſcobhartach do luchd an róid:
maſladh da chomharſnaigh.
42. Lamh dheas a naimhdeann thog tu ſuas:
rinn aoibhneach iad gach neach.

43. Faobhar a chloidhimh mhaólaigh thu:
nior fheaſmhais leis ſan chath.
44. A dhealradh choiſg, is theilg gu lâr
a cathair-riogh, gan rath.
45. Aimſir a óig' a ngiorraid' chuaidh,
é dſholuigh nâir' gu dearbh.

46. Thu

Thu fein, a mfoluigh feaſt a Dhé?
an loiſg mar theine, tſhearg?

Cuimhnigh gur gearr mo ré: creud as
fa ndearn gan ſtá na ſloigh?
Cia neach 'ta beó nach faic a mbás?
é fein an ſaor on uaigh?
Ca bfuil do chaibhneas caoimh o ſhoin?
do mhionnaigh thu, a Dhe,
Do Dhaibhi mar chúis dhileas dheas
nochdfais a tſhirinn ré?

Toibheim do mhunntir, cuimhnigh fein;
mar jomchras me am' ochd
Daor-thalcais dhearnadh oirn on tſluagh
'ta tabhachdach 'ſa nolc?
An ráith' thug teaſcairdeadh, a Dhe,
ar chemna tungtha fein.
Dia bu ma beannuight' é gu bráth
Amein agus Amein.

## SALM XC.

'UDH tu ar náite tamh a Dhé,
ar feadh gach linn a riamh.
Sol chruthuigheadh an talamh fein
an ſaoghal is gach ſliabh:
O chian na gcian is tuſſa Dia.
3. Glan-ſgrioſſar leat gach aon:
Achd labhraidh riú aris fa ſeach,
Tillibh a chlann na ndaoin.

Oir mile bliadhnna dhuit, a Dhe,
'taid mar a ndaé chuaidh thart,

Is famhluighť riotſa 'ta a chaoich
mar fhaire oidhch gu ceart.
5. Do bheir tu leat iad mur le tuil,
mar chodal iad gu leir:
Ar maidin moch gu maiſeach mîn
grad fáſaidh mar a mfeur.

6. Gu moch fuidh dhéis atâ 'ſſo bhlàth,
buainnt fiós ma aoîch, do mheath.
7. Oir chaitheamh ſinn led chorruidh gh
chräidh tſheargſa ſinn gu ſeth.
8. Chuir tu ar lochd, 'ſar neugcoir mh
a tſhiaghnais ann 'ſgach cúis,
An cron rinn ſinn a nuaigineas,
a ndealradh glan do ghnuis:

9. Oir chuaidh ar naimſir ſeach, a tſhe
ar bliadhnna chaith mar ſgeul.
10. Deich bliadhann is trí fichead, ſiad
ſin ceann ar lô 'ſar ſaoghail;
Ceithir fichead achd da raibh aig neach
bhridh tuille neart is treoir,
Grad ſgathaidh ſaothair iad ſios, is bró
is teichidh ſinn ſa dheoigh.

11. Cia da mbfuil fios ar ſpionnadh tſhe
reachd feirge tra bhios ort?
Reir theagail 'ta do chorruidh dhúinn
do thuill uait rabhart goirt.
12. Teagaiſg' ar laithe áireamh, dhûinn
'nar dligh' gu bi ſinn buan:
Re gliocas chum gu teann ar gcroidh'
ma ndteid ar nanail uainn.

Till Dhe, cia fhad? ma d'mhuintir fein
  nochd dhuinn gur haithrigh leat.
O fásuigh finn gu much led' ghrâs.
  gach la gu bimid ait.
Aird-mheanmnach aoibhneach deunfa finn
  reir laoi ar nan-hghar geirt,
Do réir na bliadhnna lionmhar fós
  do chunnaic finn an olc.

Feuchfar do ghniomh dod' dhaoine fein;
  taifbein do ghloir da ngcloinn.
Ur-fgeimh is fnuadh an Tighearna Dia
  gu dealradh oirn gu cruinn:
Is beannuigh faothair chneafd ar lamh,
  fud focruigh oirn gu ceart -
Ro bhunailteach is deantar fós
  obair ar lamhann leat.

## SALM XCI.

Idh bé an âite diomhair Dhé
  is aird, ni tamh le dreach,
Sé chomhnuigheas fuidh fgâil a fgé
  'ta uile-chumhachdach.
Ma nTighearn' labhraidh me mar fo,
  mo dhidean é ro dheas,
Mo dhaingneach is mo Dhia gach ló,
  ni me mo dhochas as.

Gu deimhinn faoraidh é anios
  as fás an éundoir, thu:
On ghalar mhoir ró-ghraineoil fös
  ni tanacal le clu.

4. Is jathaidh jumad leis a chlûimb,
dôchas fuidh ſgë do nî.
A fhirinn bithidh dhuit na ſgia,
'ſna thargaid ré, a chaoich.

5. Uabhas na haoich, ſiamh cho chuir
no ſoighde luâ an lô.
6. Cha nadhbhar eagail duit a phläigh
ſan dorcha ſhiobhlas leô:
No nſgrioſadh dimhilteach, do chlao
ma mheadhon laoi, le theas.
7. Red' leath-taoibh tuitidh mìle ſluaigh
deich mìl' aig do lamh dheas:

Achd ſud cho tig a mfoigſe dhuit.
8. Feuchuidh amhain led' ſhuil,
Is chi tu tuaraſdal luchd uilc-
teachd orr' o Dhia na ndúl.
9. Chiond Dia gu dearrnas duit na thea
mo thearmunn, an ard-righ:
10. Eun ghalar ghrânn cha taobh do thig
olc dhuit cha tarrla chaoich.

11. Oir orduighidh da ainglibh naoimh
curam do ghabhail diot
Dod' choimhed is dod' theaſairginn
ad tuile ſhligh' gu fior.
12. Nid tiomachar 'na nlamhaibh ſuas,
nach buail do chos re cloich.
13. Air leôghan ſaltruidh tu gu dán,
ar nathair fôs led' chois:

Air dhrâgun-thein', is leôghan óg
ſaltruidh do chos gu brâth.

Fachûis gur leag ſe orm a ghrädh,
é ſaortar leam do ghnâ:
ıridh mainm gu b'aithnidh dhô gu maith
ſuas togſam é an áird.
Lua-ghoirſidh ſé na chruadhaig orm;
is freagraidh me gan chaird.

heibh onoir agus fuaſgladh uam,
na eigin bithim leis.
Buan-bheath' a dhïol do bheir me dhô,
gheibh rïs mo ſhlaint' a mſeaſt.

## SALM XCII.

I tabhairt buidheachas do Dhia
is maiſeach maith an ni,
)án molaidh thogbhail fôs do tainm
A ſhior oſciond gach tí.
Do chairdeas chur a ngceill gu moch,
gach aoich, is tſhîreantachd;
Ar nabaild, jnneal na ndeich teud,
'ſar chláirſigh chaithreamach.

Dir dhearnais ſubhach me tre d'ghniomh
nim uaill ad' ſhaothair ghlan.
Ca mordha t'oibrigh O mo Dhia!
rô dhomhain fós do ſmuain.
Aig ûmidh brûideoil ni bſuil fios:
ſo, amadan cho tuig.
Tra ſháſas drochdhaoin' mar a mfeúr,
'ſmar pflûire ré, luchd uilc:
ıûd fáth dhoibh eirigh ſuas gu brais,
gu ſgrioſtar iad gu bräth.

8. Achd

8. Achd thuſ' ata rô ard a Dhé,
mairfidh tu fein do ghnâ.
9. Oir féuch, do naimhde O mo Dhia,
oir feuch do naimhde geur
Theid ſiad a mugha, ſgaoiltear fôs
daoin' eugcorach gu leir.

10. Achd madharcſa togfar leat an āird
mar adharc bhuabhoil threîn:
Le hola úr gu cumhra caoin
ungthar mo cheann leat fein.
11. Mo ſhúil ar meaſcairdeadh do chî
mo mhian: is chean mo chluas
Gheibh ſgeul mo lúdh theachd ar an da
a maghaidh dheirigh ſuas.

12. Mar phailm-chrann cinnidh duine coî
ſmar Chedaîr Lebanaon.
13. Lîon ſhuighdheadh an áros Dé
fâſaidh na chúirt gach aon.
14. Deagh-thoradh, nă'n aois ârfaidh ſi
do bheirid uath do ghná:
Is bithidh iad gu háluinn úr
is reamhar dlu gu bráth.

15. Do chum gu gcuirfeadh ſud a gceill
Dia gu bfuil trebhdhireach:
Mo charraig daingean é, ni bfuil
eun eugcoir ann, gu beachd.

## SALM XCIII.

TA Dia na righ, ar ſceadughadh
le mordhalachd gu deas,

n Tighearn' euduight' ta le neart,
è fein do chriofruigh leis:
o fhocruigheadh an faoghal fôs
jondas nach gluaiftea linn.
ocrach do chathair-righ a gcian;
o chian na gcian thu fein.

Ta tuiltigh thog iad fuas, a nguth:
thog dile fuas, a nguth:
arbh-thonn, 'fna fumaineadh thog fuaim,
na bileadh dhat gu tiugh.
'a Dia gu hard ni 'fneartmhur cruaidh
na toirm na niomhdha tuil:
ghaifge, 'fmô thug mach do bhuaigh
no tuinn na fairrg' ar ghail.

Do theaftais 'taid ro chinnteach cheart
a Thighcarna do ghnâ;
tlachdmhur thig red' theampul naoimh
an naomhachd ghlan gu brath.

## SALM XCIV.

Dhia da mbuin an dioghaltas
da mbuin fúd, nochd thu fein.
'og fein, a bhritheamh talmhuin fuas:
luchd diomas diol gu trén.
'a fhad a Dhé, aig luchd an uile
leamh-ghloir gu huallach dán?
a fhad do bh úcas iad beairt chruaidh;
na daoi re râith' gach aon.

Dod' phobal conablach do rinn:
is toigreachd bhuail gu goirt.

6. Do mharbh ſiad banntrach, coigreach ſ
is dilleachdan do mhort.
7. Gidheadh a deirid, Dia ni mfaic:
Dia Jacob cho ghabh ſ'beis.
8. Tuigibh, a ûmidh meaſg an tſluaigh
'ta brûideoil ion bhur bêus:

Ca huair a bhaoidheadh, bhios ſibh gli
9. Neach rinn an tſûl nach faic?
An ti do chuir a chluas na ſuigh',
nach cluinn é fein gu maith?
10. A mfear bheir ſmachd ar gheintileach
nach cronuigh ê gu geur?
An neach thug tuigſe do gach ti
nach tuig gach ní ê fein?

11. Is fioſrach Día ar ſmuainte dhaoin',
gur diomhaineas an ſeadh.
12. Fear gheibh do ſmachd, is beannuight
gheibh teagaſg fôs od' lagh:
13. Do chum gu bfuaigh ſê fois is tamh
on aimſir ghábhaidh ghoirt,
Gu nuig a gclaoichthear ſlochd no uai
don' duine aingidh olc.

14. Oir Dia cho trêig a oighreachd fein,
cho tilg a phobal dheth.
15. Achd tillidh breitheamhnas re ceart
leanaidh gach trebhdhireach.
16. Cia dheirgheas ar mo ſhonſa ſuas,
anadhaidh luchd an uilc?
Cia ſheaſmhas leam anadhaidh dhaoin'
an cugcoir chuir gu buil?

Mun' bhi an Tighearn' chuidigh leam,
luigh manam, toſt, gu cas.
Tra dubhras, Sgrioſadh 'ta mo chos,
do throcair chum me ſuas.
A mſmuaintibh jomarcach a ſtigh,
ata re tagra teann,
habh manam, 'los nach mûchſadh é,
od' ſholás aoibhneas buan.

A mbi aig cathair na heugcorach'
eun chomain riot a mſeaſt
hog ſuas an taimhleas môr le lagh,
tre innleachd dhealbhadh leis?
Anadhaidh anam duine chöir
grad cruinnighid re chéil,
ail neimhchiontach do dhaoradh leô,
breath bhaîs thug orr' a mbeil.

Carraig mo thearmunn ſé mo Dhia:
mo chadhas Dia rö thrén.
Na naingeachd ſgathaidh Dia iad fôs,
bheir adhaidh 'nuilc orr' fein.

## SALM XCV.

Tiocfam, cânſamaoid do Dhia,
is fonn an ghairdeachas
a ceölmhar cuirſeamaoid do chum
carraig ar ſláinte, ſuas.
Tiocfam na fhiaghnais fein, 'ſa ghloir
le buidheachas gu caomh:
togfam jolach aoibneach dhô
le fonn na nſâlma naomh.

3. An Tighearna, 'ſ Dia môr é fein,
righ môr oſciond gach dia.
4. Na laimh 'ta doimhneachd uil' an tſaog
is leiſin neart na nſliabh.
5. Is leis an fhairg', ſé chrutháigh é:
tîr tioram rinn a lamh.
6. O tiocfam; geillmid, ſleachdmaid
is leigſim ſ'íos gan tamh,

Amfiaghnais Dia ar cruthaigheoir
7. Oir ſe ar Dia gan cheiſt,
Sluagh ſinn da chluain, caoirigh da lá
ren ghuth a niugh da néiſd.
8. Bhur gcroidh' na cruoighibh mar ſar
an lô na buaidhreadh geír.
9. An tan ſan fháſach chathuigh orm
bhur naithreacha gu leir,

Dhearbh iad, is chunnaic ſiad mo ghn
10. Súd geineoil thuirſigh me
Ar feadh dhá fhichead bhliadhnn 'ſa chr
ſin, labhair ris gach tí,
Súd ſlogh 'ta ſeachranach a ngcroi
mo ſhligh' nior thuig gu beacł
11. Ar ſin, doibh mhionnaigh me a 1
dom' chlos nach reachfuid ſteacl

## SALM XCVI.

O Sinnibh ôran nua do Dhia,
gach tîr grad ſinnibh dhô.
2. Canfaidh is beannuighidh a ainm
nochduibh a ſhláint' gach lô.

nnſibh meaſg chinneachdainn a ghloir;
a mhirbhuilte meaſg ſluaigh.
)ir Dia 'ta mór, jonmholta é:
ar uile dia thug buaigh.

)ir dee na ngcinneach, jodhoil iad:
achd flaitheas rinn ar Triath.
a onoir roimh', is mordhalachd:
'ſna theampul, neart le dreach.
'abhraibh gach fine ſluaigh do Dhia,
môr-ghreaghnachas is neart.
chlú 'ta dfhiachaibh uaibh da ainm
tabraibh do Dhia gu ceart:

hofrail târrfaibh nios da chúirt.
. Sleáchdaibh do Dhia gach tî
naomhachd dhealrach: roimh a ghnúis
grad criothnuigheadh gach tír.
abraibh meaſg na ngcinealach
Dia 'na chathair-rioghà 'ta:
ocruightear an ſaoghal, nach gluais,
:eart-bhreith ni dhoibh gu bräth.

odh gairdeachas ar flaitheamhnas
is aiteas ar gach tír:
bheâcadh tonn-ghail a chuan,
is na bfuil ann gu fiór.
odh machair aoibhneach, 'ſna bfuil ann,
'ſgach crann 'ſa choille dhlû.
oimh Dhia; oir thig le mordhachd mhör,
tiocfaidh le gloir is clû,

chum gu gceaſnuigheadh gach tír:
is breathamhnas gu dean

Le ceartais ar an tſaoghail mhoîr,
'ſſe firinn ar na daoin'.

## SALM XCVII.

TA Dia na chathaîr fein gu fiór,
gach tir biodh aoibhneach as:
Deanadh na hoilein lionmhar môr
ni lór do ghairdeachas.
2. Taid neoil is dorchádas fa chuaîrt:
gliocas is comhthrom cinnt,
Da chathair 'ſ âite comhnuidh iad,
ni ſocrach ê gach linn.

3. Ta teine roimhe, loiſgeas ſuas
a naimhde 'ta ma chuairt.
4. A theinteach ſhoilſigh ſúd an ſaogh
'ſa dhealanach gu ceart:
An talamh chunnaic, chriothnuigh
5. Na ſleibhte leagh mar cheir
Amfiaghnais Dé: Dia le nab leis
an cruinneſſ gu leir.

6. Do ſhoillſigh neamh a ſhireantacl
is chi gach ſluagh a ghlöir.
7. Air dhaoin' ni riar na nïomhaigh g
gu dtigeadh amhluadh môr,
'S air mhéid ni maôidh a hiodholai
adhraibh don' ſhïor-Dhia ſhuas
Gach ti fuair ainm ar bhi na dhia
meaſg daoin' is aingil fôs.

8. Na neitheſe gu tigeadh iad
chual Sion, is bhi ait,

nn inghinn Iuda gairdeachus
arſon do bhreathnas cheart.
ir Dia 'ta ard oſciond gach tîr:
ard thu oſciond gach dia.
uadh naimhdeoil tabhraibh ſeach don olc,
O dhaoin' thug gaol don' Triath.

nna a naoimh oir dîonaidh ſé,
fuaſglaidh o laimh na ndaoi.
Chuaidh ſolas glan don' tſaoi a chur
aoibhneas don' cheart a ngcroidh.
) deanaidh gairdeachas a nDia,
a dhaoine fireanach:
cuimhniughadh a naomhachdſan
nór-bhuidheachas tugaibh ſeach.

## SALM XCVIII.

Sinnibh óran nua do Dhia,
oîr mirbhuilte do rinn:
lheaſlamh is a ghairdein naomh
hug buaidh amach dhô fein.
ſhlânaigh do chuir Dia os áird,
lo nochd a chomhthrom cheart
nſealladh na nſluagh gheintileach
gu follaſach, le neart.

iochd is fhirinn chuimhnigh ſé
lo theaghlach Iſräeil:
annaic, an ſaoradh rinn ar nDia
mill an tſaoghail gu leir.
gfaidh do Dhia ard-chiuil gu hait,
ia bfuil 'ſa chruinne chi:

Gu glôrach, aoibhneach, ſinnibh dhô
le moladh mór a chaoich.
5. Sinnibh do Dhia le clarſigh ghleûſt,
le cruit, 'ſle Salm, gach tí.
6. Le gall-tromp, fuaim a bhondâin fôs
dean ceôl roimh Dhia an righ.
7. Ard-bheâcadh ſairge, is a lân:
an ſaoghal 'ſgach neach atann.
8. Buaileadh na tuiltigh bas re chéil,
fâr-aoibhneas ar gach beann.
9. A nlathair Dhe, oir 'ta ſé teachd
do bhreathnughadh gach tír:
Le comh-thrôm breathnuighidh an ſaoghal
'ſle ceart an ſluagh gu leir.

## SALM XCIX.

TA Dia na righeachd fein, 'ſna ghlóir,
ar bhall-chrioth biodh an ſluagh:
Se ſhuigheas eidir cherubim,
tuiſleadh an talamh truagh.
2. Ta Dia a nSioin, mórdhalach,
ard é oſciond gach ſluagh.
3. Tainm uabhaſach, mhór, moladh iad
oir naomh atâ re luadh.
4. Is inumhuinn le neart an righ
ceart-bhreathamhnas gu beachd:
Cóir ſhocruigh thu, an Iacob ſuas,
chuir beínn, is fireantachd.
5. O, Dia ar Tighearn' árduighibh
bhur glûn leig fuidhibh dhó,

ig ſdol a chois gu homanta:
oir naomh ata gach lô.

Bhi Maois is Aaroin meaſg a chléir
is Samuel meaſg na ndaoin'
inn athchoinnidh gu geur re Dia
is fhreagair ſé gu caoin.
Do labhair ſe gu cairdeach riu
a ngcolumhain an neul:
theaſdais choinnhed iad, 'ſa reachd
do fuaradar o bheul.

Iad fhreagair thu, O Dhia ar Triath:
budh Dia thu logh an lochd
e tugſais orra dioghaltas
arſon an aiſintleachd.
Glôir Dhê ar Tighearn' tógaibh ſuas,
is adhraibh dhô gu deas
eart aig a thulach naomh: oir 'ta
ar nDia rô naomh a mſeaſt.

## SALM C.

INNIBH gu hait do Dhia, gach tîr.
2. Is deanaidh ſeirbhis dô
le haoibhneas: tiocfaidh fôs na lathair
gu fonnmhar fial gach lö.
Bibh fioſrach gur hê 'nTighearn' is Dia,
ſé chruthaidh ſinn gu leir,
cha ſinn ſein; nar ſluagh dhô 'tá,
'ſda inbheara nar tréud.

Ar 'gheataibh deanaidh 'ſteach le clû
da chûirt le moladh naomh:

Mór-bhuidheachas dhô tugaidh ſeach,
ainm beannuighibh gu caomh.
5. Oir Dia Jehobha maith atá,
bith-bhuan a ghräs is iochd,
A fhirínn mairfidh fós do ghnâ
don' uile ál re teachd.

## SALM CI.

SInnim ma thrócair is ma cheart:
O Dhia, dhuit ſinnidh me.
2. Le críondachd ni me m'iomchar fein
ar ſlighe dhíreach ré.
Ca huair dom' jonnſaidh thiocſas tu?
ſûd cleachdfuidh me a ſtigh
Bi gluaſachd chaoich le croidh' gan che
gu diongmhalta am' thigh.
3. Cho chuir beairt dona roimh' mo ſhûl
is fuadh leam obair dhian
Na ndaoine theid ar leath on cheart,
cho lean é riom a gcian.
4. An gcroidh dothſmachdaidh cuiream uai
cho ghabh me ris an trû.
5. Fear-cáineadh chomharſan o chûl
ſgrios bheir me air gu dlû:
Fear ſealladh ard, croidh' uaibhreach fe
cha nſhulaing me am theach.
6. Bi m'ſhuil ar fírenidh na tîr
gu comhnuidh leam fa ſeach:
An tí bhias trebhdhireach na júl
nî ſeirbhis dhanh a lamh.

uchd-muinntir fligheach; mealdach, dán,
ni mſuaigh am' ſhardoich, tamh:
Ni mſan am' amhrug, bunailteach,
feär aithriſeadh na mbrêug.
Gu moch ni me drochdhaoin' na tír
an ſgrioſadh ſios don' eug:
Do chum marſin gun amais me
ar luchd án uilc arſad
Do ghearradh is do ſgathadh ſios
o bhaile Dhe gan ſtad.

## SALM CII.

DHIA eiſd re m'urnaidh: tiocſadh ort
mo ſcreadach bochd gu cas
Na foluigh uam do ghnúis ſan lô,
thig amhghar orm gu bras:
Aom riom do chluas: tra ghlaodhas me
Dhia freagair me gan támh.
Mar dheattach leathnuigh maimſir uam,
'ſmar theallach loiſgth', mo chnámh.
Mo chroidh'ta buailt','ſmar ſhéur gan bhridh:
no bhiagh do dhearmaid meis.
achûis fuaim m'oſnaidh chruaidh, a Dhé,
mo chnamhann theann rem' chneas.
Mar phellicán na fáſach 'táim:
'ſmar chòileach aoich na ngleann,
Mar ghealbhan ar druim teach le fein
re faire 'tainn gach am.
A dimdhearguigh mo naimhde me
ar feadh an lö, gu leir:

Na

Na daoine ghabh an cuthach riom
mhionnáigh a maghaidh fein.
9. Oir luaithreadh d'ith mar aran, me,
a mdhigh chuir me na deöir:
10. Arſon na gaile feirg bhî ort
'ſdo thorruidh reachdmhur mhoir.

Oir thog tu meis an aird: is ris
leag ſìos gù talamh me.
11. Mo láithe 'taid mar ſgâil ag aôm:
'ſmar luibh chuaidh eug, do bhi.
12. Achd mairſidh tuſſa, Dhe, gu brát
'ſdo chuîmhne dö gach linn.
13. Ag eirghe, ni tu trocair air
do Shion fein gu cinnt;

Am tſhurail di, oir thainig nois,
ám ſhunnruigheadh o ſhean.
14. Ná clochaibh, ghabh do mhuinntir, tlach
dâ hüir, is thug ſiad gean.
15. Gabhaidh marſin na finich borb
eagal riomh ainm Dhé:
Gach righ ar domhan gabhaibh ſiad
ſamh riomh a ghlöir gach ré.

16. Deagh-Shion 'nuair do thogbhas Dia
na mhordhachd chithear é:
17. Bheir guidh' an aimbeartach fanear,
'ſcho tilg a ghearan uaidh.
18. Sgriobhtar na neitheſe le cheil
arſon an âl re teächd:
An ſluagh do chruthaightear dar' nêis
bheir gloír do Dhia ſa ſeach.

19. D

. Do fheuch ſé fein on bhall is áird
da ionaid naomhtha ſhuas:
O fhlaitheamhnas a damhraic Dia
ar talamh truagh anuas,
. A dheiſteachd bûireadh phrîoſunaigh,
do fhuaſgladh cuibhreach teann,
Na ndaoine dhorduigheadh gu bás;
21. 'Sa chur a gceill gach am

An Sioin ainm Dhe, 'ſa chlû
a ndeagh Jaruſalem;
2. Tra fhreagoras na righeachda, Dia,
'ſ tra chruinnigheas gach dreâm.
. Mo neart do león ſé ann ſa nróid;
do ghiorraidh ſé mo laîth.
. Mo Dhia, radh me, na glac me nois
a meadhon m'aois gu lua:

Do bhliadhnna feadh gach linn ataid.
25. Is fad on lá, a Dhe,
Far chuirfis talamh trom ar bun,
do lamh rinn flaitheas fein.
. Theid iad a mugh', achd mairfidh tu:
aois luighidh orr' mar bhrat;
Mar thruſcan caochlaidh tu iad fös
is claochláighdear arſad.

7. Achd ionand thu; 'ſ gan chríoch ar thaóis.
28. Is ſliochd do mhuinntir fein
A tſhiaghnais mairfidh, is an ſiol
bid ſocrach mar a gcedn.

## SALM CIII.

O Manam, 'ſna bfuil ionnam ſtigh
Dia beannuigh, 'ſ ainm naomh.
2. O manam, beannuigh Dia, 'ſna leig
od' chuimhn' a ſhochair caomh.
3. Neach mhaithimh dhuit do lochd gu lei
liaighais gach tinneas fös.
4. Neach cheannuigh tanma o ſgrios,
is dhiath do cheann le grâs.
5. Neach ſhaſuigheas le maith do bheul:
mar jolair nuaigheas t'öig'.
6. Cuiridh ceart-bhreathamhnas a ngnion
do dhaoine creacht' gach dóigh.
7. Thug fios do Mhaoiſi ar a ſhligh',
a ghniomha d'Iſräeil.
8. Ta Dia rô jochdmhur trocaireach:
is mall gu feirg é fein,

Is pailt a throcair, 'ſmör a ghrâs
9. Cho troid é rinn do ghnâ:
Cho taiſg a chorruidh ſuas gu buan,
cho las a ſhearg gu brath.
10. Nior dhearnadh rêir ar bpeacadh dhûinn
nior dhíol ſé oirn ar lochd.
11. Reîr airde flaitheas thar gach tír,
da mhuinntir 'ſ amhluidh jochd.

12. Comhſhad 'ta äird an ear on jér:
thog ſê ar peacadh uainn.
13. Dia, da luchd eagail, gabhaidh truaigh
mar ghabhas athair da chloinn.

14. A

4. Ar gcumadh 'ſaithnidh dhô, 'ſar gleûs:
gur ûir ſinn chuimhnigh fós.
5. Ta aimſir dhuine mar a mſeûr:
mar pflûr na faithche, dſhás.
6. Ar dol don ghaoi thart, thêid ar dhî:
cha n'amais air, a âit.
7. Achd trocair do luchd eagail Dê
a ſaoghal na nſaoghal atá.
Ta fhireantachd do chlainn a gclainn.
18. don dreâm ni coimhed ghlan
Air choimhcheangal, is aitheanta naomh
do ni le cuimhne buan.

?. A chathair dheaſuigh Dia ar neamh;
da righeachd gheill gach nî.
?. Dia beannuighibh a aingle deas
fior-chalma chruaidh do bhi,
Is déiſt re fuaim a bhriathra caoin,
uil' aitheanta chuir gu buil.
i. Dhia beannuighibh a uile ſhluagh,
'ſa mhiniſdri ni a thoil.
2. A oibrighthe arſad anois
ſior-bheannuighibh an Triath:
Ar feadh a Thighearntus gu lêr:
O manam beannuigh Dia.

## SALM CIV.

O manam, beannuigh Dia mo Thriath
'ſmôr tinmhe, Dhia na mſeart,
Sâr-onoir agus greaghnachas
mar thruſcan chuirfis ort.

2. Le ſolas ſceadaigheas tu fein
mar eudach glei-gheall mín:
Na ſpêura ſeinfis fós amach
mar phubuil arras ghrinn.

3. Neach chuireas ſaileadh ſheomra ſuas
an uiſgeachaibh na nſpeúr;
Rinn neoil na ngcarbud dó, is ghluais
ar ſgê na gaoi da reír.
4. Na nlaſair thein' a mhiniſdreadh,
aingil, nän' ſpioraid, rinn.
5. An talamh ſhocruigh ar a bhonn
nach gluaiſtea é gach linn.

6. Na doimhne chuir tu imp' mar bhrat:
ſtad uiſg oſciond na mbeann.
7. Aig tachmhaſan theich iad: aig guth
do thairnean, ſhruth gu gleann.
8. Theid ſuas ma ntſliabh,'s fan chomhnurt ſió
don jonad dhearnas dóibh.
9. Do chuirfis crioch, nach rachfuid thart:
'ſ nach mûchfadh talamh faóidh.

10. Na fiuchhidh-uiſg chuir chum na ngleann
'ta ſruthadh ſeadh na ngcnoc.
11. Gach ainmhidh, freaſdal digh gheibh uath
allt-aſſail chaſg an tart.
12. Na mſochair comhnuidh nán' eallt éun
'ta binn ar bharr na ngcraobh
13. Na tuilm o ſheómraibh dhuiſgigh ſé:
is ſhäſuigh ar gach taobh;

Lion toradh glan do ghniomh an ſaoghal
14. Fâs ſcoir thug thu don ſpréidh.

Thu;

Thug luibheanna gu foghna dhaoin',
 á talamh bheir ſe biagh:
5. Is fiön ni croidh fa leôn, gu hait:
 le huinnimid da ghnûis
Ni dealrach î, is aran blaſt
 bheir neart da chroidh' ar thûs.

6. Is brioghmhar craobha 'nTighearna,
 lán ſúgh 'ta cranna Dé:
Na cedair 'ta an Lebanon
 le lamhuibh ſhuighidh ſé.
7. Mhar 'bfuil na héunlaith denamh nid:
 is çaidreadh giuis don ſdorc.
8. Tearmunn fiagh-ghabhar monadh ard;
 mian conuidh, cairge thort.

9. Los áimſir rannadh do gach neith
 an ghealach dorduigh ſê:
Thug áithne é don' ghréine dhil
 ar äm dol fáoi gu ré.
10. Ni tu an dorchadas tra 'ſaill,
 is thig an aoich gu lûa:
Andſin gach fiagh-bheathach na mfrîth
 eûloighid mach fa gcuairt.

11. Na leoghann ôg re beäcadh cruaidh
 a ndiaidh 'ngcobhartach,
Air Dhia ag jarraidh proinne bìgh,
 'ſna bfuil do dhî, fa ſeach.
An ghrian tra thig nar ſcalladh rîs
 grad tionoilidh re cheil,
Is luighidh iad gu ſamhach ſíos
 na ngaradh dîon gu leir.

23. Théid duin' andſin amach da ghniomh
'ſda ſhaothair gu feaſgar faoin.
24. O Dhia, ca hiomadach do ghniomh
a ngliocas rinn gach aon:
Do tſhaibhreas pailt 'ta ntalamh lân.
25. Amhluidh mhuir ſhairſinn mhôr,
A bfuil na ſnâmhoich lîonmhur leaſg'
le piaſdaibh beag is mör.

26. Annſúd na luinge táid ar ſeôl,
'ſ a nlebhiathan garbh
Do chruthuigh, is do orduigh thu
do ghabhail aighear, na ſealbh.
27. Taid ſud gu leir ag feathamh ort:
biagh ghabhail uait na thrâ,
28. Grad tionoilidh na bheir tu dhoibh:
do oſguilis do lámh,

Is liontar iad le neithibh maith.
29. Tra fholuighais do ghnúis
Theid as doibh: bheir tu 'nanail uath',
gheibh bás, is théid dan ûir.
30. Do ſpiorad cuirfais rís amach
iad cruthaightear as úr
Ath-nuaghuightear don talamh fôs
a aghaidh ar gach iûl.

31. Mairfidh gloír Dhê na mfeart a chaoidh
na oibribh gabhaidh tlachd.
32. Ar talamh damhairc ſé, is chrioth,
thog ceó tra bhean re cnoic.
33. Nìm ceöl do Dhia ſeadh dhamh bi beo
dom' Dhia ſeadh dhamh bhi ann.

Ro-mhilis bid mo ſmuainte air:
a nDia bi m'aoibhneas buan.

Glan-ſgrioſtar peacaich as an tſaoghail,
drochdhaoin' nach bîd ni 'ſmö:
manam beannuigh Dia na ngrás,
o molfaidh é gach ló.

## SALM CV.

Tabhraibh buidheachas do Dhia,
ſior-jarraidh ainm naomh?
ghniomhartha a meaſg an tſluaigh
deun fiosrach iad gan tamh.
Cêol deanaidh dhó, le Salmaibh binn:
ma jongantus, dean ſgeul.
Croidh' dhaoine dhiarras Dia biodh ait,
na ainm ag deanamh uaill.

Dia jarruibh, is a neart gu teann:
jarr éudan ré gu bräth.
Cuimhnigh a mhirbhuilte do rinn'
gniomh annamh, ghléus a lámh;
uig breathamhnas a bhêil araon.
6. Shîol ôglâich Abraham:
fhliochd ud Jacob thaghadh leis.
7. Sé ſo, ar nDia gach am,
bhreathamhnas 'ta ann ſgach tír,
8. Cuimhnigh a chumhnánt rinn
Do ghnâ; a mfocal dhorduigh fós
gu nuig an míle linn.
A choimhcheangal re Abraham,
'ſdo Iſaac móid thug ſeach.

10. Na

10. Na chunradh buán do Israel,
'sdo Jacob dhearbh na reachd.
11. Ag radh, Dhuit bheirim tír Chanaan
dar noighreachd fûd an crann.
12. An tan so-áireamh bhi na daoin',
ro thearc, 'sna ncoigrich ann.
13. Tra chuaidheadar o thír gu tír,
o righeachdaibh gu sluagh.
14. Chronuidh sé ríogha ar an sgáth,
eugcoir ni leig na ntaobh:
15. Na beanaidh nois re m'ungth', ar se,
ar mfhaighibh lochd na dean:
16. Na cheand sin tug sé gort don tír,
bhris lorg an arain fein.
17. An macaomh Joseph chuir se romp',
neach reic siad a nriocht tráill.
18. Le geimhlibh ghoituigh siad a chos:
fhás jarrann air gan dáil.
19. Gu nuig a ntainig fhocal fhîor,
dhearbh focal Dé é cas.
20. An rígh chuir chuig', is ainic é:
leig ceann an tsluaigh é as.
21. Rinn uachdaran deth ar a theach,
is feadhmanach da stoír.
22. Na prionnsa cheangal mar a thoil:
thug ciall da bhrithibh mór:
23. Ghabh Jacob cuairt a nduthaidh Han
sa nEghipht, Israel.
24. A phobul mheuduigh sé gu mór:
shâruigh na naimdeann fein.

25. Croid

roidh' luchd na Heighiphe d'iompoigh se
da phobal thabhairt fuadh.
1 tiocfadh 'rìs, da mhuinntir fein
beairt ſligheach, eôlach, uadh'.

Do chuir ſe Maois' a ôglach chiuin,
is Aaron taght' gan cheiſt.
A ghniomh neimh-ghnáthach a ntír Ham
'ſa chomhthar, nochd na measg.
Thug dorchadas, is dorch do bhi,
nîor chas iad ris a ghuth.
Chaochail an uiſgeacha gu fuil,
is mharbh an jaſg gu tiugh.

Na loſgainn chinn, nâ ntîr gu pailt
a ngcodal-tigh na nrigh.
Thog cuileoig eugſamhla le ghuth,
is mialtóig ſeadh na ngcrioch.
Cloch-ſhneacht da nſearthain dhearnadh
lán-laſair theann, 'na ntír. (leis,
Craobh ſigis, ſionoin, mhilleadh leis,
Is bhris gach crann 'ná ngcrîch.

Tra labhair, thainig lócuiſdigh:
cnuimh-chognaidh ghrânn, nach gann.
Chnaoi ſuas gach luibh ghlas-uain na tîr
is ſhluig gach toradh ann.
ach ceid-ghein mharbh ſé fôs 'na ntír:
na fir budh gaſda deas.
Thug mach le hairgiod jad, 'ſle hôr:
aon lag, cho raibh na nmeaſg

B'ait Eghipht tan do imigh uadh':
oir ghabh ſiad eagal romp'.

39. Budh ſholas, teine dhoibh ſan aoich:
dhjath neul, mar bhrat, a ncamp'.
40. Ghrios iad, is gart-eòin thug ſe dhoib
aran o neamh, an ſàth,
41. Dhòirt uiſg' a cairrge, dfhoſguil Dia
'ſa chruaidh rioth abhann lua.
42. Oir chuimhnigh ſê a ghealladh naomh
'ſa ſheirciun Abraham.
43. Le haoibhneas thug a phobal mach,
'ſle ceôl, a rogha dream.
44. Is tîr na ngcinneach thug ſe dhoibh;
do mheal iad ſaothair an tſluaigh.
45. A lagh 'ſa ſtatuid los gu dean:
O molfaibh Dia ſadheoigh.

## SALM CVI.

A Dh-molſaidh Dia an Tighearna
le Hellelujah binn.
Dhö tabhraibh buidheachas, 'ta maith,
mairſidh a ghrâs gach linn.
2. Gach gniomh ro neartmhur Dhé na mſear
cia fhéadſas chur a ngceill?
Cia meaſg na naingeal is na ndaoin'
nochdſas a chlû gu leir?
3. Beannuight an dream do leanas coïr,
'ſa nti ni ceart gach trá.
4. Dhia cuimhnigh me led' chaibhneas caoin,
ler leanas luchd do ghradh:
O fioſruigh me led' ſhaoirſe fein:
maith luchd do ghaoil gu bſaic,

Ní

ı môrtachas le toighreachd, Dhé:
'fled' chuideachd bhreagh, gu hait.
Do pheacaigh ſinn lér ſinſeàrdhaibh:
rinn ſinn gu haingidh olc.
Sa nEighipht toibridh jongadach
nior thuig ar naithre bochd:
Níor chuimhnigh t'jochd ró jomdhadach
ſa nfhairrg' achd las iad é,
A fhearg do bhroſnuigh iad gu dän
aig a mhuir ruagh, gach gné.

Gidheadh do ſhaor ſé iad ar ſgäth
a ainm 'ſa onoir fein:
Do chum gu tugádh ſe dhoibh fios
ar meâd a fheartann trén.
Do ſpreig ſé a mhuir ruagh gu cruaidh,
iś thriomaigh ſûd î ſuas:
Amhluidh trid dhoimhne threóruigh iad,
mar thrîd an fhâſach nuas.

. Iś dhïdnigh iad o laimh an fhir
do fhuathuigh iad gu trom:
Shaor fós o laimh an namhuid ghéir
dan rûnn a bfagbhail lom.
. Chuaidh tuilteach thar an eaſcairdeadh,
nïor fhagbhadh haon diobh beó.
. Andſin do chreidfid fhocal ceart,
is ſhinn a chlu gach lô.

. A ghniomha dhearmadar gu lua,
nîor an re chomhairle ré.
. Achd jlmhian ghabh ſan fhäſach iad,
ſan dirbhtheach bhuaidhrid Dia.

15. Is thug ſe dhoibh an athchoinnigh,
achd càoil dán anam leis.
16. Ghabh tnû re Aaroin, naomh ûd D
'ſre Maois 'ſa Champ ſa ris.

17. An talamh dſhoſguil ſin a bheul,
is ſhluig é Dathan ſios.
Air bhuidhionn dân Abíram fôs
nâ tulgna thainig nios.
18. Na ngcúideachd dſhadogh teine garg
loiſg laſair ſuas na daoi.
19. Aig Horeb rinnſiad Laodh, is ſtrío
don' dealbhan leaght', na baoidh.

20. Marſin an riochd daimh, itheas ſéu
do chaochail ſiad a nglór.
21. Dia am' fear-ſaoraidh leig a cuimhn'
an Eighipht rinn neith mör:
22. Beart jongantach a nduthaidh Ham:
beairt uamhur ſan mhuir ruagh.
23. Bhri ſin, a dubhairt Dia ſan âm
gu ſgrioſadh ſé an ſluagh;

Mun' bhi gur ſheas a ſheircin Maois
'ſá bhearrnadh riomh a ſhearg,
Do thilleadh uadh a chorruidh mhor,
'ſnach claoitheadh jad gu garg.
24. Dôn' tîr ro-aluinn cho tug ſbeís:
nior chreidfid focal Dê.
25. Achd talach rinn na mbòthannibh,
'ſníor éiſd re ghuth gu re.

26. Chiond ſin, na naghaidh thog a laml
leag iad 'ſan ſhâſach lom:

27. Thei

Theilg bun osciond an ſiol meaſg ſluaigh
dan ſgaoileadh ann ſgach fonn.
Le Baal- pëor dhaontuigh ſiad,
d'ith jobarta na marbh.
Sûd mar do bhroſnuigh fhearg le 'ndôigh
'ſbhuail pläigh na meaſg gu garbh.

Sheas Phinehas annſin, is chuir
ceart-bhreathamhnas a ngniomh.
An tinnis choitchiond rîs do ſguir
ceart mur nach biodh riamh.
Sûd mheaſadh dhó na jonnracas
gu nuig gach linn gu brath.
Thug fhearg aig ſruth na conſpoid mach,
is Mâoiſ' dhiol ar an ſgáth:

Fâchuis gur ſhearbhuigh ſiad a chroidh',
guth dian gur leig ſo uaidh.
Nior ſgrioſſuid as, na cinnidh borb
reir aithne fuair o Dhia:
Achd chomhmuiſg iad re ainchreidmhigh,
is dſhoghluim ſiad a ngniomh.
Gu gealtach gheill dan' jodhoilibh
bhi dhoibh na phaintér riamh.

Do jobradar an inghinn aill'
do dheamhnaibh, is a mic.
Do dhort ſiad fuil neimhurchoideach,
fuil mic is inghean, tric,
Dream dhioc ſiad d'iodhoilibh Chanaan
ſhaluigh an tir le fuil.
Sin, lean riu ſal an obair féin,
ſdriopuigh le mbëus gu tur.

40. Sud

40. Sud fâth o laſadh corruidh Dhé
re phobal ſhaor a lamh,
An mëid gur môr do ghabh ſe gráin
da oighreachd fein, gàn tamh.
41. A nlaimh na ncinneach thug ſe iad
thug ſmachd orr', luchd a mfuat
42. Fa mhurſantachd, 'ſſa éigin cbruai
chuir naimhdeann iad gu lua.

43. Do theaſaírc ſé gu minic iad;
achd las le ngcomhairle é,
Thug nuas annſin, 'na ntruaghoin i
arſon a ngcionta fein.
44. Gidheadh thug ſe fanear an drip,
tra chual an ſcreadach goirt.
45: A chùmhnant chuimhnīgh ar an ſo
bhrîdh aithrigh, logh an lochd,

Reír lionmhûireachd a throcaireadh.
46. Do thug ſé ar an dreím
Bi riu gu hiochdhmhur acarthach
thug leó a mbruid iad fein.
47. Dhia dîon, is tionoil ſinn gu leir
on fhineach gharg amach
Gheibh tainm naomh uainn buidheac
is clú gu caithreamach.

48. Beannuight' gu raibh Dia Iſräel,
marſin o chian na ngcian:
Is freagradh ſûd an ſluagh gu leir
Amein. O beannuigh Dia.

SA

## SALM CVII.

Altuighibh do Dhia, os maith:
a ghrâs oir ſiorraidh 'ta
Lion choſainn Dia, ſúd abradh iad,
ſhaor ſè o laimh an namh:
s thionoil mach iad as gach tir,
on aird n'ear 'ſa nïer.
n phort ma thuaidh, 'ſon' airde deas,
on mhuir amach, mar dhjarr.

an fháſach chuaidh ar ſeachran jad,
cëim uabhaſach gun dûil,
athait comhnuidh ann, ni fuaradar
d'éis doibh bi ſgîdh na njûl.
ota is ocras orra bhi,
an anam mheath na ngcorp.
nnſin na n'amhghar ghlaodh re Dia,
ſhaor Dia jad as gach olc.

s threoruigh ſë amach gach neach
thríd choiſcheim dhireach dheas,
ndas gu ſiobhladh jad gu lua
gu baile comhnuidh, leis.
udh mhaith gu molfadh daoine Dia
arſon a mhaitheas caoin,
chiond a ghniomha jongantach
dhearnadh do chlainn na ndaoin?

ir anam bhios a ngeall, gheibh ſáth;
croidh ocrach, maitheas mór.
Lion ſhuigh gu dorch' a nſgáil a bhàis
ceanguilt an jar'n gan treoir:

11. Do bhridh gu dearnadh ceannairc le
anadhaidh bhriathra Dé
Is taleais rinn ar chomhairle
an ti is âird gach gnê.

12. A tug ſe uime ſin anuas
angcroidh le ſaothair theann:
Do thuit iad ſios, is cho raibh neach
a dheanadh furtachd ann.

13. Annſin, nan' anfhôrlan, 'ſ na ncás
leig iad an ſgread re Dia.
Fuair foirdhin uaidh na néigin, iad
is fuaſgladh as gach truaigh.

14. A duibh-aigeann 'ſa dorchadas
iad thug ſê mach gu léir
O dhubhar bháis do ſgaoil ſe iad;
a ncuibhrigh bhris o cheil.

15. Mânêrachd daoine mholfadh Dia
arſon a mhaitheas caoin,
Is chiond a ſhubhaltuigh ro mhôr
dhearnadh meaſg chlâinn na ndao

16. Oir bhris ſé chean' na comhladh
crainn jaruinn ſgáinn gu dian.

17. Ta neimhdhaoin', chiond an mighn
'ſ a neûgcoir, fulang pîan.

18. An anam do gach biagh, ghabh
dhruid iad ré doirrſe bais.

19. Nan' anſhôdh eighidh iad ré Dia
iad ſaoruidh as gach guais.

20. Do chuir ſé ſhocal mach na mſea
is leighis iad gu lua.

ach ſgrioſadh gábhuidh bhi na meaſg,
do theaſruig jadſa uadh.
O dhaoin', da ndeanta ceôl do Dhia
arſon a mhaitheas caoin,
chiond a oibridh mhirbhuilteach
dhearnadh do chlainn na ndaoin'.

Sár-jobairt bhuideachuis jocſadh iad,
innſeadh a ghniomh le céol.
An dreïm theid ſios don' ſhairg, a nluing
re gnoidh' 'ſna huiſgibh môr.
Siad ſin chi oibridh ghlormhar ghlan,
ain-jongadh Dhê 'ſan doimhn'.
Se orduigh thog ſê gaoithe garbh
a dhatſas ſuas na tuinn.

Ta dîorghadh ſuas na ntor don' ſpeur;
don' ghrinneal tuitidh rîs,
ǀid anmna na ntaiſdileach
bhrîdh annro, leaghadh ſîos.
Ar jomain 'taid gu tuainealach,
ſan tuiſleadh fös do bhi
thaobh gu taobh mar dhuin' ar mheiſg
gan fhios ac', creud do ni.

ǀin gairidh iad na ndteinn, ar Dhia,
iad buainidh as gach ſâs.
ǀn doinionn ſâgbhuidh ſé na chlos
'ſna tuinn na ntoſd, bheir nuas.
ǀs furſailteach annſin gach ti
bhridh gu bſuil ſois is támh,
ǀn chaladh-port ba runn le ngcroidh
iad ſdiuiridh rîs, a lamh.

31. Budh mhaith gu molfadh daoine D
arſon a ghrâſa caoin,
Is chiond a ghniomha jongantach
dhearnadh do chlainn na ndaoine.
32. Is môruighthear le honôir ê
a ngcoimhthionail an tſloigh:
A ngcomhdhail fôs na nſeanoireadh
togſar a chlú ſa dheoigh.

33. Rinn ſâſach do na haibhnibh, Dia
tobra, na ntalamh cruaidh.
34. Tîr tharbhach dfhâg gan toradh a
aig olcmhas beatha an tſluaigh.
35. An ſâſach-ni ſê iompöigh rîs
gu bi na lochan uiſg:
An talamh cruaidh gu maiſeach mîn
na thobraibh nï, gach toiſg.

36. Is bheir ſê ar an ocrach thruagh
ſâr-chomhnuidh ghabhail ann,
Do chum gu deaſaigheadh dhoibh fe
cathair bhunanta da gceann;
37. Shiolchur na ngort, 'ſna maghair
ſhuighiugh' na ngargha fîon,
Do bheireadh' toradh uadh gu pailt
chum foghnadh do gach ní.

38. Tra bheannuigh iad, chraobhſgaoil gu
call nï leig ar an ſprêidh.
39. Aimh-lionmhar crom do fhás iad
trid chreicheadh, chradh, is cl
40. Air phrionnſuibh maſladh dortair
cuiridh ar ſcachran iad

mſáſach folamh, mbar nach bſuil
eun euil ar ſad no lëud.

Gidheadh o thriobloid cuiridh Dia
an aîrd, an tainnis truagh:
ir-theaghlaidheadh do nï dhó ſuas
amhluidh mar thréd, le ſluagh.
Chi ſûd na daoine jonnrac ceart
is gabhaidh aoibhneas glan,
chd eugcoir, is gach olcmhuireachd
druididh ambéul gach am.

Gibë 'ta glic, is bheir fanear
na neithes' mar ata
ıeibh tuigs' ar mûirn' is mör-ghrâdh Dé
don mheid ni thoil do ghná.

## SALM CVIII.

Dhia, mo chroidh 'ta gléuſt, bheir me
lem' ghlôir deagh-cheôl is chlû.
ûiſgim me fein gu moch: 'ſmo chruit
muſguil, is adhbhuidh ciuil.
hia molfam thu ameaſg an tſluaigh,
meaſg chinnich ſinnim dhuit.
ir 'ſmôr do ghrás oſciond na nſpeûr,
tſhrinn re neoil do dhrüid.

i ard a Dhé ad' mhordhalachd
oſciond na mflaitheas fein:
o ghloîr 'ſdo ghreaghnachas oſciond
an chruinne t'ann gu leir.
dhaoirſe chum gu bfuaſglar leat
do phobal jonmhuin fein,

'Saor finn led' dheaſlaimh chumhachda
'ſ me freagair mar a gcedn.

7. Na naomhachd labhair Dia na nſluag
ni meis úr-ghairdeachas:
Tír Shechem roinnim: tomhas fós
gleann Succoth gheibh gu cas.
8. 'Sleam Gilead, is Manaſſe 'ſleam;
ſé Ephráim gu beachd
Is neart dom cheann, o Judah fôs
ata mo lagh ag teachd.

9. Móabh na ſhoigheach jonnlaidh dhan
thar balla Eadhoimh 'ſ teach
Brog tilgidh me, Philiſtia
ort bheir me buaigh amach.
10. Cia bheir me ſuas don' bhaile threin
gu Héadomh ſheólas me?
11. Nach tú Ó Dhia, do dhíobair ſinn?
'ſ lêr ſluaigh nach dtéid thu; Dhê

12 Foir oirn o thriobloid, is o thruaigh
os diomhaoin congnamh dhaoin';
Thríd Dhia ni ſinn gu hurrandach
thaltras ar naimhde dhûinn.

## SALM CIX.

O Dhia mo chlu, na bi ad thoſd.
2. Oir dfhoſgladh beul na nda
Beul bhriongach, teangca bhreúgach 'ta
re an-chaint orm a chaoich.
3. Le ſuadh-chaint' chuartuighid ſiad m
gan adhbhar chathuigh riom.

4.

Nan naimhde 'táid arson mo ghaoil,
achd dhearnadh urnaidh leam.

Olc dhíol siad riom an eraic mhaith,
fuadh chiond mo ghaoil 'smo dháimh.
Cuir drochdhuin', Dhe, an uachdar air
Satan aig a dheaslaimh.
Cra bheirthear breath air, daorfar ê,
measfar a ghuidh na chionc.
Glacadh duin' eil' a oifig uaidh,
a laithe gu raibh tearc.

Nan diobrachan gu raibh a chlann,
'sa bhean na banntrach truagh.
A shliochd a chaoich na nruagaireadh
ag seireadh déarc on tsluagh:
'S na háitibh fásaight' aca fós
iarradh a mbiagh le baoghal.
Sladadh an ragair leis a chuid:
'S an allmhurrach a shaothair.

Nar rabh neach ann, bhios truacant ris,
dá dhilleachdainn nî iochd.
San ath-linn sgriosfar as dan ainm,
is sgathar sios a shliochd.
Biodh peacadh athar a gcuimhn' aig Dia
nior ceilsear cron a mhathar.
A ngcuimhne fós chur as an tsaoghail
biodh súd do ghná ad' lathair.

Chiond, trocair nach do chuîmhnigh sé
achd foiréigin is claoi
Ar deoraidh bochd, 'sdo mharbhadh leis
an fear bhi brist a ngcroidh.

17. Mar b'andſa leis bi mollachadh,
ſud tarrla dhò da reir:
Do bheannachd, cédſàch mar nach rai
biodh amhluidh uaidh agcéin.

18. E fein, le cáineadh mar le brat,
mar ſceaduigh ſé, gan tamh;
A indeachadh mar uiſg' na chliabh,
ſmar ola-cnaoi da chnamh.
19. Biodh dhô mar thruſcan chuireas âir,
'ſna chrios ma leaſraidh ghnà.
20. Biodh ſo na dhuais o Dhia dom' nam
ar manam ráithe ata.

21. Achd deunſ' a Thighearn' ar mo ſho
as uchd thainm, gu treûn:
Fachûis gur maith do throcair fós
ſaor meiſi uadh' gu leïr.
22. Oir eaſbhach truagh ataim, 'ſmo chroi
ionnam ar lot gu géur.
23. Chuaidh me ré ſgáil, tra aomſas ï,
mfhuadagh mar bhrioſgan-feûr.

24. Threig ludh na ng'ûn le troſgadh, m
is theirig ſaill om' fheoil.
25. Chrath ſiad a ngceann, ag amhrac orn
cûis fanoid dhoibhſi miuil.
26. Foir orm O Thighearna mo Dhia,
díon meiſi reir do ghrás.
27. 'S gu naithnidh iad gur ſo do lamh,
'ſgur tuſa rinn ſûd ſuas.

28. Biodh iadſa tabhairt mollachd ſeach
achd iocſa beannachd uait,

Ag eirigh dhoibh, biodh orra nâir':
achd tôglach gu raibh ait.
Eûduighthear m'easčairde le näir':
is cumhduigheadh iad fêin
Le hathais is le hamhluadh môr
ceart mar le giobal breun.

Mo bheul bheir moladh mór do Dhia,
'san chuideachd, bheir gach lô.
Së sheasmhas ar laimh dheis don bhochd,
nach daorfar anam leó.

## SALM CX.

DA re mo Thighearnsa do rädh
suigh suas ar mo laimh dheis
Do naimhdeann no gu dean me dhuit
nan ſdòl gach ti, ſa d'chois.
An Tighearn' cuiridh chugad fós
a Siodhoin slat do neart:
Measg teascairdeadh ro ghuineach gheur
ſîor-imir riaghail cheart.

A nlô do chumhachd tſhocal ni
do phobal, deônach dhuit,
A bhronn na maidin bheir do ghrás-
an âitibh maiseach naomhth':
id macrúidh ôg a fhâsas duit
mar dhrúchd 'ra pailte, grinn.
Do mhionnaigh Dia, 'sníor ghabh se fein
cun aithreachas re linn,

Teir inmhe, 's örd Mhelchisedec
gu bráth is sagard thu.

5. Bheir Dia ma d'dheas, fáth tridh na m
an nló a chorruidh riû.
6. Meaſg chinneach bheir ſé comhthrom ſe
ni conablach 'ſgach áit:
Cínn-ſheadhna mhôr na niomdha tîr
fagbhaidh trom-buailte, ſáitht'.

7. Don äld a ſhruthas ſios ſan-roïd
deoch ôlfaidh ſe gan châird,
Bhridh ſin, le gloïr is clu gu hait
togaidh ſê ciond an âird.

## SALM CXI.

O Tabhraibh moladh ſeach do Dhia,
le muile chroidh bheir mis,
A ngcomhthional na ntrebhdhireach,
'ſna neireachd, moladh nois.
2. 'Smör oibreadh Dhe, dheagh-rannſuigh
na daoine ceú ḟâch dhibh.
3. A ghniomh 'ta glôrmhar onorach,
mairfidh a cheart a chaoich.

4. Thug ſé a mhirbhuilte gu cuimhn':
'ta Dia lán iochd is grás.
5. Biagh thug ſê da luchd eagail fein:
ni cuimhn' air ghealladh, ghnâ.
6. Da phobul thaiſbein neart a ghniom
thöirt oighreachd ſinich dhoibh.
7. Siad ceart is firinn, ſaothair a laimh
'ſcinnteach a lagh, gach döigh.

8. Ta aitheanta ſeaſadh ſocrach buan,
a mfirinn deant, 'ſa nceart.

Sár-ſhuaſgladh chuir da phobal, é,
is d'orduigh Dia na mſeart
A chumhnant gu biodh buan: a ainm
naomh, urramach gu brath.
. Is toſach gliocais eagal De,
deagh-cheill ſann aca 'ta,

Is buaidh mhaith leanaidh orra fôs
ni aitheanta De gu ſiôr:
A ghlôir, is adhbhar mhôr a chlû
dhö mairfidh ſuas gu ſíor.

## SALM CXII.

CEOL naomhtha tôgaibh ſuas do Dhia.
Beannuight an duine 'ta
An eagal De, ghabh tlachd gu môr
na aitheantaibh cô r gach lä.
A ſhïol bid neartmhur ar an tſaoghail:
jarmad na ndaoine ceart.
Bîd beannuight; daoine dîreach rê
gheibh beannachd Dhe na mſeart.

Soirbheas is ſaibhreas bïd na theach,
a cheartais mairfidh chaoich.
Thig ſolas chuig' 'na dhorchadas
bhios trebhdhireach a ngcroidh:
Os duine grâſmhur é, län iochd
bith-jonnrac 'ta ö thûs.
Ta deagh-dhuin' caoineoil, coinghiollach:
le criondachd ſdiuir gach cûis.

Gu dearbh cho ghluaiſſear é amſeaſt:
bî cuimhn' ar ſaoi agcian.

7. Nior heagal leis droch ſgéul, o 'ta
croidh daingionu aig a nDia.
8. A chroidh 'ta ſocrach, geilt cha ghabh
rûnn air a naimhdibh, chi.
9. Do ſgaoil ſé uaidh, is thug don bhoc
'ta chomhthrom roimh' a chaoich

Le honoir togfar adharc ſuas.
10. Le croidh' goirt chi an daoi;
'Sa fhiacla gearraidh, leaghaidh as:
mian drochdhuin' théid ar dhi.

## SALM CXIII.

FONN cheôlmhar ſinnibh nois do Dh
Hallelujah ag radh,
O ſibhſe 'ta nar muinntir dhö,
molfaibh ainm gach lá'.
2. Is gu ma beannuight ainm Dhé
o ſo a leth a mfeaſt.
3. O éirigh gréin ionchanuigh é
ga ionad luigh' gan cheiſt.
4. Ta Dia ro ard oſciond gach tír,
thar flaitheas fein a ghloir.
5. Cia 'ſcoſmhul ris ar Tighearna Dia
'ta 'chomhnuidh ſhuas gu mór?
6. Neach umhluigheas é fein, 'ſgu mfaic
gach ni ar neamh 'ſar lár.
7. On aoileach thogſas ainnis lôm
'ſan truaghan tröm on bhlár:
8. Meaſg phrionnſaibh los a chur na ſhuig
reir runn a chroidh, 'ſa leas:

Le ceannairdibh an tſluaigh gu lèir
gu ſuidh é fein gu deas.

'igh gu bi aig mnaoi aimrid fós
ga choimhed ſuas, bheir Dia.
'S gu bí gu bait na mathair chlainn.
O molfar linn an Triath.

## SALM CXIV.

A Heighipht tra chuaidh Iſräel,
tigh Jacob tra chuaidh mach
O luchd na-canamhain eachdranach
le iolach ait, 'ſle dreach;
. Treabh Juda bê a thearmunn naomh,
Iſráil a Thighearnas.
. A mſairg tra chunnaic, theich gu lua;
bhuail Jordan ar a hais.

. Mar reatha mear', leím ſleibhte mŏr,
chliſg cnoctha beag mar ûain.
. Creud dfhairigh thú, a mhuir, thug as?
Creud Jorthan, far ghabh uainn?
. Mar reath', a bheandaidh creud far léim?
'ſa tholma beag mar ûain?
. Gabh crioth, a chruinne láin, roimh Dhia;
Dhia Jacoib, tearmunn dûinn.

. Sé dfhág na lochan uiſg, an tſliabh,
is leàgh na clocha cruaidh:
An charraig mhŏr chloich-theine fŏs
na thobar dhearnadh uaidh.

## SALM CXV.

NIor dhuinn a Dhé, ni idir dhûinn,
achd beir do tainmsi glóir:
Ar sgärh do ghrás is tfhirinn ghloin,
'ſ arſon do throcair mhôir.
2. Creud as ſa nabradh cinneachdainn
Ca bfuil a nDia anois?
3. Ar nDia ata ar flaitheamhnas,
rinn ſê gach ní b'äill leis.
4. Airgiod an jodhol ſûd, is ör,
na obair lamhann daoin'.
5. Beöil aca 'ta, gan cheileabhradh;
ſûl, achd, cha leír dhoibh maoin'.
6. Lean clûaſa riu, gidheadh cho chluinn
ſrón, boladh nach do ghabh.
7. An lamhann 'ta gan laimhſiughadh;
dá chos, ar ſiobhal nach raibh;

Ni mó tre nſcornan labhras jad.
8. Na daoine dheilbh iad ſuas
Chuaidh ris na dealbhaibh, is gach neac
earbſas re didin uádh'.
9. Dean bun a Dia, O Iſräel;
'ſe 'ſcongnamh dhoibh, is ſgia.
10. Thigh Aaroin, dôchas cuir' ſan Triath
an dîon 'ſa ntargaid Dia.

11. Ris earbſaibh, lión dan eagal Dia
an cabhar is an díon.
12. Rinn Dia ſár-chuimhne oirn gu leir
is beannuighidh ê ſinn,

Sê bheannuigheas teach Isráel,
tigh Aaroin beannuigh sé,
3. Is beannuighidh luchd eagal Dé,
beag agus môr gach rê.

4. Gu mör-mhór cuiridh Dia a nméad
sibh fein agus bhur gclann.
5. Atataoi beannuighte o Dhia
rinn neamh is lâr atann.
6. Neamh, is na flaitheasa, 'sle Dia:
fuair talmhan, clann na ndaoin'.
7. Lion chuaidh gu támh, cha mhol iad Dia,
ni mó na mairbh saraon.

8. Achd buidheachas is beannachadh
bheir sinn do Dhia gu brath,
O so amach gu marthanach.
Moltaibh an triath do ghnâ.

## SALM CXVI.

DIA 'sionmhúin leam, do bhrïdh gu gcual
mo ghuth 'smo ghearan fôs.
. Do ghairfim air re mbheö, sachûis
gur aom se riom a chluas.
. Dhiath iomam goith is guin an bhâis,
ghlac pianta ifrionn me.
Do chailgeadh me le dhealgnaibh géur,
crádh thainig orm, is caoi.

. Ghoir me annsin air ainme Dhe:
Saor manam, guidhim ort.
. Is ceart 's is grasmhur Dia, lán jochd
don chroidh bhios brûite goirt.

Sár-choimhdidh Dia an tſimlidh truagh,
orm dfhurtigh ſé, 'ſmi león.
7. O manam, till dod' chlos, oir Dia
rinn ſochair dhuit gu caoin.

8. Oir ſhaoradh manam leat on bhás,
a Thighearna Dhia na ndûl.
O thuitim chonbhadh leat mo chos,
o dhéuraibh chum mo ſhûl.
9. Nois gluaiſidh me a nſir na mbeó
a mfiaghnais Dhia na glór.
10. Do bhridh gur chreidfeas, labhair me
fhàruigheadh me gu môr.

11. Gach duin', ata na bhréugach dán,
am dheithfir labhair meis.
12. Creud fhuraileas me nois ar Dhia
chiond uile thoirbheartais;
13. Cailis na ſaoirſe glacaidh me,
gairfim ar Dhia 'ta beó
14. Láthair a phobuil uile nois
diolfam mo mhóideann dö.

15. 'S rö ridhmheach bás a naoimh' aig Dia.
16. Uch Dhia, 'taim móglach dhuit,
Do ſhearbhont, mac do bhanöglaigh:
mo gheimhleadh fhuaſgladh leat.
17. Dhuit jocfam jobairt bhuidheachais,
gairfim ar ainme Dhé.
18. Mo mhôideann diolfam nois don' Triath
a nlathair a ſhluaigh gu leir.

19 A ngcúirtibh mhûirneach theach mo Dhia,
O thuſ' Jaruſalcâm,

'Ta

'Ta deas na ſuigh' ad lår a ſtigh.
O molfaibh Dia, gach dream.

SALM CXVII.

Rígheachda an tſaoghail gu lér
nois tiocſaidh ſteach le cëol:
iach pobal molfadh Dia, 'ſgach ſluagh,
ſë chruthaigh na bfuil beó.
Oir ſó-chroidheach dhuinn ë gu mör,
ſo-chaidridh fós ata:
A fhirinn mairfidh tre bhioth ſíor.
Molfaibh gach ti, bhur Dia.

SALM CXVIII.

O Beiridh buidheachas do Dhia,
oir maith ata ſé fein:
Fachûis gu bfuil a mhacantus
ag maireachdainn agcein.
Nois abradh Iſraëil gu bfuil
a ghráſa maithanach.
Tigh Aaroin naoimh, gu bfuil faraon
a throcair caóin, gu brath.
Nois abradh dreim dan eagail Dia,
iochd gu bfuil aig a mfeaſt.
Am amhghar ghair me ar an Triath,
Dia ſhreagair me gan cheiſt,
An âite fairſinn chuir ſé me.
6. Ta Dia ag ſeaſamh leam,
Ni heagail leam, fa neart na ndaoin',
gach aon da neirgheadh riom.

7. Ta Dia ag ſeaſamh ar mo chrann
le meudſa chuidigh leam:
Mo rúnn do chi me uime ſin
ar dhaoin' an 'míorûnn riom.
8. Sfearr dochas chûr a nDia na ngräs
no 'nduine 'ta ſan ghreîn.
9. Sfearr Dia do ghabhail mar chultact
no prionnſa móra trén.

10. Sgrioſſám gach drong do chuartuigh m
an ainm Dhé na nſloigh.
11. Do jadh is théiſdeadar ſam chuairt:
tríd Dhia, achd gheibh a nelaoi.
12. Mar bheicheadh thiomchiolluigh ſiad m
achd chaſgadh iad arís
Mar theine droighean: oir an ainm
mo Dhia, iad ſgatham ſiôs.

13. Sâth nimhneach thugfais chugam féin,
is thulgſadh meiſi leat
Do los gu dtuitfinn ſiós fa d'chois,
achd chuidigh Dia me uait.
14. Sé adhbhar m'ôran Dia, 'ſmo neart,
mo ſhlánaigh nois a chaoich.
15. Glór ghairdeachus, is ſuaim na ſlaint'
'ta 'mpailuinn na nſaoi:

Rinn deaſlamh Dhé gu tabhachdach
16. Thog deaſlamh Dhë an äird:
Gu cruathalach rinn deaſlamh Dé,
17. Ni mſuigheam bäs gan chaird:
Achd mairfidh, cuiream ſos a ngcêill
gniomhartha Dhê 'ſgach cäs.

; goirt ſmachduigh Dia me: achd nach tug
tur thairis me gu bás.

Dhamh foſglaibh port na côrach ſuas
is gabhaidh me a ſteach
thabhairt moladh dhligheach uam
do Dhia 'ta os gach neach:
So geat ar nDia, théid orra ſteach
na daoine trebhdhireach.
Dhia, molſam thu, oir chual tu me:
mo ſhlaint' is tu gu beachd.

An chloch do dhiult na clochaireadh
cloch-bhráigh' na huillinn ſi,
Sûd obair Dhé, 'ta jongantach
re amharc air, gu fíor.
So lá do dhearnadh dhuinn le Dia,
bîam ro ſhuilbhir ann,
Foïrdhîon nois, guidhim ort a Dhé,
cuir chugainn ſonas buan.

Beannuight' an neach do thig nar meaſg
an ainm a nTighearna mhoîr:
Do bheannuigh ſinne ſibh o chian
a hâros Dhîa na gloir.
Se Dia an Tighearna, thug dhúinn
ſolas is ſoirbheas ſén;
An jobairt ceanguilibh le teûd
re adhaircibh 'naltoir fein.

Is tu mo Dhia, ſîor-mholſam thu;
ſîor-ärduighim mo Dhia:
Dhó tugaibh buidheachas, 'ta maith;
a throcair mairſidh 'ngcian.

SALM

## SALM CXIX.

### ALEPH.

IS beannuight' na bfuil glan 'ſan tſligh,
lîon ſhiobhlas a-nlagh Dhé.
2. Beannuight' na daoin', a theaſtas ní,
'ſle nuil-chroidh dhiarras é.
3. Eugcoir nì dheunaíd ſúd, no lochd:
gluaiſſid na echlidh' ghlan.
4. Do áithin thu gu gcoimhdeadh ſinn
do reachd gu toigheach buan.

5. Dan ſdiuirtheadh mjúl ar cheïm do lag
O b'aoibhin damh an ní.
6. Tuil' aitheanta tra bheir me fanear,
orm, cho chuir maſladh, chaoich:
7. Bheir me le chroidh rô threbhdhireach
gu meanmnach moladh dhuit
Ar foghlaim dhamh do d' chomhthrom dhea
an bhreathamhnas, gu hait.

8. Do ſtatuideadh gu gcoimhead me
'ſe rûnn mo chroidh gach ré:
O Dhia, na díbir me gû heûg,
gu tur na tréig me féin.

### BETH

9. Creud ghlánas iûl don' óganach?
reir tſhocal ſtiúradh î.
10. Na leig od' reachd ar ſeachran me,
dhjarr thu le m'uile chroidh.
11. A taghaidh los nach dean me lochd,
cheil tſhocal ann mo chroidh.

Dhia teagaiſg dhamh do ſtatuid dhlû,
os beannuight thu, a chaoich.

Le m' bheilidh chuir me uil' a ngcéill
deagh-bhreathamhnas do bhëil.
Budh ait a njûl do theaſtaîs me
mar ann ſgach neith, ſan ghréin.
Air thôrduigh beachduighidh mo chroidh,
aîr hechlidh 'ſmôr mo ſpéis.
Ad' ſtatuid 'ta mo ſhäimh, 'ſmo thoil:
'tſhocal om' chuimhn' cho dteïd.

## G I M E L.

Re töglach dean gu toirbheartach:
a Thighearna na mfeart,
Gu mbïam beó marſin tríd ghrâs
ag coimheid tſhocal cheart.
Foſguil mo ſhuileann dhamh, 'ſgu bſaic
od' lagh beairt jongnadh, me.
'Sa chruinne 'taim am' choigreach bochd:
na ceil uam taitheanta, chaoich.

Is manam ſgaradh 'ta, a ngeall
air do bhreath cheart gach am.
Daoin' uaibhreach, mollaight', chronuigh thu
chuaidh ſiar ar thaîtheantaibh glan.
Tog mîmheas uam, is maſladh gêur:
do theaſtas choimheid me.
Na ro-dhâoin' is na prionnſa môr
labhair am' adhaidh, Dhé;

Achd ſmuaintigh tôglach fein gu beachd
air do dheagh reachd do ghnä.

24. Do

24. Do theaſtais fôs a ſiad mo thlachd, is luchd mo chomhairle, 'ta.

## DALETH.

25. 'Ta manam leanmhuin ris an úir: reir tſhocal beóthaigh me.
26. M'iúl chuir me 'ngceill, is chual thu do ſtatuidh, teagaiſg i.
27. Tóir tujgſe dhamh ar ſligh' do rea gach áithne chuireas uait:
Air hoibridh jôngnadh annamh rís ſior-labhraidh me gach áit'.
28, 'Ta manam leaghadh ſîos le brôn: reîr tſhocal neartuigh me.
29. Fiâr-ſligh' na breïge ſeachain uam, is deónuidh dhamh a Dhé,
Do lagh gu gradhach caonmharthach dom'ſheöladh ann ſgach beairt.
30. Fíor-ſligh' na firinn thaghadh leam: chuír romham do bhreith cheart.
31. Lean me re d' theaſtais dlú: a Dhé na cuir gu náire me.
32. Theid me ar jûl do lagh am' rith, tra leathnuighis mo chröidh.

## H E.

33. Dhia teagaiſg ſligh' do ſtatuidh dhan gu deire coimhdim i.
34 Toîr tuigſe dhamh, is ni do thoil, ni me le m'uile chroidh.

Tóir orm bi triall a nceîm do lagh:
oir maoibhneas ann atá.
Aom chum do theaſtais ſein mo chroidh,
'ſ mor hann chum ſainnt gu bráth.

O dhearcadh ar an diomhaineas
mo ſhuileann till a Dhé:
is beóaigh gu hard-mheanmnach
ad' ſhlighe dhîreach, me.
Tſhocal, dot' ſhearbhont, ſocrach dean,
oir ghëill do teagail mis.
Till uam' mhîo-ghloír, chuir eagal orm:
oir 'ſmaith do bhreathamhnas.

Feuch lean me fein gu curamach
an diaghaidh t'orduigh cheart:
O beóaigh me a tſhireantachd
Dhia threbhdireach na mſeart.

## VAU.

Tiocſadh do throcair orm, a Dhé,
'ſdo ſhláint' reir tſhocal cheart:
Freagradh bheir me marſin don' ſhear
rinn talcais orm gu fiat.
Oir earbſuidh me re tſhocal naoimh.
3. Na tôir om' 'bheil anois
ocal na firinn, Dhé, gu tur:
o dhearb red' bhreathamhnais.

Is amhluidh coimhidſim do lagh
gu bioth-bhuan ar gach achd.
Is ſiobhlaidh me gu ſaor-lamhach,
oir dhjarr me riamh do reachd.

46. Ma d'theaſtais labhraidh me gu d
abſiaghnais righthe tren,
Eun mhaſladh dheth, no nâire thro
cho ghabthar ſin leam fein:

47. Do taitheanta, 'ſtoigh leam, gabham t
48. Togſam mo lamhann ſuas
Chum taitheanta 'ſinmhuin leam: is
ad' ſtatuidh ſmuainte ſos.

## TZAIN.

49. Do toglach cuimhnigh tſhocal fhio
air dhearnais dôchas damh.
50. Aon-mheiſneach dhamh am' dhogh
gur bheoaigh me, le d' ghuth. (
51. 'Sro ſgigeoil luchd a mhôrdhail, or
gidheagh od' lagh nior chlaon.
52. Do cheartais chimhnigh me o chiar
ghlac meiſneach me faraon.

53. Fachûis luchd uilc, do thréig do l
ghlac uamhun me gu trom.
54. Do lagh an âros m'oilithridh
ba orainn binne leam.
55. Tainm chuimhnigh me, a Dhë, ſan ac
is choimhead me do reachd.
56. Fuair me an ſolaſſa, do bhrídh
tiartas, rinn me gu beachd.

## CHETH.

57. Mo chuibhrionn, 'ſtu a Dhé, radh
tſhocal gu gcoimhlion me.

Do fhuraileas le m'uile chroidh'
do ghean 'ſdo ghnûis gach rë.
eir tſhocail deunſa trócair orm.
). Tra ſmuaintigh me ar mjûl.
o choſa, chum do theaſtais ghlain
do pſill me, Dhia na ndûl.

Gan fhuireach, dheibhrigh me gu lua
ar coimheud thaitheanta caóin.
hlad buidhionn dhrochdoaoin' me: gidhe-
nior leig do lagh a cuimhn'. (adh
Grad eirghidh me fa mheadhon aoich
do thabhairt buidheachas duit:
aiond gu bfuil breathamhnas ro cheart
a Dhe, ga dheanamh leat.

'Sme ſeiſeadh dhaoin 'dar heagal thú,
'ſna choimhideas do lagh.
Ta ngcruinne, Dhé, jom-lán dod' ghrás
do ſtatuid teagaiſg dhamh.

TETH.

Re tôglach 'ſmaith mar fuaradh tú,
reír tſhocail fein, a Dhé.
Deagh-chiall, is eagna teagaiſg dhamh,
oir chreid me taitheanta féin.
úl ghuaſadh me, ar ſeachran chuaidh,
achd tſhocal coimheud nois.
s maith tu Dhe, 'ſre deanamh maith,
ad ſtatuidh teaguiſg meis.

Gu meabhlach, luchd an ardan borb
do dhealbh am' aghaidh, bréug;
hd torduighthe, Dhe, coimhdidh me

le m'uile chroidh', gu heug.
70. An gcroidh' combreambar 'ta re ſai
ad' lagh achd 'ta mo thlachd.
71. Smaith dhambſa gu do chräigheadh
'ſmo phianadh ſuair gach achd:
Aigcoinne oileamhain thóirt dhamh
ad' ſtatuid chinnteach bhuan.
72. Sfearr lagh do bhêil dhamh no gach
don ór 'ſdon airgiod ghlan.

I O D.

73. Toir ciall chum taitheanta thuigſinn, da
do lámh me rinn is ghléus.
74. Tra chí luchd theagail mis, bid ait
o dhearb re tſhocal fein.
75 Dhe, 'ſfioſrach me do bhreath bhi c
'ſ gur bhuail a mfirinn; me.
76. Do ſhuarcais tugadh comhſhurtach
reir tſhocal, dhamh a Dhé.
77. Caomh-throcair, Dhe, gu ſuigheam
marſin gu bi me beó:
Os tlàchd is toileach-inntin damh
do reachd 'ſdo lagh gach ló.
78. Air dhaoine dìomſach gu raibh naír
gam. tuaigeadh 'ta gu beachd,
Gu ſiat, gan adhbhar chathuigh orm
achd ſmuaintighim ad reachd.
79. Riom tilleadh lion dat heagal thû,
is ghabh air theaſdais fios.
80. Mo chroidh biodh foirſe ann do la
is ni ngabh naire meis.

CA

CAPH.

eôn manam bochd a nlorg do ſhláint:
earbſam ad' bhriathar gu hait.
hion tſhocail lag mo ſhúl, ag radh
Ca huair gheibh ſólas uait?
ar bholg ſa ndeattach chinn me nois,
do lagh cho dearmaid me.
a lion läith tôglaoich, is ca méad-
an aimſir do gheibh ſê?
huair do chuireas tu a ngniomh
ceart-bhreath air luchd mo thôir.
laoich ſluic dhamh daoine ainmeineach
nach ſeól an ſligh' ar choir.
'uil' aitheanta 'ſfireanach, a Dhe:
fôileanmhuin rinn gach tî,
heugcorach chaith dochair orm;
O cuidigh leam, a rígh!
ag nach do chlaoi ſiad me ſan tſaoghail
achd torduighthe níor thréig.
reir do chaoimhneas beöaigh me,
ſdo theaſtas ní, gu heug.

LAMED.

-dhaingnionn tſhocal, Dhé, ar neamh
Ta tſhirinn do gach linn:
alamh ſhocruigh thu gu caomh,
s' ſeaſmhaidh ſuas gu cinnt.
r thorduigh maithrionn 'taid a njugh,
oir ſearbhont dhuit gach ní.
in' bhi do lagh na ſhólas dhamh;
mdhrip reachfuinn ar dní
rduigh cho dearmaid me a chaoich:
bheoaighis me leó.

94. 'Sleat fein me, saor me; oir do
torduighthe me, gach lô.
95. D/heith orm na daoi dom sgriosa
dod' theastais toigh bheir mé.
96. Fiorchiond gach foirfeachd chunnai
'ſ fôirleathan taithcanta, Dhe.

MEM.

97. Ca hionmhuin leam do lagh: a I
'ſ mo smuain air, feadh on lô.
98. Trid thaitheantaibh 'ſ glioca me no m'
oir leam atáid rem' bheô.
99. Is tuigſigh me no m'oideadh múin
oir ghabh air theaſtais, beachd.
100. Sharuigh mo chiall na seanoireac
o choimhead me do reachd.

101. Mo chosann o gach aon droch ſ
do chonbhadh leam ar ais:
Do chum gu bféd me tſhocal fior
choimhead gu ſiorraidh nois.
102. Nior ghluais me, Dhe, od' bhreat
'ſtu theaguiſg me le céill.
103. Ca miochar 'ta do chaint' dom'
'ſ mîlſe no mil dom' bheil.

104. Trid torduighte roi-chneaſd, a
deagh eagna gheibh mo chroidh
Sligh mheangach, mheabhlach uim
is fuadh leam fein a chaoich.

NUN.

105. Iſ coindeal, tſhocal naomh, dom
is ſolas glan dom' cheim.

Do mhionnaigh, is coimhlionfaidh me
do cheart-bhreath coimhdfear leam.
r m'éigniughadh atäim gu môr:
reir tfhocal beoaigh me.
Gabh uam ſaor-ofraileadh mo bhëil
múin damh do cheart, a Dhe?

Am' laimh 'ta manam león do ghná:
'ſni dhearmaid me do lagh.
Sâs-gabhala leag dhamh na daoi:
do reachd njor thréig, gidheadh.
o theaſtais ghabh mar oighreachd bhuan
ſiad aoibhneas glan mo chroidh'.
u d'ſtatuidh choimhed, dáom mo chroidh
do ghnâ', 'ſgu nuig a chrích.

SAMECH

fuadh leam ſmuainte diomhaineach:
do lagh achd 'ſionmhuin leam.
Stu m'ionad folaghaidh, 'ſmo Sgiâ:
do tfhocal bun do nîm.
Luchd drochbheart, rachaibh fada uam:
oir lagh mo Dhia ni me.
Reir tfhocail dean mo chonbhail ſuas,
a mbeathaidh, is gu bí:

náire dhamh mo mhuinighinn:
. Cûm ſuas, is tearnuidh, me:
heir me feart, do d'ſtatuid cheart
Dhia, ann ſgach beairt, a chaoich.
tu ſhaltair air luchd ſeachran, Dhé,
od' riaghail chuaidh, gu leir:
faille, briſeadh geallaidh fôs
ſúd is ciard dhoibh fein. 119. Mar

119. Mar ſgím do chuirfeas uait na da
ſúd ſâth mo ghaoil do d'reachd
120. Do teagail, criothnughadh 'tá mi
ghabh fiamh me roimh do ſmac

GNAIIN.

121. Do dhearnadh comhthrom leam, is
na ſág faoi ſhladoibh me.
122. Air thóglach bi a ndilſ, air mhait
na creachadh me na daoi.
123. A ndiaidh do ſhláinte charthanaig
mo ſhúile fáilneadh 'tá,
Arſon na mbriathra dileas fôs
do tſhireantachd, do ghnä.
124. Dean Dhé, do tóglach reir do g
do ſtatuid teaguiſg dhamh.
125. Do ſhearbhont ſ'me, tóir tuigſe dh
'ſ gu n'aithnigh me do lagh.
126. Is mithidh dhuit neith chur a ngni
do lagh chuir iad o bhuil.
127. Siad taitheanta 'ſ andſa leam no
an tôr is glaine neâ...
128. Tuil' orduighthe, Dhé uime ſin
adtaice ris gach ní...
Iad meaſſaidh me do bhi ro cheart:
gach ſíar-ſligh 'ſ fuadh lem' chro

PE.

129. Do theaſdais, iongantach ataid;
coimhedfidh m'anam iad.
130. Ceûd toſuigheadh do bhriathra na
ar ſolas chuir an mèad:

n tſimlidh tais gheibh tuigſe uaidh,
is an mao-oglach meat.
Dſhoſguil mo bhéul, leig oſnadh me
a ngeall ar thaitheanta ceart.

Orm amhairc, is dean trôcair, orm,
ceart mar is bês leat fein
dheanamh ar do dhaoinibh gaoil
thug cion dot' ainm, gu leîr.
Ceannas aig eugcoir na bíodh orm:
a tſhocal ſdiûr mo chém.
Saor me o fhoirrneart bhibhionach:
ſin taitheanta nithear leam.

Air thôglach dealruigheadh do ghnûis
do ſtatuid teagaiſg dhamh.
Shruith aibhne uiſg' anuas o mſhûil
chiond nach dean iad do lagh.

TSADDE.

O Dhia, ata tu fireantach,
is trebhdhireach do bhreith.
Do theaſtais dhorduigh thu, tâid ceart,
ro-dhileas 'taid gu ſeth.
Chaith m'eûd me baileach: bhridh mo (nâmh
gur thréig do bhriathra rë.
Is fior-ghlan tſhocal: uime ſin
is toigh le tóglach é.

Is lag ataim, 'ſbeag ſpeîs 'ta dhîom
achd taitheanta cho leig uam.
Ta tſhireantachd ro mharthanach:
do lagh ſé nſhirinn ghlan.
Rug inghreim orm, is amhluadh mór

Achd

Achd taitheanta ſiad mo thlachd
144. Ceartas do theaſtais ſiorraidh' ta,
bim beö, le ciall do reachd.

KOPH.

145. DHIA eiſd re ſcread mo chroidh'
do ſtatuid coimhdfidh me. (chl
146. Do ghlaodhas riot, ſaor me: 'ſannſi
do theaſtais fein do nì.
147. Leig oſnadh me roimh' nſgaranaigh
rion bun do d' bhriathar anois.
148. Sul thionſgain fairthe aoich ar teach
a tſhocal ſmuaintigh mis.
149. Do rêir do chairdeas gradhach fein
êiſd re mo ghuth, ⁊ Dhe;
Do reir do bhreáthamhnas 'ta ceatt
ath-dhúiſg led' neartſa me.
150. Dhruid ſluagh riom, lean beairt aimhl
is fad ghabh iad od' reachd. (ſa
151. Tuil' aitheanta ſiad an fhirinn ghlan
'ſ dlû dhûinn thû, Dhe, gu beachd.
152. Adtaic rêd' theaſdais, báithnidh dhai
o chian gur tû do rinn,
Gur tû fós ſhocruigh iad gu deas
chum bi a mfeaſt far linn.

RESH.

153. Tóir m'anſhocair fanear, 'ſmi ſaor ?
do lagh cho dearmaid chaoich.
154. Foîr orm, is tagair dhamh mo chûis
reír tſhocal beôaigh me.
155. Do ſhlainte 'ſſada ghabh on daoi
na

nach djarr do ſtatuid mhaith.
5. 'Smôr, pailt, do throcair caomh, a Dhe,
me beothaigh reír do bhreath.

. Mo na'mhde, luchd mo dhiomhargadh
is laidir, lionmhur jad:
Ichd mis níor dhaom od' theaſtais ſhîor,
ſcho chlaon gu ſior chum beúd.
.Budh truagh leam luchd na heugcorach
tra thug me iad ſanear:
'achûis nach dearnadh tſhocal ceart
a choimhead leô, mar dhiarr.

.Feuch mar is toigh leam thaitheanta, Dhe
me beóaigh reir do ghean.
. Ta tſhocal ſior o thús: gach aon
bhreath cheart leat, 'ta a gcian.

SHIN.

. Lean prionnſa oram gan chion-ſâth;
is d'éignigh me le neart.
ıchd mis, budh ſgâthach bhi mo chroidh,
eaglach roimh tſhocal cheart.
.Ma tſhocal 'ſ aoibhneach me, mur neach
fuair cobhartach ró mhôr.
. Is ſuath 'ſ is grâineoil leam an bhreug;
achd 'ſ toigh leam do lagh côir.

. Seachd nuaire molſam thu gach laoi:
bhrîdh ceartais naoimh do bhreith'.
. 'Smôr ſiothchaimh dhaoin' thug gaol (dod' lagh:
ûis ſaobhnais ac' cho bhith.
. Bhí ſûil red' ſhlânaigh agam fein,
is taitheanta rinn ſaraon.

167. Do theaftais, choimhead manam :
ro ionmhuin leam gach aon.

168. T'uil' orduighthe do coimheud m
'sdo theaftais naomh gan cheift:
Oir romhad fein 'ta muile chéim
is m'uile fhligh' a mfeaft.

T A U.

169. Mo fcread a tfhiaghnais thigeadh r
gu dlû a Dhe, ort féin:
Reir tfhocail tabhair tuigse dhamh
dod ghrafa caomh, a Dhé.

170. Fâd thomhair tiocfadh mathchoinn
faor me mar ghealIas tu.

171. Ar faghail ciall do ftatuidh uait
nochdfuidh mo bheul do chlú.

172. Ma tfhocal ni mo theangca fgeül,
t'uil aitheanta, 'fceartas iad.

173. Do lâmh, gu deanadh congnamh le
oir torduigh thagh me riamh.

174. B'ihad leam an dáil bhi 'd fhlána
fe m'uile thlachd; do lagh. (dhui

175. Biodh manam beó, is molfuidh thi
led' bhreith, beir cobhair dhamh.

176. Mar chaoragh caillt', chuaidh fathban,
iarr óglach fein gû d' chrô.
Oir taitheanta ceart, níor dhearmaid r
'fcho leig a cuimhn', re mbêo.

SALM CXX.

AM'chruaidh-chás ghlaodh me ris an Tri
is chual fe me gu luá.

Saor manam Dhe, o bheul na bréig
'son teangaidh mheangach thlá.
Creud bheirthear, no creud nithear dhuit,
a theangthaidh mhialldach mhîn?
Sár-fhoighdeann scaiteach saochraidh ghasd',
le eibhlibh eiteal féin.

Mairg meis ata comhfhad ar chuairt
a Mesec allmhurrach:
Am' thámh 'ta fôs am' puiblibh dhoirbh
don' Chedar Araipeach.
Is sad rinn manam caidreadh ris
an neach do fhuathuigh sìth.
Fear-sìothchaimh meis: achd tra ni guth,
an chogaidh táid ar tì.

## SALM. CXXI.

E sliabhthaibh toguidh me mo shúl
o bfuil mo chabhar teachd.
Ta mfhurtachd teachd o Dhia na ndúl
rinn neamh is lár gu beachd.
Cho leig sé sgiorradh goirt do d'chois:
tfhear-coimheid prâmh cho ghabh.
Feuch, air chúl-choimheàd Israel
an tî 'ta shuas ar neamh,

Clô codail ê, no smeadarnach
cho ghabh, no toirchiom suain.
Sé Dia 'f fear aire ort; is sgaîl
ar do laimh dheis gach uair.
Cho ghon an ghrian thu ann sa nlô;
san oidhch no ghealach fhuar.

7. Ni Dia do choimheud o gach olc:
is diönaidh tanam uadh'.

8. Do dhol amach, 'ſdo theachd í ſtea
a theaſaircin ni Dia,
O ſo a leth is coimhdear, thu,
don' aimſir fhad a gcian:

SALM CXXII.

BUDH ait mo chroidh', tra dubhraid ri
Tiocfaim chum árois De.
2. Seaſmhaidh ar gcos taobh ſtigh dod' pl
Jaruſalem gu ré.
3. Do thôgbhadh ſuas Jaruſaleam
mar chathair chruinne, dhlú:
4. Da hionnſaidh thêid na tréabha ſuas,
théid tréabha Dê, le clû,

Chum ionad fiaghnais Iſraëil
thoirt buidheachas do Dhia.
5. Annſûd gach cathair bhreathamhnais
tâid ſuighighte gu breágh:
Taid caithreacha thigh Dhaibhi naoim
6. Guidh clos is oſadh ghná
Theachd air Jaruſalem: mór-rath
thig ar na bheir dhuit grâdh.

7. Siöth gu raibh ar do bhallaibh ſtigh
ſonas ad' ghrianan ard.
8. Ar ſgâth mo bhráithribh, luchd mo phäi
a deirim nois gan châird,
Deagh ſhiothchaimh' gu raibh agad ſtigh
9. Arſon an tigh' lán gloïr
A nſeilbh a nTighearn' ar nDia ata
iarram do mhaith gu mör.

## SALM CXXIII.

RIOT togbham ſuas mo ſhûil, a Dhè,
ad' chomhnuidh 'ta air neamh.
Mar dhearcas ſûl luchd muinntir, ſeuch
ar laimh an maighiſdîreadh.
Mar ſûl mhnaoi innilt fós re laimh
a ban-mhaighiſdir fein:
Marſin ata ar ſûl re Dia
oirn trocair no gu dean.

Dean trôcair, Dhe, dean trocair oirn,
luigh athais oirn, le táir;
Is annſâth oilllteoil ſuaramar
do mhîomhodh ghrânn, 'ſdo náir'.
Lîonadh ar nanam do mhî-mheas
gu hainmioſarrach,
Le fochaid dhaoine 'ta gu ſáſd',
'ſle râith' na nardanach.

## SALM CXXIV.

NOIS fêudfaidh Iſraël a radh'
Mun' bhi Dia air ar gcrann;
Mun' bhi an Tighearna ſar linn
tra dheirigh daoine rinn:
Annſin do ſhluigeadh iad ſinn beö
an gcorruidh rinn tra las.
An mi'ſg' do bhâthadh ſinn: an ſruth
chuaidh thar ar nanam ſuas.

Reachadh na ſrutha áilghioſach
grad thar ar nanam dhûinn.
Beannuight' gu raibh an Tighearna Día
nach tug da mſiaclaibh ſinn;

Mar

Mar chuibhrionn is mar chobhartach.
7. Do theich ar nanam uadh'
Mar eunlaith do chuaidh as o gháist
an eunadoir gu lua:
Bhriseadh an rib, is thearuinn sinn.
8. Ar congnamh deas do bhî
An ainm Jehöbha chruthaigh neamh, is talamh, leis gach nï.

## SALM CXXV.

LION chuireas muinighinn a nDia
mar Shïon bíd, an tsliabh,
Nach feadthar athrughadh a chaoich
achd mairfidh si gach éal.
2. Mar dhiath gach sliabh Iarusalem
is amhluidh chuartuigh Dia
A phobal fein gach taobh le ghrâs
o so amach a gcian.
3. Oir flat an daoi cho támh a chaoich
ar gcrann an fhíreun chöir,
Deagla gu sín a lamh an tsaoi
amach gu heugcoir mhöir.
4. Do dhaoinibh maith, dean maith a Dhé,
'S don trebhdhireach a ngcroidh.
5. A dtaic re daoinibh theid a taobh
dan slighe fhiar, gach tï
Le luchd an uilc 'sna heugcorach
iad treöruigh' Dia le cheil:
Achd siothchaimh sona, suilbhir, sén
bidhidh ar Israëil.

## SALM CXXVI.

BRUID Shiodhoin tra thill Dia air ais
mar dhaoin' a mbruadar finn.
2. Sin líonadh dhûinn ar mbeul le gâir'
ar dteangaidh fós bhi binn.
Annſin deir ſiad meaſg chinneachá,
gniomh mhordha dhoibh rinn Dia.
3. Cúis mhordhalach rinn air ar ſon
dfhāg ait ar gcroidhea uaidh.

4. Till ris ar braighdeannas, a Dhe,
mar thuil an airde-deas.
5. Daoin' ſhiolchuireas gu dubhach leôn
buainidh gu ſubhach brais.
6. A mfear theid mach gu déurach truagh
le rogha ſíol na bhrat,
Gan cheiſt ag jomchar leis a ſcuaib
thig rîs, gu buaghach ait.

## SALM CXXVII.

MUn' tog an Tighearn' ſuas an tigh
ſaothair chaillt' a ngniomh ni cách.
Mun' choimheid Dia a mbaile fós
luchd aire cho dean ſtá.
2. Is diomhain daoibh bi 'geirigh moch,
is anmoch ar bhur gcois,
A dhitheadh aran ghoirt na mpîan:
da ſheircin bheir ſe clos.

3. Feuch, gineoil, 'ſ oighreachd iad le Dia:
toradh a bhronn, a fhiach.
4. Mar ſhoighde a nlaimh churaidh chruaidh
'ta clann na hóige bréagh'.

5. Beannuight' an duine ſin ga bfuil
a bholgan lán diobh ſo:
Cha ghabh ſiad náir', achd ceannſuigh
'ſa gheat, na naimhde, leo.

SALM CXXVIII.

BEannuight' gach tí da neagal Dia:
do ghluaiſeas ann na róid.
2. 'Stu ehealaigheas o ſhaothair do laimh
do ſhonas theid a môid.
Is eirghidh leat gach neith gu maith.
3. Mar ſhineamhain do bhean
Bhias tarbhach dhuit ma chliach do thig
ſlait-olaidh ög do chlann,

Ad timichioll do bhuird gu cruinn,
na ntlachd dhuit, is nan' neart.
4. Feuch, ſúd mar gheibh ſe beannachadh
da neagal Dia gu ceart.
5. Bheir Dia a Sioin beannachd dhuit,
is maith Jaruſalem.
6. Chi tu red' bheô: is ſliochd od' chloinn
le ſith or Iſräel.

SALM CXXIX.

ILphian iad me o m'öig' gu tric
nois abradh Iſraël:
2. Gu minic chathuigh orm o môig
feudfar a radh na ſgeul:
Achd buaidh cho tug ſiad orm amach,
'ſcho d'éirigh tharam ſuas.
3. A dh'ar na treabhoich ar mo dhruim,
'ſ fad tharraing iad na clais'.

ſa Dia ceart-bhreathach: cùird na ndaoi
ghrad ghearr é as a cheil.
Trom-ambluadh orr', is dol ar ais
bheir fuadh do Shioin fein.
Biodh ſiad mar ſheur ar mullach teach
do chríonſas ſul fa nfhâs:
Nach lion ochd, aig fear-ceangail ſcuaib;
dòn ſpealadoir, nó lámh:

Ni mô their daoine ghabhas ſeach,
Dia thabhairt beannachd dhuibh:
Dhuibh guidhmid ſoirbheas ann ſgach ni
an ainm Dhê, 'ta libh.

## SALM CXXX.

Doimhnibh ghlaodh me riot, a Dhé.
2. Dhia, eiſd re guth mo bheil:
O aom do chluas gu ſurachar
re fuaim mo ghearain fein.
Da dtugadh tu ſanear gach lochd:
O Dhia, cia ſheaſmhas ſuas?
Achd maitheamhnas 'ta leat, do chum
teagal bheith oirn, 'ſgach cás.

Ta m'ſhuil re Dia, dſheith m'anam air;
na ſhocal m'earbſa 'ta.
Nois ſeathaidh manam ar an Triath,
mo thogra 'ſmô gu Dia
No togra aig luchd aire fein
re ſgarthanaigh an lâ:
S mó fôs, no draidh na mfairthireadh
ar theachd na maidne, 'tâ.

Sâr-mhuinighinn 'ſan Tighearna mhóir
nois cuireadh Iſräel. Ois

Oir trocair ſaor ata le Dia,
is Saoirſe pailt le cheil.
8. Da phobal Iſräel bheir ſè
comh-ſhuaſgladh rê, gu grad
O eugcoir is o naimhdeannnas,
o mpeacaidh fós arſad.

## SALM CXXXI.

NI bfuil mo chroidhe ainmeineach,
nior thog an áird, mo ſhûil:
Nî mô re gnoidhibh mór, no cûis
'ta os mo chiond, bhi m'iùl.
2. Gu demhin dhiomchar me mi ſein
mar lein'bh diolt on chîch:
Gu ſamhach dfhuirigh manam fós
mar naoidh, 'ſa mhathar da dhîth.
3. Deagh-dhôchas cuireadh Iſräel
anois a nDia na mfeart
O ſo amach a ſaoghal na nſaoghail,
gu ſuthain mar is ceart.

## SALM CXXXII.

DHia cuimhnigh Daibhidh, 's uile thein
2. Mar mhionnaigh ſé don Triath,
'S mar thug ſe do Dhia neartmhur môi
do Jacoib 'ta na Dhia.
3. Gu fior ſa dhruim mo theach cho tig
ar leápthoidh cho dteid ſuas:
4. Cho tabhair codla do mo ſhùl,
cha ſméid na ſamhra nuas.
5. Gu nuig a mfuighim äite deas
do Dhia an Tighearna thréin,

Deag

Deagh ionad comhnuidh nois arſon
Dià neartmhur Jacòib fein.
Feuch, chûal ſinn uim' aig Ephratá:
air ſonn na coille, fuair.
Fior-ſlèachdaidh ſinn aig ſdòl a chois,
'ſda phubuil thêid gach uair.

Dhia eirìgh, târr anìos do d' chlos
thu fein, is airc do neart.
Do ſhagarta ar ſceadughadh
gu raibh le fireantachd:
Togbhadh do naoimh deagh-iolach ait.
10. Na iompoigh adhaidh uait
(Ar ſga do ſhearbhont Daibhi naoimh)
and fhir do ungadh leat.

1. Do Dhaibhidh mhionnaigh Día, gu fior,
cho dtéid ſe uaidh a chaoich,
Caíl thoradh glan do thig od' chorp
cuirſim ad' chathair-rìgh.
2. Mo chomhcheangal, 'ſmo theaſtas cheart
ni meiſ a theagaſg dhoibh:
'a ngcoimhdeadh ſúd led' chlainn gu beachd;
an ſliochdſa gheibh ſadheoigh

Gu ſuighid air do chathair gu buan.
13. Oir Sion thagh ar nDia:
Ghabh toil dhi; mar a aitreabh fein.
14. Mo ſhuaimhneas ſo agcian:
Annſo ſann-ghabhas me, gu támh,
oir 'ſmian leam í gu beachd.
5. A ſoireann beannuighim, 'ſa lôn:
diól arain gheibh a bochd.

16. A ſagairt euduighim le ſläint;
bladh aoibhneach bheir a ſlaith'.
17. Bheir me ar adharc Dhaibhi 'nſûd
gu ſgeith a bläth a mach:
Lochran-dom' ungtha dhorduigh me.
18. Is éuduighidh me fós,
Le náir' a naimhdeann: achd air ſein
bi coroîn úr ag fhás:

## SALM CXXXIII.

CA maiſeach thig ë, is ca maith
do bhraithribh bi le chéil
Na ngcomhnuidh jonand ann na 'ngcroidh'
is aonſgeulach na mbëul?
2. Ta ſûd mar rogha uinnimeid
dhoirtear ar cheannaibh daoin',
Do ſhruthlas ar an fheôſog ſios
ar fheoſaig Aaroin féin,

Rith leis, gu leith-Imeall a bhrat
tre jonmhar ghrëiſt, arís.
3. Mar dhrûichd air Hermon, 'ſmar an drûchd
chuaidh ar ſliabh Shioin ſios,
Oir ſûd an äit' a ndorduigh Dia
a bheannachd thabhairt ſeach,
Is maille ris gach tabhartus,
a bheatha mharthanach.

## SALM CXXXIV.

FEUCH, beannuighibh an Triath arſad
a ſhearbhonta do Dhia
Ta ſeaſamh feadh na haoich gan ſtad
an äros ghlan ar nTriath

Ta naomh-theach togaibh lamh, gu naomh,
is beannuighibh Dia trén.
A Siodhoin Dia gu d'bheannughadh
rinn neamh is talamh fein.

SALM CXXXV.

MOlfaibh an Tighearn', molfaidh ainm
O ſibhſ' a mhuinntir fein.
An chuideachd ſheaſmhas a ntigh Dé,
a ngcúirtibh Dê ró thrén.
Molfaibh an Tighearna 'ta maith:
..oir 'ſcroidheoil ſúd gach ló.
Jacob thagh Dia, is Iſräel
na jonmhas âirid dhò.
. Oir 'ſaithnidh dhamh, Dia, mórdha bheith,
'ſna Thriath oſciond na ndée.
. Ar neamh 'ſar talamh rinn na b'âill,
..a mſairg', 'ſa ndoimhnibh fein.
. O imeall talmhuin bheir don' cheó
dol ſuas le teas na grein',
Chuir dealanach arſon na mfros,
bheir gaoi as uluidh fein.
. Neach ſgris ceid-ghin na Héighipht as,
na daoin' 'ſna hainmhidh fós.
. Chuir comhartha a lâr do thìr
O Eighipht, do gach ſors':
Air Pháron nochd beairt iongantach,
'ſar luchd a thieach gu leir.
10. Do ſgrios é ſíos na righeachda môr
is mharbh na righthe treun.
11 Mar Sihon, rîgh na nAmorach,
is Og righ Bhaſhain ghaſt 'S gach

'S gach righeachd bheanas do Chanaan,
dfhuaduigh na finich aſt.
12. A nduthaidh thug na oighreachd rè
da phobal Iſraël.
13. Tainm naomhtha mairfidh, Dhe, gu brá
'ſdo chuimhne do gach éal.
14. Oir ceartas bheir an Tighearna Dia
da phobal fein gu cas.
A dtimicheall a ſhearbhontuidh
gabhaidh ſe aithreachas.
15. Taid jodhoileadh na ncginneach dall,
don' airgiod is don' ór,
Obair do dhealbhadh ſuas le laimh,
na ngclochaireadh 'ſna nſaôr.
16. Beûl aca 'ta, 'ſcho labhair iad,
gan radharc 'ta an ſúil.
17. Lean cluaſa rú, cho chluinn gidheadh
anail ni bſuil na mbéil.
18. Na dealbhadoire ghleûs iad ſuas
gu cuimir chuaidh riu fein:
Marſin gach tí, bun diobh do ni
na nêigin chruaidh, 'ſ na mſéim.
19. Achd beannuigh Dia, theach Iſraël,
thigh Aaroin; beannuigh Dia.
20. O beannuigh Dia an Tighearna mór,
thigh Lebhi naoimh a gcian:
Dia beannuigh, ſibhſ dan eagal é.
21. A Sioin 'ſbeannuight Dia
'Ta ngcomhnuidh aig Jaruſaleam.
O molfaibh uil' an Triath.

SALM CXXXVI.

ôir glóir do Dhia, oir maith 'ta sé:
oir 's marthanach a ghrâs.
O beiridh bhuidhe re Dia na ndëe:
oir mairfidh 'throcair suas.
Do Thriath na nTighearna toir clû:
oir 's marthanach a ghrás.
eairt mhiorbhuildeach do rinn gu dlû
oir mairfidh 'throcair suas.
Don' tí le ghliocas chum na nspeûr:
oir 's marthanach a ghrás.
Thar uisgeacha do shîn gach tir:
oir mairfidh 'throcair suas.
Don' tí do rinn gach solas mór:
oir 's marthanach a ghrâs.
An ghrian do riaghlughadh an lô
oir mairfidh 'throcair suas.
Gealach is reûlta sdiûr an aoich:
oir 's marthanach a ghrás.
Sgris cëid-ghin Eghiphteach gach tí:
oir mairfidh 'throcair suas.
Thug Israel mach uadh' a gcéin:
oir 's marthanach a ghrâs.
Le gairdein sinnt', is lamhaibh trén:
oir mairfidh 'throcair suas.
Don' tí rinn dá leath don' mhuir ruagh
oir 's marthanach a ghrás.
Is dhaisig trîd a lár an sluagh:
oir mairfidh 'throcair suas.
Chrath Pharo uaidh', 'sa sheachd sa chuan
oir 's marthanach a ghrâs. 16. Thre-

16. Threôruigh a dhaoin' tre nfhásach bh
oir mairfidh 'throcair ſuas.

17. Don tí ſgrios rioghruidh cumhachc
oir 'ſ marthanach a ghrás.

18. Is riogha ainmeoil mharbh fa ſeach
oir mairfidh 'throcair ſuas.

19. Mar Sihon righ na nAmorthach:
oir 'ſmarthanach a ghrás.

20. Is Og righ mòr na mBâſhanach:
oir mairfidh 'throcair ſuas.

21. Is thug an tír na oighreachd ghlan:
oir 'ſ marthanach a ghrás.

22. Dá ſhearbhont Iſráel gu buan:
oir mairfidh 'throcair ſuas.

23. Neach chuimhnigh nar beig-inmhe ſi
oir 'ſ marthanach a ghrás.

24. O'r naimhdibh garg is ſhuaſguil ſinn
oir mairfidh 'throcair ſuas.

25. Don' tí thug beatha do gach dûil:
oir 'ſ marthanach a ghrás.

26. Do Dhia ar flaitheas tugaibh clú:
oir mairfidh 'thrôcair ſuas.

*Samhuil oile Meâdrachd don tSalm chédi*

DIA gradhach molfaibh nois
A throcair mairfidh ghná.
2. Dhó tabhraibh buidheachas
Na Dhia na ndée ata:
Oir 'ſdeimhinn linn.
Gu mair' a ghrás
Gu cinnteach ſuas
Ar feadh gach linn.

3.

) molfaidh ceann na nTriath
Da bfuil lán-iochd a chaoich,
e fein amháin an neach
Beart iongantach do ni:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

'each flaitheas rinn le ciall.
Ta thrócair caomh gach ló
ſeach talamh tí, o chian
Shín thar an fhairgé fós:
Oir 'ſdeimhin linn, &c.

'on tí rinn ſolas mór
a ghrás oir mairfidh chaoich.
n ghrian ni júl don ló
ghná no gu dtuit an aoich:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

ealach ,is réulla aoich
Oir 'ſ marthanach a ghrâs.
Don tí le neart do chlaoi
Ceidghin na Heighipht fós:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

Is Iſräel thug as
Buan-ghrás oir thug ſe ſeach.
Le laimh ro neartmhuir, dneis,
'ſle gairdein ſinnt' amach:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

)o ſgoilt ſé a mhuir ruagh.
'S bith-bhuan a thrôcair ſaor.
s thug ar Iſräel truagh
Dol tioram tridh a clár:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

ichd Phâro bháith, 'ſa luchd,
A thrócair óir is buan.
're nfháſach chruaidh, is thug
A dhaoine fein gu ſlán:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

)on' tí, chlaoi riogha mór.
A ghrás cho chriochnuigh feaſt.

18. Eachtach, ainmeoil a nglór,
Na righthe mharbhadh leis:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.
19. Sihon ri Amorach
A ghrás oir mairfidh buan,
20. Og calma Bháſanach
Ri foirtill ſgris ſé uainn:
Oir 'ſ deimhinn linn, &c.
21. Thug ſe an tír a nſeilbh,
'Ta 'throcair marthanach.
22. Da Iſraeil gu dearbh.
Mar oighreachd dhoibh ma nſeach:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.
23. Neach chuimhnigh oirn nar dteinn:
A ghrás cha dtéid a cuimhn'.
24. Is ſhaor o'r naimhdibh ſinn
Thug fuadh gan adhbhar dhuinn':
Oir 'ſ deimhin linn, &c.
25. Neach do gach beó bheir biagh:
A ghrás ata a mſeaſt.
26. A Bhuidh' beirídh do Dhia
Rinn flaitheamhnas gu deas:
Oir 'ſ deimhin linn, &c.

## SALM CXXXVII.

RE taobh na naibhne ſhuigh ſinn ſios
aig Baibilon da bfuil,
Is Sion tan do chuimhnigh ſinn
do leig ſinn burail guil.
2. Ar chrannaibh ſoiligh chroch ar gcrui
an inmheadhon na tír,
3. Annſin drong thug ſinn leo a mbruid
ſheir óran uainn gu fior:

Na daoine dſháſaigh ſinn gu tur
dhiarr aighear oirn, ag radh',
Aon óran ſinnibh dhuinn gu binn
meaſg órainn Shioin bhreagh. 4.

Ciondas thig ſinn air chéol an Triath
a nduthaidh choimhigh bhoib?
Da rachadh tu, Jaruſaleam
a mfeaſt a ndithchuimhn' orm,
u dearmaid reachadh mo lamh dheas
ar huile ealadhan ghrinn.
Mun' chuimhnigh me Jaruſalem
leanadh mo theangc gu cinnt
e m'cháirein is re bräigh' mo bheoil;
mun' mheas me fein do chlos
aruſaileam, cathair theampuil Dé
thar m'aoibhneas äiridh bhos.

iôl Eadhom, cuimhnigh thuſa Dhé,
a nlo Jaruſalem,
o radh, Sîor-ſgriosaibh, ſgrioſaibh î
ga hîochdar ſîos, ſan am.
) inighean na Baibioloin
do ſhäſaighthear gu lom:
beannuight neach bheir ſamhuil duit
mar dhearnais dûinn gu trom.

s beannuight é do bheireas uait
do naoidheanna 'ſdo chlann,
ſpadſas iad re clochaibh cruaidh
aig méad an uilc atann.

SALM CXXXVIII.

muile chroidh' do mholſam thu,
dhuit ſinnim lathair na ndëe.
ichomhair fôs do theampul naoimh,
Dhia, adhram dhuit gu ré
ainm molfaidh me arſon do chaoin,
is ſirinn ghlan do bheil Oir

Oir mhóruigheadh leat tſhocal naomh
thar tainm chaoimh gu leír.

3. San lô do ghlaodh me, fhreagair thú
dŏ manam thugſaiſ neart.

4. Gach rîgh 'ſa chruinne, molſuidh thú
trá chluinnid tſhocal ceart.

5. Is ſinnidh iad a nſlighe Dhé:
oir onôir Dhë, is mór.

6. Ge hard an Tighearn', bheir ë úidh
don' iriſil, gu lôr:

Achd luchd an ardan fada uaidh
an aithniughadh do ni.

7. Da ngluaiſſinn tridh cheart-lär na truai
aith-bheoaighidh tu me:
Do Jämh is ſeinfidh tu amach
anadhaidh fearg mo nämh,
Is teaſraigidh do dheaſlamh me
an äm mo ſhaothair, 'ſmo thämh.

8. Bheir Dia na fhuraileas orm, gu críc
Dhia, 'ſmarthanach do ghrás,
Na treig, 'ſna diobair oibreadh' áill'
led' lamhann dhearnadh ſuas.

## SALM CXXXIX.

O Dhia, dŏ rannſuigh thuſſa me
; fíos ghabh tu orm, arſad.

2. Mo ſhuigh' is m'eirghe 'ſaithnidh dhuit
tuigich mo ſmuain a mſad.

3. Mo chéim 'ſmo ſuighe chuartuigh thû,
muil' echlidh 'ſaithnidh dhuit.

4. Focal ni bfuil am theangaidh Dhé,
nach bſuil gu ſoillier riot.

5. Ro

Romham, 'ſa mdhiaidh théiſd thu me;
is chuir tu orm do lámh.
Bhi 'nteólaſſa ro jongantach
ar ſon mo thuigſe riamh:
Ta 'ngliocaſſa comh-ard, nach feûd
me teachd na choinne, dlû.
Ca hionad théid od' ſpioraid me?
c'áit theichfeas me od' ſhûil?

Da riogfuinn flaitheas, 'ta tu ann:
a nmordhalachd 'ſa nglör:
Mo leaboidh 'n ifrionn fós da ndéan,
'ta 'nſin do chumhachd mhôr.
Da nglacfuinn ſgiatha mhaidin ghil
gu tamh an jomal cuân:
Me threoruigheadh do lamh andſin,
'ſ do dheaſlamh ghlacadh, lua.

Dá nabrûm, Dorchadas gu fior
ni folach orm od' ſhûil.
An aoich budh doirche umam fein,
bhiodh dhamh na ſholas euil.
Cha cheil an dórchadas gu fior
achd dealraidh aoich mar lä;
An ſolas is an dorchadas
'taid jonand duit gu brath.

Oir m'áirneadh ſhealbhuigheais gu dlû
is mör do chlû, a Dhe.
Chuir folach tharam ſuas gu deas,
a mbroinn mo mhathar fein.
Dhia molfam thu, oir dhearnadh me
gu huamhur, jongantach;

Is maith 'ta fios aig manam fós
do ghniomh bheith mi[illegible]bhuilteach.
15. Cho. raibh mo. shubstaint foluight' o[illegible]
tra dhearnadh me a ncleith.
'Sna fonnaibh jochdarach gu gléust
tra ghréiscadh me sa leith.
16. Mo dhealbh na ebeadh chunnaic thû
'sgach ball dom' chorp, gan ghl[illegible]
Bhi sgriobht' ad' leabhar, cumtha fôs
nuair nach raibh haon ar sgeul.
17. Cia prîseoil Dhe, do smuainteadh dham
cia môr an suim 'ſ an luach?
18. Dan' áirfion iad, is liûgh, gu fior
no gaineimh mhín a chuain:
Ar mosgladh dhamh, ata me leat
a Thighearna do ghná.
19. Gu deimhin marbhaidh tu an daoi
re holc a chaoich, ata:
Grad ghluaisibh ar an adhbhar ûd
a dhaoine fuileach uam.
20. Oír labhradar a taghaidh, Dhe,
gu haingidh, is gu dán.
Do naimhde luaigh siad ainm do ghlóir
gu diomhaineach na mbeil.
21. Nach fuath leam iad, a Dhia na ngrá
gach neach bheir suath dhuit fein?
Ma dhaoinibh dona, 'ſ doiligh me
a dheirgheas riot gu brais.
22. Is suadh leam le fuadh nimhneach iad.
meas naimhdeann' orr' bheir mis.

. Dhia fidir, ſgrûd mo chroidh: 'ſme feûch
gabh eolas ar mo ſmuain.
. Amhraic mas doiligh, dona miûl,
'ſme 'ſdiûr ſa ntſligh' bhî-bhuan.

## SALM CXL.

DN drochdhuin' ſaor me, Dhê: is dîon
o fhear an thoirrneart, me.
Ta 'gcruinniughadh do ghnâ chum cath;
is aimhleas dhealbh na ngcroidh.
An teangtha ſcaiteach gheûruigh ſiad
mur bheathar bheimeanach:
Nîmh' dhimhilteach nathair-ûain ata
fuidh bheilidh, aig gach neach.

Dhia dion o láimh 'nfhir aingidh me,
neach éignigheas gu teann.
Ta brath ár m'jomachd is mo chéim
do theilgail bun oſceann.
Oir dfholuigh luchd an ardan, boinn,
is rib do chuir na bhun;
Re taobh na ſlighe ſgaoil iad lîon;
is gáiſte ar mo ſhon.

Re Dia a dubhras, Stu mo Thriath,
mo ghearan eiſd gu cas.
. O Dhia an Tighearn', neart mo ſhlaint',
do dhîon mo chiond 'ſa chath.
. Na haontuigh Dhê, re mian na ndaoi,
a chleas na ſoirbhidh leis;
Deagla gu togſaid ciond an áird
re môrtachus a mſeaſt.

9. Adtaic re ceann luchd jadhadh orm,
aimhleas a mbeilidh fein
Mar thrufcan tiocfadh thart gu trom.
10. Le heabhlaibh loifgeach trén,
'Sa teine tilgteadar, gach tí,
a nflochdaibh doimhne fôs,
A ndubh-aigean na huaimh, do chum
nach eirigh iad ni 'fmô.

11. Nar chuireadh bunachas fan tír
fear bhios re caineadh dhaôin':
Sealgaidh a olc an ragair' fein
da chlaoi, gan lamh na thâobh.
12. Is fiofrach me gu feafmhadh Dia
agardas duine león:
Is conbhaidh cóir re daoinibh bochd
ata fa reachd, 'ffa bhrôn.

13. Gan cheift bheir dâoine trebhdhireach
do tainmfe buidheachas;
Atfhiaghnais, daoine fireanach
do gheibh fiad comhnuidh deas.

SALM CXLI.

DO ghlaodhas riot, a Dhia na ngrâs,
grinnigh dom' jonnfaidh fein,
Is tabhair aire do mo ghuth
tra eigheam riot gu trên:
2. A tfhiaghnais reachadh murnaidh fuas,
mar fpiofra cumhraidh buan.
Biodh togbhail fuas mo lamhann fôs
mar jobairt-fheafgair ghlan.

3. Luchd aire, cuir fachomhair mo bheil,
doirrfe mo bheilidh, dîon. 4. Na

4. Na aom chum eun droch ni mo chroidh
mî-ghniomh a chaoich gu dean
Le daoinibh chleachd an eugcoir mhór:
nar itheam da mbiagh blaſt.
5. Is cairdeas, buill' an duine choîr,
is oladh breagh', a ſmachd,
Cha bhris a achmhaſan mo cheann.
na ndteinn, theid urnaidh uam.
6. Tra theilgeadar ar mbritheamhuin,
ſan ſgairnich, bonn tar cheann,
Rem' bhriathraibh eiſdidh jad gu hait,
oir taitneach bíd gu leir.
7. Sgaoileadh ar cnamhann dhúinn anois
aig beul na huaigh' le cheil,
Mar ghearras is mar ſgoilteas neach
a mſiogh ar thalamh teann.
8. Achd riot mo ſhuile 'taid, a Dhe,
ſan Tighearn' mearbſ' atann:
Na leigſi manam bochd ar dhíth.
9. Dîon me on eangach ghléuſt
Do leag luchd uilc, dom' chur a nſâs,
is coimheid me on ghâiſt'.
10. Na droch-dhaoin' tuiteadar gu cas
'ſna lîontaibh ghleûs iad fein,
Feadh dhamhſa teûrnodh uadh' arſad,
is jomachd thart gu leîr.

## SALM CXLII.

DO ghlaodh me le mo ghuth re Dia:
lem' ghuth rinn m'eaccaoin ris.
2. Dhórt me mo ghearan roimh' gu goirt;
ar m'amhghar thug me fios.

3. Tria bhi mo ſpiorad jonnam báitht',
ſin b'aithnidh dhuit mo chéim;
San tſligh' ar ſhiobhlas, ſhuighigh iad
a ndiamhair, rib dhamh feín.

4. D'àmhraic air mo laimh dheis, is fheúch
'ſnîor ghabhadh duine riom?
Theich uam mo thearmunn: cho raibh neach
chuir manam bochd a nſúim.

5. Da ghlaodh me riot, a Dhé, raidh me
Mo dhídean 'ſtu a mſeaſt;
Mo chuibhrionn fôs a ntîr na mbeô
ſe Dia gach ló gan cheiſt.

6. O' taim gu cráidhteach, crom, a Dhe,
mo ſcreadach eiſd anois:
Saor féin me o luchd m'êigniughadh
oir ''ſtreaſa iad no mis.

7. A prîoſun tabhair manam bochd,
is molſar-tainmſe leam:
Gabhaidh na firenidh ſa mchuairt,
oir ni tu ſochair riom.

## SALM CXLIII.

DOM athchoinnidh toir air', a Dhe,
re m'urnaidh eiſd led' chluas;
Is freagair mis a tſhireantachd,
ad' cheartais éiſd gu lua.

2. Na himbir breathamhnas gu garg
ar thôglach anbfann fein,
Ni heídir le eun neach ad' lathair
teachd ſaor amach od' bheínn.

3. Oir, tóir air manam lean an namh
bhuail ſios mo bheath' gu garbh, A

A ndorchadas thug orm bi 'mthámh.
  mar dhaoin' bhi fada marbh.
4. An mêid gu bfuil mo ſpiorad ſtigh
  ar mûchadh jonnam ſein:
An taobh a ſtigh dhamh 'ta mo chroidh
  na fháſach mar a gcedn'.

5. Ta 'naimſir o chiond fhad am' chuimhn':
  air hoibre ghabh me beachd!
Is ſmuaintigh ar an tſaothair ghrinn
  do lamhann rinn, ſa ſeach.
6. Mo lamhann 'ta me ſéíneadh mach
  do tionnſaidh ſein, a Dhë,
Ta manam ghabhail tart ad' lorg
  mar thalamh tiorām cré.

7. Eiſd riom gu lua, o's lag mo chroidh',
  do ghnûis na foluigh uaim,
Deagal gur coſmhul me re daoin'
  theid ſîos don uamh le gruaim.
8. Cluinfim ma d' mhaitheas caoin gu moch
  oir bun do dhearnas dîot,
Seôl dhamh an iûl air ſhiobhlas me
  oir tógbham mānam riot.

9. Saor me, a Dhé, o meaſcairdibh:
  teichim dom' fholach ſeat.
10. Teagaiſg do thoil'ſe dheanamh, dhamh,
  oir 'ſtu mo Dhia, gach áit:
Is maith do ſpiorad, treôruigh me
  gu tīr na hionnracas.
11. Sgâth tainmſe beôaigh me, a Dhé,
  is biam meanmnach as,

A triobloid tabhair manam níos
ar fgâth do cheartais, Dhe.
12. Sgris naimhdeann manam síos dod' ghrá
oir 'smeisi tóglach fein.

SALM CXLIV.

DIA gu ma beannuight é, mo neart,
mo lamhann theagaisg dhamh
Gu cumasc is gu comhlann cruaidh,
'smo 'mheura chum an chath.
2. Mard-thurait is mfhear-saoraidh deas,
mo dhion; rinn maitheas riom,
Mo sgia, se Dia, mo dhochas buan:
cheannsuigh mo phobal fûm.

3. Creud é an duine dhuitf' a Dhé,
gu gabhais eolas air?
No mac an duine dhuit, creud é,
gu tugfais é fanear?
4. Is cosmhul é re diomhaineas,
a ré, mar sgáil theid uainn.
5. Lúb Dhé na neamha, tárr anuas,
thig céo, is bean re beinn.

6. Cuir teinteach uait, iad sgaoil o chéil:
caith soighdeann orr' da nsgrios.
7. Leig nuas do lamh, fóir orm, is saor
on tuil, 'so nchoigridh mis.
8. Súd jarmad labhras caint' gan bhrídh;
lamh chealgach', an lamh dheas.
9. Nua-öran sinnim dhuit, a Dhê,
ar psaltuir bhinn, anois;

Ar adhbhuidh cheolmhar, dheich-teudach
dhuit sinnim, Dhia na ndûl.

10. Is é bheir buaigh do rioghruibh tréñ
is ſlâinte ſén, na njûl:
Is é ni Daibhidh anacal
on chloidheamh mhillteach bhrais.
11. Saor me, is buain o laimh gan jochd
na njarmad coimheach cas.

Da bfuil caint' dhiomhaineach na mbêul,
lâmh mhialldach, an lamh dheas.
12. Ar gclanna-mac gu biodh nân ôig'
mar ghêuga dſ hâſas brais:
Ar ninghean' mar chloich-uillne ſnaithe'
ar nos na nlughart môr.
13. Ar gciſdeachadh bhi lán do lôn
ſamhail do nuile ſtôr;

Jondas gu bi ar gcaoirigheachd
ag breith na mílte ûan;
Nar ſrâidibh fos gu haighearach
deich mîle ag teachd uadh',
14. Gu mbi ar daimh gu ſultmhar ſlán,
le fulang ſaothair na mbrâigh':
Gan jonnſaidh oirn, no briſeadh uainn,
'ſ gan ghearan goirt nar ſráid.

15. An ſluagh dan dual a inmheſí
is beannuight' iad gan cheiſt:
Mas eadh gu hairidh, ſona iad
dhan Dia an Tighearn' a mſeaſt.

## SALM CXLV.

TOGBHAM do chlu, mo Dhia, a righ:
tainm beannuighim gan támh.

2. Dhia, guihheam glöir theachd dhuit gach lá
ſior-mholfam tainm naomh.

3. 'S mór Dia, jonmholta fós gu-môr;
doth-rannſuighe atâ
A mhordhachd is a ghreaghnachas
aig aîrd' a ghloïr, do ghnä.

4. Molfadh gach linn do ghniomh dhä cheïl,
innſidh ma d' ghaiſge thréin.

5. Tairngrim ma ſgéimh do mhordhalachd,
'ſma toibridh annamh fein.

6. Na daoine aithriſidh ma neart
do chúiſe uamhun ard,
Is uaiſle tinmhe ōs gäch nï
ſúd nochdaidh me gan chäird.

7. Bi iomradh ac' gu pailt 'ſgu dlú
air ainm do mhaitheais mhôir?
Is ſinneadar gu bait a chlû
bheanus do d' ghniomhaibh coïr.

8. Fïor-ghräſoil, län do throcaiṙ, Dia:
is mall do ghabhas fearg,
Achd 'ſ mór a jochd is acara,
aínmeoil a chaoin gu dearbh'.

9. Chuaidh 'throcair caomh thar uile ghniomh-
achd 'ſmaith Dia do gach tï.

10. Sâr-mholfaidh toibridh thû ar fad,
dhuit beannuighidh do naoimh.

11. Thig ſiad ar ghlôir do righeachd dheas
nid ſgêul ma d'neart, gu lór.

12. Do chur a ngcéill do chlaínn na ndaoin'
tá bhachd do ghniomha mór:

Le neart is buaigh a righeachd ghloin,
'ta maiſeach mördhalách.
13. Is righeachd ſiorraidh, righeachd Dhé,
'ta 'ihlaitheas marthanach.
14. Na daoine thuiteas ſios gu trom
ni Dia a ngconbhail ſúas;
An chuideachd bheith gu cráiteach crom
'ſë thogbhas as gach cás.

15. Ta ſûil gach créatuir dearcadh ort,
biagh bheir thu dhoibh na thrá.
16. Ar foſgladh dhuit do lámh, do gheibh
gach ni 'ta beö an ſâth.
17. Ta Dia na uile 'ſhligh' ro cheart,
fial, naomh na uile ghniomh.
18. 'S dlu Dia don' mheidſi ghairmeas air
ghair air a mfirinn, riamh.

19. Ni toil na ndaoin' dan eagail ê:
is eiſdidh ſé re nglaodh,
Tra leigeas iad an ſcread amach
iad fuaſgluidh ſé faraon.
20. Is dîonaidh Dia an chuideachd ſin
bhias jonumhuin air féin:
Achd daoine dona ſgrioſſaidh Dia,
luchd uilc, gheibh claoi gu leír.

21. Air chlû an Tighearn' thig mo bheul,
lâin-bheannuigheadh gach neach
'Sgach dûil, a ainm naomh le ceól
gu brâth o ſo amach.

## SALM CXLVI.

ARd-ſinnibh moladh Dhê gu binn.
O manam, mol an Triath.
2. Feadh dhamh bhi 'mbeathaidh molfam
glóir ſinnidh me do Dhia.
Is ſinnidh me feadh 'ſmaithrionn damh,
dom' Dhia, mo mhuinghinn dheas.
3. Na gabhuibh mar chûltact dhuibh fein
na prionnſa trén a mfeaſt,
No mac an du'ne aig nach bfuil
furtachd ar bith re féim.
4. Theid anail as, theid ri's 'na ûir,
ag dol ra dhualghas fein:
Sé ſud lô chailleas é gu tur
a ſmuainte ailghioſach.
5. Dan díon Dia Jacob, 'ſ beannuight ê,
rinn bun dâ Dhia gu brath.
6. An neach do chruthuigh neamh is lár,
an ſhairg', is na bfuil ann:
A ſhocal choimhideas gu ceart,
'ſa ghealladh fior, gu buan:
7. Neach chuireas breathamhnas a ngníomh
do dhaoin' ata ſuidh leôn;
Neach bheir don ocrach teachd a ntír
ſhuaſglas na cimigh ſós.
8. Ta Dia ag foſgladh ſúl na ndall:
tôgbhaidh an leônta crom:
Is inmhuinn leis na daoine ceart
a aitheanta leis nach trom.

Is dîdean Dia don' choigridh chiuin,
'ſ do bhanntrachadh gach êal,
Furtachd na ndilleachdan: achd ſligh'
na ndaoi, chur thar a cheil.

10. Sár-rioghóluigh an Triath gu buan,
do Dhia ſ', a Shioin dheas,
Ar feadh gach geineoil bhias ann.
Dia molfaidh leam a mfeaſt.

## SALM CXLVII.

O Beannuighibh do Dhia: o's maith
bi ſinneadh clû ar Triath;
O's obair thlachdmhur chéadfách ê,
'ſ fior-âluinn moladh breágh.

2. O thogbhas Dia Jaruſaleam
arîs gu maiſeach trén;
Is thionoileas na fógarthaidh
dhiobradh o Iſrâel.

3. Se liaighiſeas na bfuil briſt' ná ngcroidh
an gcréuchdainn cheanglas ſuas.

4. Dhaîrmheas na nreûlta jomarcach,
dan ainmiughadh gu lua.

5. Is môr ar nTriath, ró-mhór a threis:
do-thomhais 'ta a chiall.

6. Na daoine ceannſa togaidh Dia:
teilgidh na daoi bun-ſiar.

7. Sinnibh dar nDia le buidheachais,
le claſſigh ſinnibh dhô.

8. Le néullaibh chumhduigheas na n'ſpéur;
deagh-fhreaſdal gheibh gach beô;

A mfearthuin is an uisge glan
don' talamh dheasuigh sé;
Thug ar an fhéur gu fás gu húr
air bheanntaibh mordha, ré.

9. Sé bheir a bhiagh don' ainmhidh seach,
'sdo phreacháin óg ag gairm.
1 Cha ghabh se tlachd a nspionnadh eic
no 'nlurgna dúine ghairbh.
11. Is tlachd leis líon dan eagail é
ni bun dä ghrás a gciän.
12. Do Dhia, sinn O Jarusaileam;
O Shíon, mol do Thriath.

13. Oir crainn do gheatuidh neartuigh sê:
bheannuigh do chlann gach ti.
14. Le brod an chruithneachd lîon sê thû:
lán-siothchaimh chuir ad' chrích.
15. Ar dtalmhuin chuir é séam a mach,
a fhocal rith gu lua.
16. Mar chlûimh do thug se sneachd; is sgaoil
an lía-readh mar an luaith.

17. Leic-eighre chuir mar sbruileach uaidh:
cia fheasmhas roimh a shuachd?
18. Leig guth amach, is leagh iad rîs:
shêid suinnein gaoith a nuas,
Builsgidh na huisgeacha thar bord.
19. Fuair Jacob guth a bheil,
A statuidheadh 'sa bhreathamhnas,
thug sin do Israeil.

20. Drong riamh cha raibh fuair amhluidh
adtaic re orduigh' cheart (uaidh:-
Dream

Drêam coimheach fôs nîor dfhairigh iad,
O molſaibh Dia na mſeart.

## SALM CXLVIII.

DO Dhia o fhlaitheas deanaibh céol:
le mór-bhladh molſaibh Dia,
Le haltughadh 'ſro-ghairdeachas
'ſna háirdibh, molſaibh 'nTriath.
Uil' aingle, molſaibh é a gcian:
is uile ſhluagh nach gann:
Glôir tabhraibh, gealach dhó is grian
'ſgach reulla ſoluis ann.

A neamh' na neamha molſaidh é:
'ſgach uiſg' oſcionn na nſpeûr.
Ard-mheanmnach an ainm Dhê
O biodh iad gu leir.
Ar gcur da orduigh uaidh amach
ghrad chruthuigheadh gach nî.
Rinn reachd is teilgin nach dteid thart:
is ſhocruigh iad a chaoich.

O thalmhuin molſaibh Dia do ghnä,
gach dragun, doimhn', is tuil.
Tein' is cloch-ſhneachd, gaillion 'ſgach gäl
ſion-chath-ghaoi, rinn a thoil.
A bheanntaidh, is a chnoctha feoir,
gach cedar is craobh-meas.
0. Gach eallach, is gach ainmhidh mhór,
ſnâmhaich, is eunlaith deas.

1. Gach righ ar talmhuin, is gach ſluagh,
prionnſa, 'ſgach britheamh naomh.
12. Gach

12. Gach ôganach, 'ſgach ainnir bhreagh,
ſean-daoin' is clanna mhaodh.
13. Fíor-mholſaid ainm Dhé gu mór:
oir ainm amhâin atá
Ro oirdheirc onôrach: a ghlóir
thar neamh is lâr gu brath.
14. Sé thogbhas adharc a phobuil ſúas,
ſúd clú a naoimh gu leír,
Síol Iſräel, ſluagh theann ſe ris,
O molfaibh Dia le chéil.

## SALM CXLIX.

DEagh-chantuireachd rô-bhuaghach ard
ſinnibh do Dhia le clû,
Gu fonnmhur ôran cânſaidh dhô
a ngcoimhthional na naomh.
2. Gu furläilteach biodh Iſräel
'ſa ntí do chruthaigh é;
Gu luthghâireach biodh Sion fôs
na righ roi-dhileas fein.
3. Ainm Dhe ſan damhſá molfadh iad
le tiombain is le cruit.
4. Oir gabhaidh Dia deaghthôil da ſhluagh,
iad chî a ſhûil, gu hait:
Deagh-mhaiſighidh le ſlâinte, ê,
na daoine ſuairce ſeimh.
5. Ard-cheôl nâ nleapthaibh deanadh iad
'ſbiodh ait a nglóir, na naoimh.
6. Na mbeîl ard-mholadh Dhé, ſna nlâimh
cloidhimh faobharthach gach taobh:

Air gheinntleach thabhairt dioghaltas,
is ſmachd ar phobal baôdh;
Do chum a nrighthe chuibhriughadh
le ſlamhradhaibh gu teann,
An ró-dhaoin' is an jarladha
le geimhlibh jaruinn bhuan.

Chur orr' a bhreathamhnas a ngniomh
mâr ſgriobht' ata gu ceart:
Sûd onoir gheibh a naoimh gu leîr.
O molfaidh Dia na mfeart.

SASM CL.

O Taibhraibh clú do Dhia na gloîr.
Mol é na jonad naomh:
An ſhiormaintibh ä chumhachd mhôir
molfaibh an Triath gu caomh.
2. Arſon a ghniomhartha rô thrên
bibh ait a nDia na ndûl.
Reîr feabhas fôs a mhordhachd fein
bibh binn dó, ann ſgach júl.

3. Le fuaim na ſduice, molfaibh ê,
le clârſigh 'ſ adhbhuidh ciuil.
4. Le tiombain, pioba, ſorgainn bhréagh,
'ſ le hinnil teûdadh-caol.
5. Air chiomboil ch'uigneach deanuibh ceöl:
air bhonnain fhuaimneach árd.
6. Gach ní fuair anáil, molfadh dhó.
Sîor-mholfaibh Dia gan chairđ.

FOIRCHIOND.

Is ſgíurſa ar dheamhnaibh, duine
ar fiuchadh le crábhadh.

## CAINTIC SHIMEOIN

*a S. Lucais Caibidil 2. Rann. 29. &c.*

ADHE, do leigfais nois ga chlos
do d'fhearbhont dol a nsith
Do reír na geallaidh fuair me bhos
mar rabhadh uait, mo righ.
2, Oir Feuch, do chonnaic mo dhá fhúl
neach thugfais dúinn mar fhláint'
3. Do dheasuigh thu, is chuir na euil
a nlathair fhluaigh gach caint'

4. Chum bi na fholas dealrach glan
do gheinntiligh le cheil
Da'mfoilsiúghadh; 'sna ghlóir gu buan
do dphobal Israêl.

## Caintic le SACHARIAS

*a S. Lucais C. 1, v. 68. &c.*

BEANNUIGHT' gu raibh Dia Israël
dfhiosruigh a phobal fein:
Oir fhuasgail sé o néigin iad,
'so nuile pheacadh geûr.
2. Adharc-fhlánaigh thog sé air ar son
a ntigh a Dhaibhidh fein.
3. Mar labhair trid a fhaighibh naomh
o thûs-an-domhain, ê.

4. Gu saoradh sé or' naimhdibh sinn
'so dhaoin' a nmiorúnn rínn',
5. Thoirt jochd', mar gheall dar' naithreacha,
'sa chumhnant naomh, gu cuimhn'.
6. An mhóid do thug sé dhAbraham,
7. Gu deónuigheadh é dhúinn
Deis saoradh o ar naimhdibh garg,
gu gabhadh seirbhis uainn,

Do dheanamaoid gan eagal, dó.
8. An naomhachd is a nceart
Gach lá dar mbeathaidh is dar saoghail
na fhiaghnais fein, gu hait.

s tuſſa, naoidh, ſé ainm bhias duit,
fáigh ûd an tí is aird:
.oimh ghnuis a nTighearn' théid thu ſuas,
'ſa jul ni deas gan cháird.
Da phobal bheir tu ciall na ſláint',
thaoibh maitheamhnas na nlochd.
Tríd throcair chaomh ar nDia 'ſar righ
a ſholas dúinn do nochd,
Ceûd ga na gréine is an ló
do eirigh oirn on aird,
Thóirt ſolas do na ſhuigh ſan dorch'
'ſa ndubhar bháis bhi báitht,
Do threórughadh gach ball a mbí
ar gcoſa-chaoich, 'ſar ceím,
An jul na ſithchaimh is na ſláint',
'ſdar ſeóladh jonnt' leis fein.

CAINTIC MHUIRE an tſiór-óighe.
*a Soiſgeil Lucais Caib. 1. R. 46. &c.*

HABH manam nois ma mhordhachd Dhé,
cuirfim a chlû agcéill.
Is rinn mo Spiorad gairdeachus
a nDia mo ſhlanaigheoir fein.
Oir iſle ſtaid a bhanóglaigh
do thug fanear, mo righ,
Oir feuch o ſo amach, gach aóis
their ſiad gur beannuight me.
Oir rinn an ti 'ta neartmhur caomh
mór-neithe dhamh gan cheiſt,
Ró-naomh ata a ainm gu bráth.
5. Da bhuil a thrócair deas
Is gráſa da luchd eagail fein
o linn amach do linn.
Le bun a ridheadh nochd ſe neart,
is ſgaoil é fein gu cinnt'
Na daoine uaibhreach, ailghioſach,
'ſgach beairt do dheilbh a ngcroidh.
O ngcathaoiribh do leag é ſios
an gcumhachdach, gach tí,

bion-

...on a nlag-ioimhe atá
fiad sin a dhárduigh Dia.

8. Daoin 'ocrach líon le neithibh maith.
chuir saidhbhir folamh uaidh.

9. A shearbhont Israíl chuidigh sé,
chuimhnigh a throcair glan.

10. Mar labhair sé dar naithreacha,
d'Abrám, 'sdá shíol gu buan.

## An Ghlóir-bhriathar.

GLóir o gach neach do Dhia, an athar
dan' Mhic, 'sdo nSpioraid naoimh;
Mar bhí ó thûs, is nois atâ,
mar bhios fós a chaoich.

*An Ghlóir-bhriathar, a nós an dara ndhaim Mhiodarrachd don' 136. Psalm.*

Buan-ghlôir don' athair chaoimh
Is don' Mhic mhaisigh mhín;
Beirmid don Spioraid naoimh
Comhmeas an ghloir sin féin:
Mar bhi, sul chum
Dia môr gach ni,
'Ta, is bhias ann
Gan cheann gan chrích.

---

*Some small Escapes of the Press.*

FRontisp. lin. 5. Read Shoisgeil. Ded. l. 5. Majesties 1 p. r. l. 31. dele glan. pag. 9. l. 7. for bhias r. na. p. 13. l. 10. r, aimsiribh. p. 16. l. 10. r. tuadh le p. 19. for fig. 9. set 19, &c. p 47. 17. r. tuidh. p. 65. l. 20. r. brû. p. 81. l. ult. r. fa. p. 87. l. 20 r. gu. p. 89. l. 16. r. chuairt. p. 96. l. 24. r fo. p. 97. l. 15 r. geilfidh. p. 99. l. 23. r. sgaoilthear. p 104. l. ult. r. le. p. 114. l. 13. r. achd. p. 124. l. 27. r le. p. 125. l. 28. r. 'ta. p. 126. l. 10. r. re. l. 12. r. moighdne. p. 127. l. 25. r. éud. p. 145. l. 17. r. gu. p. 146. l. 16 r. chaith. p. 150. l. 19. r. ársaidh. p 151. l. 3. r. saoghal. l. 26 r. bhrûcas. p. 155. l. 12. r tabhraibh. p. 158. l. 7. r. fairge. p. 162. l. 20, 22. r. roimh'. p. 166. l. 21 r. fiuchuigh. p. 170. l. ult. r. naimhdeann. p. 174. l. 22. r. roimh'. p. 180. l. 10. r. talamh. p. 184. l. 8. for cnaoi. r stigh. p. 186. l. 17. r. céudtách. p. 199. l. 16. r. threbhdhireach. p. 203. l. 4. for chion r. dháth.

ADVOCATORUM BIBLIOTHECA